The copy filmed here has been reproduced thanks to the generosity of:

National Library of Canada

The images appearing here are the best quality possible considering the condition and legibility of the original copy and in keeping with the filming contract specifications.

Original copies in printed paper covers are filmed beginning with the front cover and ending on the last page with a printed or illustrated impression, or the back cover when appropriate. All other original copies are filmed beginning on the first page with a printed or illustrated impression, and ending on the last page with a printed or illustrated impression.

The last recorded frame on each microfiche shall contain the symbol → (meaning "CONTINUED"), or the symbol ▽ (meaning "END"), whichever applies.

Maps, plates, charts, etc., may be filmed at different reduction ratios. Those too large to be entirely included in one exposure are filmed beginning in the upper left hand corner, left to right and top to bottom, as many frames as required. The following diagrams illustrate the method:

L'exemplaire filmé fut reproduit grâce à la générosité de:

Bibliothèque nationale du Canada

Les images suivantes ont été reproduites avec le plus grand soin, compte tenu de la condition et de la netteté de l'exemplaire filmé, et en conformité avec les conditions du contrat de filmage.

Les exemplaires originaux dont la couverture en papier est imprimée sont filmés en commençant par le premier plat et en terminant soit par la dernière page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration, soit par le second plat, selon le cas. Tous les autres exemplaires originaux sont filmés en commençant par la première page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration et en terminant par la dernière page qui comporte une telle empreinte.

Un des symboles suivants apparaîtra sur la dernière image de chaque microfiche, selon le cas: le symbole → signifie "A SUIVRE", le symbole ▽ signifie "FIN".

Les cartes, planches, tableaux, etc., peuvent être filmés à des taux de réduction différents. Lorsque le document est trop grand pour être reproduit en un seul cliché, il est filmé à partir de l'angle supérieur gauche, de gauche à droite, et de haut en bas, en prenant le nombre d'images nécessaire. Les diagrammes suivants illustrent la méthode.







THE

Gaelic Bards

FROM 1825 TO 1875.

BY THE

Rev. A. Maclean Sinclair.

Sydney, C. B.:
MAC-TALLA PUBLISHING CO. Ltd.
1904.

Can. Sinclair,
Alexander M.

THE
Gaelic Bards
FROM 1825 TO 1875.

BY THE

Rev. A. Maclean Sinclair.

Sydney, C. B.:
MAC-TALLA PUBLISHING CO. Ltd.
1904.

PB1633
G43
1904
P***

AN CLAR-INNSE.

Bho 1800 gu 1825.

		Taobh-duilleig
1	Deorsa Chlonabuis	1
2	Anna Nic-Gillios	6
3	Am Breabadair Mor	8
4	Alasdair Foirbeis	10
5	Eoghan Og Dembnallach	12
6	Aonghus Mac-Ualraig	14
7	Ailein nan Sionnach	16
8	Donnachadh Brocair	18
9	Padruig Mac-an-t-Saoir	21
10	Donnachadh Mac-an-t-Saoir	22
11	Tormaid a Chuairteir	25
12	Mr. Donnachadh Mac-Caluim	28
13	Donnachadh nam Blàr	29
14	Padruig Mac-an-t-Saoir	32
15	Iain Munro	33

Bho 1825 gu 1875.

1	Seumas Munro	36
2	Ailein an Ridge	38
3	Iain Sealgair	40
4	Coit Mhunn	43
5	Mr. Donnachadh Mac-Gillcathain	44
6	An t-Urr. Iain Mac-an-t-Saoir	49
7	Tormaid Mac-Neacail	51
8	Iain mac Dhomhnaill mhic Alasdair	53
9	Lachainn na Gaidhlig	57
10	Iain Mac-an-Toisich	57
11	Paibhidh Caimboul	58
12	Domhnall Mac-Cithich	60
13	Domhnall Phàil	63
14	Iain Mor na Morairne	65

15 Uilleam Mac-Aoidh 67
16 Dotair Rabuaidhe 69
17 Mr. Donnachadh Dughallach 70
18 Aonghus Domhnallach 72
19 Gillesbuig Caimbeul 74
20 Iain Mac-Coinnich 76
21 Fionnghal Nic-Eachairn 78
22 Uilleam Mac-a-Leith 79
23 Iain Mac-Cuithein 81
24 Donnachadh Bàn Camaran 84
25 Iain Sinclair 85
26 Mr. Domhnall Mac-Rath 89
27 Baintighearna D'Oyly 90
28 Mairi nighean Iain Bhain 91
29 Eoghan Mac-Colla 94
30 Caitlein Sicsal 97
31 Am Bàrach 99
32 Domhnall Mac-Phàil 108
33 Fearchair Domhnallach 110
34 Iain Dughallach 113
35 Alasdair Ailein Mhoir 115
36 Iain Mac-an-t-Saoir 118
37 Baird na Léidige 119
38 Iain Mac-Dhughaill 120
39 Domhnall Ruadh Mac-Fhionghain .. 123
40 An t-Urr. A. Stiubhart 125
41 An Dotair Mac-a-Chléirich 128
42 Mairi Nic-Ealair 129
Orain eile 130
Biographical sketches 137

Na Baird Ghaidhealach

Bho 1825 gu 1875.

DEORSA CHIONABUIS.

Rugadh Deorsa Caimbeul — Deorsa mac Chailein, mhic Dhonnachaidh, mhic Chaiptein Alasdair—ann an Cionabus an Ile 'sa bhliadhna 1766. Bha baile Chionabuis aig air mhàl, mar a bha e aig 'athair, a sheanair, agus a shin-seanair roimhe. Dhealaich e ri Cionabus agus chaidh e a dh' fhuireach ann am Port-an-eilein mu 'n bhliadhna 1836. Chaochail e air April 28, 1858. Bha e gu math air a dhoigh. Dh' fhàg e a chuid airgiod aig a dhithis cloinne, mac agus nighean. Bha a mhac na dhotair. Bha a nighean posda ann am Port-an-eilein.

Bha Deorsa Chionabuis na fhior bhàrd. Bhiodh e cluich air an fhidhill; ach a réir an rainn a leanas cha robh fhidhleireachd idir cho binn ri chuid oran:—

Nuair a bheireadh oirre Deorsa
Sheinneadh e gu làidir seolta;
'S ann a shaoileadh muinntir Dhomhnaill
Gum b' e seorsa druma bh' ann.

Tha e na ghnothach bochd gun deach a chuid mhor de na h-orain ghasda a rinn Deorsa Chionabuis a leigeadh air chall.

FUIRICH A RIBHINN.

Cran do Chatriona Thàillear an Ceann-tràigh an Ile.

LE DEORSA CHIONAOUIS.

Fonn: "Cuir a chinn dìlis tharam do làmh."

LUINNEAG.

O, fuirich a ribhinn phriseil, phriseil,
O, fuirich a ribhinn 's dìlse na càch;
A mhaighdean a 's luraiche, fuirich an Ile,
Og bhean a's dìlse 'chi mi gu bràth.

Cha dìrich mi bruthach 's cha siubhail mi còmhnard
Tuilleadh ri m' bheò, 's mo smeòrach na tàmh.
Ach éisdidh mi ghàir thig o bhàrr nan tonn mòru,
'S dh' fhuilling mi bròn gu leoir air do sgàth.

Gum faca mi 'n eathar a feitheamh na h-uaire;
Mhealladh i bhuamsa gruagach mo ghràidh.
Ma sgaradh o chéile sinn b' éibhinn an naigh
Seach an-shocair bhuan, 's gun bhuaidh aig a bhàs.

A mhaighdean a's bòidhche na smeòrach 'sa chéitein,
'Soilleir an sgeul r'a leughadh an dràsd;—
Ged 's bòidheach an comeg, gur stobain gu léir e,
'S faicilleach 'théid gach creutair na 'dhàil.

Ri soirbheas 's ri sruithean mar ghuidh'inn ad dhéidh
Gach cala d' an déid thu, gheug an fhuilt thlàth,

Bidh mise trom dubhach air tulaich leam féin,
'S mi sruthadh nan deur gu geur air do sgàth.

Aon phòg o d' bheul milis, nam faighinn gun ghruaim i;
Dhannadh, gu cruaidh e, m' fhuasgladh o'n bhàs;
A ghaoil thigeadh rughadh is lasadh am ghruaidh
Air eagal gum buairteadh bhuam thu le càch.

'S o m' aonin, nuair shineas mi leam 'san ùir
Nach lionadh an drùchd do shùil mheallach bhlàth.
Ma mheallas mi sìth ann an rioghachd nan dùl,
Far am binne luchd-ciùil, bi nùnn air mo sgàth.

Ma tha thu gun fhortan cha 'n fheil tochar gu m' dhìth,—
Airgiod no ni nach b-fheil ann ad làimh.
Bheir mi mo mhionnan nach faic thu mo mhi-thlachd,
'S gheibh thu bhuam siochaint, seirc, agus gràdh.

Ma 's ann 'tàir air mo ni, no cur sios air mo dhaoine,
Dhiult iad thu, ghaoil, gum b' fhaoin iad 'sa chàs.
An Ti a chuir mise gu plantan an t-saogh'l,
Cha d' fhàg e gun daoin' mi dh' fhaoidt' thoirt an làth'r.

Tha airgiod is òr aun am phòca gu h-uallach
Agus crodh guaillionn 'm buail' air mo sgàth.—
Is e 'rinn an cucoir a bhéisd a thug uam thu;
'S tha mi fo ghruaim o mhaduinn Di-màirt.

Gu m' laimh thainig litir 's mi fàgail na tir s'
O fhear a bha dìleas dhomh ann an dàimh;
Cha 'n urrainn mi 'freagairt 's mo chridh' ann an Ile,
Glaist' aig an rìbhinn bhinn tha 'n Ceann-tràigh.

Mo shoraidh do 'n Oa gu òigh a chùil shniomhain;
'S deimhin leam fhin gun dug mi dhi gràdh.
Ach theid mise fhathast, ma 's maireann dhomh, 'dh-Ile,
'S dhuit-sa gu cinnteach bheir mi mo làmh.

ISE GA FHREAGAIRT.

Mo shoraidh o'n Oa gu òg a chùil shniomhain;
'S deimhin leam fhìn gun dug mi dhuit gràdh
Mo ghaol tha cho buan dhuit ris 'n fhuachd tha san fhìor-uisg'
'Chaimbeulaich rioghail, fhoinnidh, dheas, àird.

ORAN

Do Shine Woodrow, nighean ministeir a bh' ann an Ile.

LE DEORSA CHIONABUIS.

O, chunna mi 'n oigh a's boidhch' air thalamh,
'S i mòdhar, banail; caomh chagar mo chridh'.
Mo mhiann oirre còir le deoin gach caraid,
Gun or, gun earras; cha ghabhainn ach i.

Tha m' aigne fo ghruaim, 's mo thuar fo smalan,
Mu 'n sgeul so 'fhuaras Di-luain thar a Chaoil;—

Gun do chaochail gach uaisl' is suairceas banail,
Gach suaimhneas, carantachd, gean, agus gaol.

'S ann tha mi feadh bheann is gleann fo airtneal
O fhalbh an latha gu sgaradh an neoil;
'S nan sìninn mo thaobh a dh' fhaotainn cadail,
B' e 'm fraoch mo leaba 's na baidealaibh ceò.

Ma thug thu rium còl 's gun d' dhiùlt thu m' fhuran,
'S mi giulan mulaid le fulangas buan,
Nan deanadh mo shùil an druchd a chumail,
Cha chluinnteadh tuilleadh mo chumha ga d' luaidh.

Ghaoil, tréigidh a ghrian an iarmailt builcach,
Is diultaidh sruthain bhith ruith chum a chuain,
Mu 'n lùghdaich mo spéis do 'n ghéig a's luraich';
Ach 's fheudar cur leis, ma thug thu dhomh fuath.

Nis so dhuit mo làmh le càirdeas tairis,
'S le blàths a mhaireas fhad 's bhitheas mi beò,
'S na cùm mi ga m' chràdh fo phràmh na 's fhaide,
Do ghràdh gam mhealladh 's nach fhaigh mi ort coir.

ANNA NIC-GILLIOS.

Rugadh Anna Nic-Gillios ann am Morar. Bha i posda ri Domhnallach a mhuinntir Chnoideirt. Thainig i do Ghleanna-Garadh maillo ri 'fear-posda sa bhliadhna 1802.

ORAN LUCHD-IMRICH.

LE ANNA NIC-GILLIOS.

LUINNEAG.

O, sud an taobh a ghabhainn,
E, sud an taobh a ghabhainn,
'S gach aon taobh gam biodh an rathad
Ghabhainn e gu h-eolach.

Gabhaidh sinn ar ceud do Mhòrair,
Arisaig 's Mùideart nam mòr-bheann,
Eig' is Cana ghorm nanròiseal,
'S Uibhist bhòidheach ghreannmhor;

Cnòideart fhuar is Gleanna-Garadh,
Far a bheil na fiùrain ghasda,
'S uisge Ruaidh o 'n Bhràighe thairis
Gu srath Ionarlòchaidh.

Tha na càirdean gasda lionmhor
Thall 's a bhos air feadh nan criochan;
'S ma dh'fhàgas mi 'h-aon diu 'n diochuimhn
'S aobhar miothlachd dhomhs' e;

Domhnallaich, is gum bu dual daibh
Seasamh direach ri uchd cruadail,
A bhith dian a ruith na ruaige,
Dileas cruaidh gu dòruinn.

Long is leoghann, craobh is caisteal
Bhiodh na 'n sròiltean ard ri 'm faicinn,
Fìrean is làmh dhearg is bradan,
'S fraoch na bhadain còmhl' riu.

Chi mi 'n cabrach air an fhuaran
A ghreigh féin na 'n treud mu 'n cuairt da,
'H-uile té 's a sròn 'san fhuaradh
Mun dig guais luchd-tòrachd.

Leam bu bhinn a chaismeachd mhaidne
An déidh dùsgadh as mo chadal,
Coileach dubh air bàrr a mheangain,
'S fiadh 'sa bhad ri crònan.

Falbhaidh sinn bho thir nan uachd'ran,
Ruigidh sinn an dùthaich shuainmheach,
Far am bi crodh laoigh air bhuailtean
Aig na fuarain bhòidheach.

Falbhaidh sinn, 's cha dean sinn fuireach,
Fàgaidh sinn slàn agaibh uile,
Seolaidh sinn air bhàrr na tuinne;
Dia chur turais oirnne.

CANADA ARD.

LE ANNA NIC-GILLIOS.

Ann an Canada àrd
Tha gach sonas is àgh;
Bidh gach maoin ann a fàs ri 'chéile.

Gu bheil cruithneachd a fàs
Luchdmhor, lionte gu 'bhàrr
Ach tri miosan thoirt da de thearmunn.

Gheibhear sùgar a craoibh
Ach an goc chur na taobh,
Is cha mhill sin a h-aon de 'geugan.

Gheibh sinn dearcan is fion,
'S gach ni eile gu 'r miann;
Cha bhi uireasbhuidh sion fo'n ghréin oirnn.

Bu mhath dhuinne 's gach dòigh
Maighstir Alasdair òg;
Fear na misnich, na treoir', 's na léirsinn.

Dh' fhalbh e leinn, mar rinn Maois,
'Mach a dùthaich na daors',
'Thoirt dhuinn fearainn, is saors', is eibhnis.

Fhuair sinn bailtean dhuinn fhin,
Le còir dhainginn o 'n righ,
'S cha bhi uachd'rain a chaoidh ga 'r léireadh.

EALAG CHAMARAN.

LE DONNACHADH MOR FRISEAL.

Is oidhche dhomh nam aonar
A siubhal fraoich is fàsaich,
Gun d' dhrùidh an t-uisg' air m' aodach
Is shaoil leam a bhith baithte.
Bha 'ghaoth a cheart cho fuath'ach
'S mo chluas nach cluinneadh tàirneach.
Ceud soraidh slàn do 'n ghruagaich
'Thug dhomh gun ghruaim an fhàrdach.

Nuair rainig mise 'n teaghlach
Bu chaoimhneil rium bha Sàra,
Gun d' fhuair mi cuid na h-oidhche
Is roinn de 'n la-'r-na-mhàireach;
Bha h-uile ni mar dhaoimean
Gun fhoighneachd 'tigh'nn gu m'àilgheas;
'S mo dhùrachd-sa do 'n mhaighdinn
A rinn mo leab' a chàradh.

B' i sud an leaba chliùteach;
Gun gabhadh diùca tàmh innt';
Le iteagan 's le dùnais,
'S le cùirteinean ùr' àrda,
Le cuibhrig dearg is uaine,
'S le cluasagan mìn, àlainn:—
Ged bhiodh an reothadh cruaidh ann
Am fuachd cha 'n fhaigheadh làmh-rium.

Is math 'thig gùn de 'n t-siod' dhuit,
Is breacan riomhach sgàrlaid;

Is làmhainnean geal riomhach
Mu d' bhasan mine, bàna;
An t-suil a's glaine lionadh,
'S do bhian mar shneachd an fhàsaich;
Gur son' e, ge b' e òg e,
A gheibh le deoin do làmh-sa.

Nuair theid thu thun na h-àiridh
'S a Bhraighe 's tearc do shamhladh,
A dheanamh muighe 's càbaig,
'S a dh' arach laogh is ghamhna;
Do phears' tha direach alainn,
'S gur h-àilleagan 'sa ghleann thu;
B' e 'n sòlas a bhi còmhl' riut
Seach stòras Thighearna Ghranuda.

'Nis bheir mi dhuit mo sheoladh,
Mar 's eol dhomh, ann an dànachd;
Bi 'fuireach bho gach gòraich',
'S do dhòigh na doir do mhànran.
B' i 'n còmhnaidh banail, stuama,
'S fear-fuadain na leig teann ort;
Is chi thu le do shùilean
Gur cùis sin nach dean call dhuit.

Gur h-iomad cuileag bhòidheach
A b' eol dhomh ri mo là-sa,
A chaill le falbh na h-oidhche
A h-aoibhneas is a h-àilleachd.
Tha iad an nis is gnùig orr'
An cùil gun fhear thig làmh-riu;
Gur daor am pàidheadh sùgraidh
'Bhi 'tabhairt glùin do phàisde.

Mu Lòchaidh 's ann tha seorsa
Na h-òigh' mu bheil mi 'seanachas;
Na fleasgaichean grinn', bòidheach
'Tha eolach air gach fear-ghleus;
Fir ghasda dha 'm bu dual
An àm cruadail a bhi calma.—
'S e ainm na maighdinn shuairce
Mu 'n cualas Ealag Chamarain.

Mo ghuidhe dhuit 's mo dhùrachd
Gach cùis a dhol gu bràth leat,
A nighean mhaiseach chliùteach
A's fiughantaiche nàdar.
Do chliu bidh mise 'g innseadh
Le firinn anns gach àite.—
Ceud soraidh slàn do 'n mhaighdinn
A rinn mo leab' a charadh.

Is ann a mhuinntir Bhaideanaich a bha Donnachadh Friseal. Is e am Breabadair Mor a theirteadh ris am bitheantas. Cha robh ann ach duine bochd, agus bhiodh e gle thric a siubhal feadh na dùthcha. Ge b' e ciamar a dheanadh e fighe, b' aithne dha orain a dheanamh. Bha e beo sa bhliadhna 1832. Bha e an uair sin còrr is tri-fichead. Dh' fhaodadh Ealag Chamaran a bhith na chomain air son an orain a rinn e oirre.

ALASDAIR FOIRBEIS.

Bha Alasdair Foirbeis na 'sheirdsean 'san Reisimeid Dhuibh. Chaochail e am baile Pheairt.

ORAN

Do Chòirneal Daibhidh Stiubhart, triath Ghart.

LE ALASDAIR FOIRBEIS.

'M brat-sròil 'bha anns an Fhraing,
Nach d' fhuair tàmailt o thùs,
Chuir iad sios e do 'n Eipheit
A dh' fheuchainn a chliù.
Bha thus' an sin 's do réisimeid
Féin air do chùl,
'N da-fhicheadamh 's a dhà,
Sar luchd-càraidh gach cùis.

Chuir sibh Frangaich na 'n smùr
An tir ainmeil nan tùr,
'S thug sibh uap' bhratach riomhach,
'Bha miaghail na 'n cùirt.

Am mach air faiche Mhaida,
Gun taing thug sibh buaidh;
Ged bha na Frangaich lionmhor
O 'n t-sliabh tigh'nn a nuas.
'N tri-fichead-amh 's ochd-deug
Bha gu treun ri do chluais.—
B' iad sud na seòid, a Dhàibhidh,
Nach fàgadh tu 'n cruas;
Na fior Ghàidheil gun ghruaim,
'Rachadh dàn anns an ruaig,
'S a dh' iomaineadh na naimhdean
Gu ceannsgalach, cruaidh.

Nuair chaidh sibh 'Mhartinig
Anns na h-Innsibh an Iar,
Bu luath do dhaoin' air tràigh ann,
'S gum b' àluinn an triall,
Nuair dh' éigheadh tu adhbhannsa,
Mar b' annsa leat riamh,
Bhiodh tri-chlaisich rùisgte,
'S fuil bhrùit air an fhiar,
Aig na gaisgich gun ghiamh,
Ghuineach, chalma, gun fhiamh,
Nuair bheireadh tu dhaibh òrdagh,
Nach sòradh dol sios.

Tha thu de dh-fhuil nan righrean
'Bha miaghail ri 'n là,
Siol ainmeil Bhanco uasail,
Bhiodh buadhach 'sna blàir.
Is iomadh baintighearn' phriseil
Tha 'n ti air do làimh;
'S cha 'n fhaca anns an tir so
Na dhiobradh do ghràdh.
Bu tu còirneal nam buadh
Roimh bhragàd tarruinn 'suas
B' àrd a chluinnt' do chomànnd
Ann an rangan do shluaigh.

Ma dh' fhàg thu sinn air sgrìob,
'S tu air thì dhol do 'n Fhraing,
Gum meal thu slàint 's toil-inntinn
Ri linn do dhol ann.
Cha 'n fheil a leth 's na b' fhiach thu
Fo d' riaghladh 'san àm;
'S nam faigheadh tu mo dhùrachd-s',
B' e 'n crùn chur mu d' cheann.
'S fada leam bhios tu bhuam,
Fhir na gaisge 's an truais;
'S i 'n aoidh a chithear daonnan
A t' aodann gun gbrunim.

'S e fior dhuin'-uasal eireachdail a bha 'n triath Ghart. Bha e na shaighdear mìneachail, na ofaigeach tùrail, na Ghaidheal rioghail, na eachdraiche math, agus na dhuine iriseal, baigheal, caoibhneil. Cha robh neach ann an Albainn ri a latha bu dìlse air còl a luchd-dùthcha na e. Cha b' iongantach ged a bhiodh am fear a rinn an t-òran ullamh gu crùn Bhreatainn a chur air a cheann.

EOGHAN OG AN STRATH-NIN.

Bu mhac Eóghan Og do dh-Eóghan Domhnallach ann an Strath-Nin, faisg air caisteal na Moighe. Ghabh e gaol air nighinn breabadair a bha na 'banseirbheiseach an taigh athar. Bha a chuideachd an aghaidh dha a pòsadh. Thug e an t-arm air, agus dh' eirich e gu bhi na 'chaiptein. Thill e dhachaidh an ceann sheachd bliadhna, agus phòs e an nighean. Bha da mhac aca, Gilleabart agus Aonghus. Tha co dhiù tri fichead bliadhna is a deich o'n a chaochail e.

A GHRUAGACH DHONN NAM MEALL-SHUILEAN.

LE EOGHAN OG AN STRATH-NIN.

EAN.

A ghruagach dhonn nam meall-shuilean,
Gun d' chum thu 'n raoir am chaithris mi;
Gur beag tha dh-aogas eilinn ort,
'S do chùl mar fhailcas òir.
Mo rùn dhuit ainnir òig.

IBE.

Gun d' thog iad mooh Di-h-aoine orm
Gun deachaidh mi do 'n chaochan leat;
Cha d' fhuadaich sud mo ghaol-sa dhuit
Nam faodainn a bhi beò.—
Mo rùn dhuit Eóghain òig.

EAN.

Gun d' thog iad mooh Di-sathairn' orm,
Gun robh mi-fhìn a laighe leat;
Bidh sinne mar sin fhathast,
Is don-ràth air luchd an sgeoil.—
Mo rùn dhuit ainnir òig.

IBE.

Nam biodh de ghaol aig baintighearn' ort
Na thug mi-fhìn bho Chaingis dhuit,
Bu shuarach chuirteadh saibhreas leath';
Gum b' oighreachd leath' do phòg.—
Mo rùn dhuit Eóghain òig.

Ged bha thu 'n raoir 'san ridhe so,
Cha d' fhaod mi 'dhol a bhruidhinn riut;
Do bhreacan trom fo 'n t-snighe
Is mo chridhe-s' air a leon.—
Mo rùn dhuit Eóghain òig.

'S ann aig a' ghlaeaig sheilich ud
A rinn sinn fhìn an dealachadh;
Bu chaoibhneil blàth ar faireachdainn,
'S gu talamh ruith na deoir.—
Mo rùn dhuit Eóghain òig.

GUR TROM TROM A THA MI.

LE EOGHAN OG AN STRATH-NIN.

LUINNEAG.

Gur trom trom a tha mi,
'S gur trom a dh' fhàg an t-earrach mi;
Gur truime 'n diugh na 'n dé mi
'S mi cumha 'n déidh na banaraich.

Do bhanaraich na bàthaigh,
A thug mi 'n gaol nach b' aithreach leam;
'S ma dh' fhuiream tu coig bliadhna
Gun cuir mi rian air aran dhuit.

Cha 'n fheil thu fein ach òg dheth
Gu pòsadh air an earrach so;
'S ged shiubhlainn-sa an saoghal
Gum bi mo ghaol dhuit maireannach.

Is ged a bha mo bhràithrean
'San àiridh a cur maille orm;
Nam bitheadh tu 'ghaoil deònach
Gun seòlainn a null thairis leat.

Ged tha thu dh' easbhuidh saibhris
Tha daimh annad is ceanaltachd;
Is tha thu laghach bòidheach,
'S gun ghòraiche riut ceangailte.

Nam bithinn-sa 'n Strath-Eireann
Do spéis cha bhiodh an aineol orm;
Ach tillidh mi ma 's beò mi,
'S le m' dheòin cha dean sinn dealachadh.

AONGHUS MAC-CUARAIG.

Bha Aonghus Mac-Cuarsig a fuireach anns a Bhlàthaich an Airdghobhar. Chuireadh oran Iain am mach an Co-chruinneachadh Phàdruig Mhic Pharlain an 1813.

Is e "Horo, Iain, taobh rium fhin" a tha 'san leabhar sin. Is e "A chèist, Iain, teann rium fhin" a tha 'san Ailleagan, a chuireadh am measg an 1820.

HO RO, IAIN.

LE AONGHUS MAC-CUARAIG.

LUINNEAG.

Ho ro, Iain, taobh rium fhin,
'S na bi strì ri amaideachd;
Feumaidh mnathan uaisle tì,
'S goirt an cinn mur faigh iad i.

Tionndaidh rium is leugh a chòir,
Tha mise deònach teannadh riut;
'S ma 's olc no math a bhios mo dhòigh,
Cha chluinn na h-eòlaich gearan uam.

Cha 'n iarr mi sithear no ti,
No sròl nò siod' a cheannach dhomh;
'S i obair mo dha làimhe fhìn
A's cinnteiche mi 'leanailt rium.

Gabh thus', Iain, am muir-làn
Mar phàtaran, 's cha 'n aireach dhuit;
Air fhad 's ga'n èirich e an àird
Gum faic thu 'n tràigh an cal'achd ann.

Sin mar bhitheas luchd na strèic,
Le 'n curraicean àrd 's le 'n cailleaguth;
Ni 'm pòsadh bochd an toirt gu làr
Mar shneachda bàn na gaillinn.

An riomhadh cheannaicheas iad gu daor
'S an saoghal bheir an car asda;
Bidh gùn is gùn ga 'n cur mu sgaoil
Gu sodach do na cailleagaibh.

Nuair a theid iad chum na féill,
Gur gann dhuit té dhiu aithneachadh;
Ach seargaidh iad mar ròs na géig
Ri teas na gréin' a dh' fhannaicheas.

Cadal feumaidh iad is tàmh,
Cha bhi iad slàn mur faigh iad sin.
Cha ghearain té dhiu thu bhi 'd thràill;
'S ann ni i tàir is fanoid ort.

Gun sloinn i suas, o bhun gu géig,
An treubh o 'n d' rinn i failleineadh,
Ga d' chur-sa sios mar mhith gun bheus,
'S gur mairg bheir spéis mar leannan di.

An uaisle bhochd gun chas, gun làmh—
Tha 'n dàn mar dh' fhàg an sean-fhacal—
Cha chuir i salann air a chàl;
Bi t' fhaicill tràth mu 'n lean i riut.

Cha dugainn-sa do 'n uaisle beum
Na 'h-àite fein, 's cha teannainn ris;
Ach 's beag an cliù do dh-fhear gun spréidh
Bhith fòirneadh té tha talach air.

Tha thus' is mis' a réir a chéil,
Ar n-òr, ar spréidh, 's ar seanairean;
'S ma gheibh mi each gu ruith na réis',
Cho cruaidh riut féin gun lean mi ris.

Nuair thig am bothan le chraos cam,
Am màl, a chlann, 's an ceannach ort,
Gur taitneach dhuit a bhean 'san àm
A thàirneas ceann an amuill dhuit.

AILEIN MAC-AN-T-SAOIR.

Rugadh Ailein Mac-an-t-Saoir an Cille-Bharra faisg air an Tairbeirt. Bha e na 'bhrocair an Ceann-tire. Bha e math air cur as do na sionnaich, agus mar sin

theirteadh Ailein nan Sionnach ris. Tha cuid ag radh nach robh e a cur as do na sionnaich uile, air eagal 's gun rachadh a thilgeadh am mach a chair.

ORAN : 'N AOIS.

LE AILEIN NAN SIONNACH.

Mile marbhaisg air an aois,
'S iomadh caochladh bheir i oirnn,
Fagaidh i gu seachdaidh cruaidh
Ghruaidh a bha cho dearg 'san ròs.

'M falt a bha gu sleamhuinn, min,
'S nuair chirt' e air lith an òir,
Fasaidh e caiteineach, ciar,
'S cuid eile cho liath ri clòimh.

'N t-sùil-a bha gu soilleir, glan,
'Toirt soluis do 'n chorp gu léir,
Tàirnidh an aois oirre smal
'S cha léir dhuit gu ceart do mheur.

'Chluas a bha gu furachair, geur,
Leis an cluinnt' am feur a fàs,
Rinn an aois a druideadh suas,
'S cha chluinn thu gun nuallan àrd.

'N deud a bha mar ibhri shnaight',
Cho geal ri caile ann ad bheul,
Cnàmhaidh ise am bun 's am bàrr
'S bidh an càirein lom na 'deidh.

'N teanga bha gu sgiolta, grinn,
Cho binn ri smeorach air ghéig,
Mar thromb is a teanga brist'
Chinn na 'gliogan ann ad bheul.

'N gàirdean 'san robh spionnadh mor,
Leis an tilgteadh òrd is clach,
Tàirnidh an aois uaith a lùths,
'S trom leis a bhith giulan bat'.

'Chas a bha gu làidir, luath,
Leis am buidh'nteadh buaidh 'san réis,
Cha deun i coum gun am bat',
'S gum feumadh i taic na déidh.

Goididh 'n aois do chuimhne uait,
'S tàirnidh i ort snuadh an aoig,
'S gheibh thu 'n sin tigh còmhnuidh buan;
'S neo-shuairc an leannan an aois.

DONNACHADH MAC-GRIOGAIR.

Rugadh Donnachadh Mac-Griogair am Braighe Raineach. Bha e na 'bhrocair. Bha e a còmhnuidh am Braigh'-Fasaidh. Bha e pòsda ri Sine, nighean Ailein Stiubhairt am Bun Raineach. Bha Uilleam na 'ghille aige ag ionnsachadh na brocaireachd. Bha e ri tachairt ris air oidhche shònraichte, ach rainig am brocair an t-àite roimh 'n àm. Is ann an sin a thòisich e air an òran.

ORAN A BHROCAIR.

LE DONNACHADH MAC-GRIOGAIR.

O, gur mis' tha fo airsneal,
'S mi ri faire na broclaich ud thall,
'S gun mi faicinn fear m' aiteis
'Tigh'nn le lomhainn chon ghasda airsreing;
Leis na h-abhagan sgairteil
'S luath a dheanadh an aisith 'sa chàrn,

'S leis na miol-chonaibh seanga
Bhuaileadh speach air fear cabrach nam
beann.

Gur a h-iomad oidhch' anmoch
A thug mise air sgàirnich 'san tir;
'S bidh mi 'n nochd mar a b' àbhaist
Gun aon duine ri mànran rium fhìn.
Nam biodh fios aig mo nàbaidh
Gu bheil mis' an so 'n dràsda ri strì,
'S ann na cheum nach biodh fàilinn,
Bhiodh e agam am màireach le cinnt'.

C'uim an cuiriun-sa coire
Air an òigear 's nach toilleadh e i,
'S gur mi fhìn 'bhrisd a choinneamh;
Cha 'n fheil stàth dhomh bhith gearan no
caoidh,
Ged a dh' fhuiling mi cruadal,
Agus moran de dh-fhuachd orm ga chinn,
'S mi gun leaba, gun chluasaig,
Ach na leacan fo m' chruachan 's mi sgìth.

Ach nan dìgeadh tu, Uilleim,
'S grad a thogadh tu 'm mulad so dhiom;
Is ear ghiomanach gunn' thu
Leis an deanteadh an fhuil anns an fhrith,
Bu tu leannan na gruagaich,
'S cho banail 's cho suairc 's tha 'san tir;
'S làmh a leugadh 'n fhir ruaidh thu.
Leis an cuirteadh na h-uain oirnn a dhìth.

Tha mi fada bho aitreabh,
Gun aon neach 'ni rium facal de chainnt,
Ann an cùlaobh na beinne,
'N taobh mu dheas do Loch-Eireachd so
thall,
Ach na bidheam fo smuairean
'S mi ag amharc a suas ris gach àird,
Ann an lagan beag uaine,
Dh' fheuch am faic mi 'm fear ruadh 'tigh-
inn air sgàth.

Dh' fheuchainn ro bheagan caoibhneis
Dhuit, a shionnaich nan coilltean 's nam
fròg,
Nuair a ghlacainn an spàinteach,
A bhiodh freagarrach, làmhchar fo 'n òrd,
Bheirinn toll air do léine,
Nach leighiseadh léigh a tha beò,
On 's i 'n droch-bheirt dh' an géill thu,
Is nach faighear thu 'dh-éisdeachd a mhòid.

'S iomad fear a tha 'm barail
Gu bheil m' aran-sa socrach gu leoir;
Their gach aon a tha 's tìr rium,
Gur tu fear an druim dhìrich gach lò.
Ach nam faighinn seachd bliadhn' iad
Gu bhith siubhal nan crioch air mo lorg,
'S e mo bharail gun fhiaradh
Gu bheil pàirt diu a liathadh 's iad òg.

Cha'n ioghn' dhomhs' a bhi truagh dheth
'S a liuthad oidhche, fliuch, fuar a thug mi
Ann am shineadh 'm bun bruaiche,
'S dian chur sneachda bho thuath orm gam
chaoidh,
Gur h-e 'mheudaich droch shnuadh orm,
Is a thanaich a ghruag bhàrr mo chinn:
Is mor m' eagal 'san uair so
Gnu greas e gu unigh mi roimh 'm thim.

Thug mi tamull am òige,
'S bha mi amaideach gòrach gu leoir;
'S fheudar aideach' le nàir'
Gun robh mi bristeadh nan àithntean gach
lò
Ann an smuaintibh 's am briathraibh,
Ann am miannaibh, 's droch ghniomhar-
aibh fòs,
An nis 's mithich fàs diadhaidh
Bhon tha 'n aimsir a triall mar an ceò.

PARUIG MAC-AN-T-SAOIR.

Rugadh Pàruig Mac-an-t-Saoir an Leitir Beann aig Loch Odha 'sa bhliadhna 1782. Bha e greis a cumail sgoil an Diurn. Thàinig e a chumail sgoil aig Loch Odha 'sa bhliadhna 1811. Bha e na 'mhaighstir-sgoil sgìre an sin ré da fhichead bliadhna 's a ceithir. Phòs e Ciorstaidh Shinclair an Achadh-na-craoibhe, agus bha siathnar chloinne aige, Donnachadh, Iain, Alasdair, Pàdruig, Mairearad is Iseabal. Chaochail e 'sa bhliadhna 1855. Sgriobh e dòrlach de dh-orain.

CRUACHAN BEANN.

LE PARUIG MAC-AN-T-SAOIR.

Cruachan Beann, Cruachan Beann,
Cruachan Beann 's mòr mo thlachd dheth,
Cruachan Beann le 'chuid meall
'S a chuid allt 'ruith troimh 'ghlacaibh.

Cruachan Beann 's e cho mòr,
Tha e sònraicht' ri 'fhaicinn,
Cha 'n fheil a leithid 's an Roinn-Eòrp',
'S geal a chòt' ri àm sneachda.

Clann an t-Saoir g' am bu dual
'Bhith na 'chluaineagan fasgach,
Bhà iad uair a seòl air chuain
'S fhuair iad buaidh ann le gaisge.

'S iomadh linn bho 'n fhuair iad còir
Air a ghleann 's bòidheh' ri 'fhaicinn,
'S fhad 's a ruitheas uisg' gu cuan
Bidh an dualchas sin aca.

Fine 's duineile gun ghruaim,
'S iomadh buaidh a bha 'n taic riu;
'S mairg a theannadh orra dlùth
'N àm bhith rùsgadh nan glas laann.

'S iomadh blàr 'san d' fhuair iad buaidh,
'N àm dol suas gum bu bhras iad,
'S an ceann-cinnidh air an ceann
Toirt comànnd do na gaisgich.

'N Leitir Beann chaidh m' àrach òg,
Deiseir bhòidheach nam badan,
Gheibht' am fiadh ann air an t-sliabh
'S earbag riabhach 's gach lagan.

Aite 's maisiche fo 'n ghréin
'Chaoidh cha léir dhomh rí 'fhaicinn,
Leis gach seòrs' a tha 'san fhonn
Feadh gach tom 's air gach stacan.

Soraidh nis le Cruachan Beann,
'S leis gach coire 's gleann tha 'n taic ris;
'S e mo dhùrachd Clann an t-Saoir
'Bhith chòmhnuidh air gach taobh na 'fhasgaibh.

DONNACHADH MAC-AN-T-SAOIR.

Chuireadh an t-orain so am mach an Cochruinneachadh Mhic-Caluim 'sa bhliadhna 1821. Bha 'm fear a rinn e beò an uair sin.

STRON-EASGAIR.

LE DONNACHADH MAC-AN-T-SAOIR AN COMHALL.

Is mór mo chùis smuairean
On ghluais mi Diar-daoin

Gu gleann nan lùb uaine,
'N robh uaislean mo ghaoil.
Bu phailt ann crodh guaillionn
A nuallan ri 'n laoigh;—
Sud a bhuail' anns nach gluaiseadh a
chaoile.

Bu ghreadhnach ri uair
Stròn nan cluaineagan caoin',
'S bu lionmhor na aguaban
Ga 'm buan air gach raon;
On chinn i fo luachair
Chaidh gruaim air a h-aoibh;
An àit bhuailtean is chluaran tha fraoch
oirr'.

A Bhàn-leacann bhruachach,
Air 'm buaint' an subh chraobh,
Bu lionmhor do bhuadhan,
'S cha b' fhuar leam do ghaoth.
A mheud 's a bha 'n uachdar
De d' chnuaic bu chlach-aoil;
'S ann a d' luaithre bhiodh duais aig luchd-
saoithreach.

Dhail-ghearrte ghrinn, bhòidheach,
Cha b' fhòlach do bhàrr,
Ach coire agus eòrna,
Bhiodh mòg-cheannach, àrd;
Muim-altruim gach pòir thu,
Thig beò anns a Mhàrt;
'S cha laigh fuarachd no gruaim ort 'san
fhaoilteach.

Bu sheamragach, feòirneineach,
Neòineineach thu,
Is b' fhasgach do shrònagan
Ceòsagach, ùr;
Do mhachraichean òrdail
Bhiodh còmhdaicht' gu dlùth;
'S ann ga'm buain a bhiodh smuais aig na
faobhair.

B' e 'n t-eibhneas bhith gluasad
Mu d' chluaineagan réidh';
Bu sheasgair do m' ghruaidh iad
Fo fhuarachd nan speur,
'S do phreasan mar bhuaile
Gu suain aig an spréidh,
'S gorm-bhrat uain' air gach gualainn is
raon dhiot.

A Shròn nam bad cùbhraidh,
Nan ùbhlan 's nam peur,
Laigh bròn air do lùchairt,
'S tu 'g ionndrainn na dh' eug;
Gach ròs tha air lùbadh,
Gun drùchd, gun teas gréin';
Maise shuaicheant' do shnuaidh tha air
caochladh.

A Chnocain an fhuarain,
'S dubh uaignidh do ghnùis;
Ach chunna mis' uair
Nach robh gruaim ort no mùig;
Bhiodh spaidseireachd uaislean
Gle chruaidh air na bùird,
'S bu ghlan snuadh na bha gluasad air
t' aodann.

Bhon dh' fhalbh na fir àluinn
Chaidh àrach fo d' shùil,
Cha chluinn sinn guth mànrain
An àros na mùirn,
Bhiodh àgh ann is gàire,
'S piàna toirt ciùil
Aig na gruagaichean snuadh-mhaiseach,
caoin-gheal.

Ach sguiream de m' dhàn
Mu na h-àrmuinn b' fhearr cliù;
Cha dùisgear le ceòl iad,
Tha 'n còmhnuidh 'san ùir.
'S e 'n gliocas bhith òrdail
N' ar còmhradh 's n' ar rùn;
'S gearr ar cuairt, 's beag ar buannachd
'san t-saoghal.

MR. TORMAID MAC-LEOID.

Rugadh an t-Urramach Tormaid Mac-Leoid—Tormaid a Chuairteir—'sa Mhorairne an 1793. Chaochail e an Glaschu an 1862.

AN GAIDHEAL

An tìr chéin air cidhcbe Challuinn.

LEIS AN URR. TORMAID MAC-LEOID, D.D.

Is tiamhaidh, trom, mo chridhe 'n nochd,
Is mi am aon'ran bochd leam féin;
Cha'n iarr mi tàmh, cha'n fhaigh mi lochd,
Is mi fo sprochd an dùthaich chéin.

Is iomadh cuimhne thùrsach, throm,
Dhomh dùsgadh fonn a bhròin gu goirt;
'S e thog an osna so am chom,
Nach h-fheil mi 'n tir nam beann an nochd.

Tha tir nam beann mar bha i riamh—
Gach gleann, is sliabh, is creag nam faobh,
An creachann àrd 's am bi am fiadh,
'S an leacann liath tha sios o 'thaobh.

Tha fòs gach allt a leum le toirm,
Bho chreig gu creig a sios gu tràigh;
Tha bàrr an fhraoich le 'bhadain ghorm'
Gu trom 's gu dosrach mar a bha.

Ach c' ait' a bheil na cairdean graidh,
D' an dug mi baigh an laithean m' òig'?
'S e fath mo mhulaid is mo chraidh
A mheud 's a tha dhiu 'n nochd fo 'n fhòid.

An t-athair thog mi suas ri 'thaobh
'S mo mhathair chaomh cha'n fheil iad ann;
Is dh' fhalbh mo cho-aoisean gu léir
Mar cheo roimh 'n ghréin air uchd nam beann.

O slàn le cruinn caomh mo ghaoil,
A chuireadh faoilt am chridhe bochd!
Mo chreach cha'n fheil iad air an t-saogh'l
A dheanadh sochhach mis' an nochd.

Ach tha iad beo an dùthaich chéin,
Tir ard na gréin', gun oidhch', gun duibhr';
Is coinnichidh sinn ri ùin' a chéil',
Gun sùil fo dheur, gun chridh a caoidh.

Tha àl a falbh is àl a teachd,
Mar shlachdraich dhéin nan tonn air tràigh;
Ar bliadhnaichean, tha iad gu flor
Mar sgeulachd dhiomhain, ghearr, gun stà.

Ach gloir do Shlan'ghear caomh nam buadh,
A thug a nuas o thir an aigh
Deagh sgeul an soibhnis mhoir do 'n t-sluagh,
Air beatha bhuain nach mill am bàs.

Choisinn e bheatha so gu daor,
An uair a thaom gu lar as 'fhuil;
Ach O! cia grasmhor, fialaidh saor,
Do 'n chinne-dhaonn' a h-àgh 's a buil!

C' ar son a bhithinn brònach, bochd,
A caoid[h] fo sprochd an so leam féin?
Do shùil, a Dhé, tha orms' an nochd,
Fo dheòrachd bhochd an dùthaich chéin.

Cha bhi mi 'caoidh, cha doir mi géill;
Fo thaic do sgéith gun iarr mi tàmh;
Do thoil-sa deanar leam, a Dhé,
Ga m' striochdadh féin a chaoidh fo d' làimh.

Jan., 1830.

BLAR CHUIL-FHODAIR.

LEIS AN URR. TORMAID MAC-LEOID, D.D.

Tha 'm blar air a chur leo air monadh an fhraoich,
Tha 'n sgiath air a spionadh a ghaoillibh nan laoch;
Chaidh 'n claidheabh a bhriseadh an lamhaibh nan saoi,
'S tha fuil nam fear gcala fo bhonnaibh nan daoi.

Tha 'm breacan 's an t-éileadh leis an d' diteadh na sàir
Le marcaichibh Shasuinn air an saltairt ri làr;
Tha 'n suaicheantas uasal a chòmhdaich na suinn,
Ri fhaicinn 'san àraich, gun àilleachd, gun loinn.

Ann an dùthaich nam mor bheann tha bròn agus cràdh;
Luchd nam boineid 's nam breacan cha 'n fhaicear gu bràth;
Na fùrain bu tréine nach géilleadh 's iad beò
Tha sìnt' air Cuil-fhodair gun phlosg is gun deò.

Nis slàn leat, a Thearlaich, chaidh 'n iomairt le càch,
Chaidh oighreachd do shinnsre a dhìth ort gu bràth.
Thug thu 'n oidheirp, 's bu treun i, le gaisgich mo ghràidh,
'S bidh iomradh do chruadail air a luaidh gu là bhràth.

February, 1830.

MR. DONNACHADH MAC-CALUIM.

Rugadh an t-Urr. Donnachadh Mac-Caluim an Còmhal 'sa bhliadhna 1784. Phòs e Catriona Nic-Fhearghuis, nighean nach robh ach sia bliadhna deug de dh-aois, an 1806. Bha e na 'mhaighstir-sgoile an Glasraidh ré beagan bhliadhnachan. Rinneadh ministear dheth is shuidhicheadh an Arasaig e an 1818. Chuir e am mach co-chruinneachadh de dh-orain an 1821, agus Eachdraidh na h-Eaglaise an Gaidhlig an 1845. Chaochail e an Arasaig air an naoidheamh latha fichead de cheud mios na bliadhna an 1863. Dh' fhàg e teaghlach mor. Is e a b' ùghdar do Chollath, dàn a chuir e-fein am mach na 'cho-chruinneachadh agus a chuireadh a rithist a-n mach an Sar-Obair nam Bàrd.

AISLING NA SUAINE.

LEIS AN URR. DONNACHADH MAC-CALUIM.

Is faoin aisling shiubhlach na suain',
Is faoin neo-bhuan gach uile ni.
Tuitidh an gaisgeach treun na threis,
Is àillteachd gach crutha gu 'n crion.
Mar a shruthas blàth mhaoth na coill',
Mar thig neul doilleir air a ghréin,
Is amhuil sin beatha nam beò.—
Cha choigil 's cha chaomhain sinn seud.

DONNACHADH MAC-A-LEITH.

Bu mhac Donnachadh Mac-a-Léith do Dhòmhnall Mac-a-Léith agus do dh-Oighrig Chaimbeul, bean Dhòmhnaill. Rugadh

e an Locha-Buidhe am Maile 'sa bhliadhna 1786. Bha e a fuireach an da no tri de dh-àitcachan ris an abairteadh am Blàr. Thugadh mar sin Donnachadh nam Blàr mar ainm air. Bha e pòsda, agus bha siathnar chloinne aige; Iain, Daibhidh, Sine, Catriona, Mairi agus Mairearad. Chaochail e an 1863.

AN TE BHEAG.

LE DONNACHADH NAM BLAR.

LUINNEAG.

Ma phòsas mi cha ghabh mi té mhór;
Cha phòs, cha taobh, 's cha ghabh mi té mhór;
Ma phòsas mi idir cha ghabh mi té mhór;
'S ro bheag an té dh' fhóghnas dhòmhsa.

Cha ghabh mi 'n té shrideagach, shradagach ruadh,
A chumadh an conas 's am mallachd a suas;
Cha bhitheadh i agam, 's nam faighinn i bhuam;
B'e 'n turus gun bhuaidh a pòsadh.

Cha ghabh mi té mh r 's cha ghabh mi té àrd,
B' fhearr leam té bheag a bhiodh faisg air an làr,
Cha ruiginn a leas a dhol fad air a sgàth,
'Cur uisge na sùil am bhròganan.

Mo cheist air an ainnir is mealtaiche sùil,
Do shlios mar an eala, gur math thig dhuit gùn,
Gruaidh dhearg is rosg tana, 's glan sealladh do shùl
Gum mealladh tu diùc le d' bhòidhchid.

Do ghruaidh mar na ròsan cho bòidheach
's cho min,
Do chuailein cho clannach ga 'charadh le
cir,
Cha'n fhàg mi thu idir air son bhith gun ni;
Gum faigh sinn a chaoidh na dh' fhòghnas.

Dh' fhalbh mi le cabhaig gu banais do 'n
chùirt,
Ri oidhche gun ghealaich, 's bu mhath
dhomh mo thùr.
Cha bhithinn ri gearan ged choedainn na
crùin,
Nan tachradh mo rùn 'sa chòdhail.

Bha càch anns an t-sabhu.' ri ceangal nam
baan,
Bha mis' aig an teine gun duin' ach a
chiann;
'N àm pàigheadh a bhuideil cha robh mi
air chall,
Ged dh' òl iad an dram gun m' fheòraich.

MUILE NAM MOR-BHEANN.

LE DONNACHADH MAC-A-LEITH.

LUINNEAG.

Bhon tha mi gun sunnd, 's is dùth dhomh
mulad,
Cha tog mi mo shùil ri sùgradh tuilleadh,
Cha déid mi le mùirn gu cùirt nan cruinn-
eag,
'S mo rùn am Muile nam mòr-bheann.

Am Muile nan craobh tha mhaighdean
bhanail
D' an dug mi mo ghaol 's mi faoin am
bharail;
'S ma chaidh e fo sgaoil 's nach faod mi
'faighinn,
Gun taobh mi caileagan Chòmhail.

Tha maiz' agus uaisle, suairceas, 's ceanal
A direadh a suas an gruaidh mo leannain.
Ma bheir thu dhomh fuath, 's nach buan
do ghealladh,
Ni uaigh is anart mo chòmhdach.

Do shlios mar an fhacileann taobh na mara,
Do ghruaidh mar an caorann sgaoilt' air
meangain;
Sùil ghorm a's glan aoidh fo chaoin-rosg
tana;
'S tu 'n òigh a mhealladh gach òigear.

Do chùl mar an lion na 'mhile camag
Nach greannaich fo chir is siod ga cheangal,
Do dheud mar na dìsnean, dionach, dain-
geann,
Beul binn a ghabhail nan òran.

Tha maise no dha ri 'n àireamh fhathast
Air bean a chuil bhàin 's nam blàth-shùl
meallach.
Ma bheir thu do làmh, gum fàs mi fallain,
'S bu shlàinte mhaireann do phòg dhomh.

Gur math thig an gùn o 'n bhùth do 'n
ainnir,
'S an fhasan a's ùire 'n cùirt nan Gallaibh;
Troigh ghlan am bròig ùir 's i dùint le
barr-iall,
Nach lùb air faiche bàrr feòirnein.

Tha smaointinn no dhà an tràth s' air m'
aire;
Cha 'n innis mi 'chàch ceann-fàth mo ghal-
air;
Ged laigheas mi tràth cha tàmh dhomh
cadal,
'S do ghràdh gam sgaradh an còmhnuidh.

'S e bhagair mo chiall ro mhiad do cheanail,
'S o'n chaidh thu do 'n t-sliabh nach b' fhiach leat m' fharaid;
'S e t' aogas is t' fhiamh 'chuir pian am charaibh,
'S cha mhiann a bh' agam air stòras.

PADRUIG MAC-AN-T-SAOIR.

Rugadh Padruig Mac-an-t-Saoir faisg air Loch Liobhann 'sa bhliadhna 1785. Bha e na ofaigeach air luing chogaidh. Chaochail e sa bhliadhna 1855.

CUMHA CHRUACHAIN.

LE PADRUIG MAC-AN-T-SAOIR.

Tha 'n Cruachan gu dubhach,
A cumhadh nan uaislean;
'S tiamhaidh torman a shruthan;
A choilltean th' air dubhadh,
Agus 'eunlaidh fo phuthar
An dubhar a bhruachan!

Ann am Prioraid Aird-chatain
Tha 'mhaca na [illegible] suainich,
Fo stéigh nan mìle liatha,
D' an éideadh an [illegible]t,
Is cuiseagan cianail
'Sileadh dhiar air an uaighean.

Có 'dhìreas á Làirig
De na b' àbhaist a chuartach?
Tha Gleann-nodha gun àiteach,
'S an Leitir na 'fhàsach,
'S am fàrdaichean blàtha
Na 'n càrnaichibh fuara.

Cha 'n fheil plop air na Casain,
No bratach a gluasad;
Agus Caol-churn nan glas-stuadh
Ag aomadh 's a brachadh,
'S a dhaoin' anns a chlachan
Fo ghlais nan clach fuara.

O 'n ghiorraich air n' anail,
'S a dh' fhannaich mo ghluasad,
'S nach dìrich mi 'n Coire,
Thoirt féidh as a mhonadh,
Mo shoraidh, ceud soraidh,
O, soraidh le Cruachan!

IAIN MUNRO.

Rugadh Iain Munro ann an Suardail an sgìre Chrìche an Cataibh 'sa bhliadhna 1791. Chaidh e do Ghlaschu an 1808 gu bhith na chléireach. Chaidh e do Chataibh a shealtainn air a mhathair an 1825. Is ann an uair a bha e a deanamh deas gu dhol air an turas sin a rinn e an t-orain air Cataibh. Chaochail e an Glaschu an 1837. Bha e na dhuine math is na dhuine measail.

ORAN DO CHATAIBH.

LE IAIN MUNRO.

AIR FONN—"*The Battle of the Boyne.*"

LUINNEAG.

O théid sinn, théid sinn, le suigeart agus aoidh,
O théid sinn, théid gu deònach,
O théid sinn, théid sinn, thairis air an t-Sruìdh,
Gu mùinntir ar dàimh is ar n-eòlais.

Ged bha sinn bliadhnan fada, fada bhuath
Am Baile Chluaidh' a chòmhnuidh,
Nis tamull beag gun tréig sinn ar gairm
is gun téid sinn
A dh'fhaotainn an gràidh is an còmhraidh.

Gu 'n doir sinn cuairt a rithist do 'n taobh
tuath,
Is théid sinn ruaig do Dhòrnach,
Is chi sinn Droit Bhun Ath' is fa comhair
air gach taobh,
Caistealan is raointean is lòintean.

Chi sinn an Cuol, air am faca sinn le gaoith,
Na bàtaichean aotrom a seòladh;
Chi sinn na beanntan, a ghleidheadh sneachd
'san t-samhradh,
Is chi sinn na h-àbhnaichean bòidheach.

Chi sinn na glinn san àit san d' rugadh sinn,
'M bu ghnàth leinn bhi aotrom, gòrach,
Is chi sinn na coilltean, le aighear is toil-
inntinn,
'M bu ghnàth leinn bhi cluinntinn nan
smeòrach.

Chi sinn na cluain air am bitheadh laoigh
is uain
Ri mire gun ghruaim anns an òg-mhios,
Is chi sinn na h-aonaich air an ionaltradh
na caoraich,
O'n d' fhuair sinn sàr aodaichean còmh-
daich.

Chi sinn na raoin le blàth a bhealaidh
chaoin,
'S a chéitein 'bhios aobhach is bòidheach,
Is chi sinn na bruachan fo sgàil a bharraich
uaine,
Gu tric anns na bhuain sinn an t-sòbhrach.

Chi sinn an lag, 's an t-eas gu beucach, grad,
'S am bradan a leum suas na 'chòdhail,
Is chi sinn am badan, 'sam bitheadh coilich bheadrach,
Ri co-chath 'sa mhadainn chiùin, cheòthair.

Chi sinn gach sliabh, air am bitheadh greighean fhiadh
Ri mire air riasgan, 's air lòintean,
Is chi sinn an lagan eadar àrd nan eragan,
'S an caidleadh an earbag air chointich.

Chi sinn gach loch o 'n tric an dugadh steach
Bric mheanbh-bhallach, airgiodach, òr-bhuidh,
'S mu 'm bitheadh an cù-donn, a shiubhladh fo an tonn,
'S eal' a snàmh os a chionn ann am mòr-chuis.

Chi sinn gun ghruaim a bhanarach le 'fuaim
'Sa bhuaile, gu duanagach, ceòlmhor,
A bleoghann a chruidh-ghuaillinu, is iad a' sgur de nuallain,
Le taitneas toirt cluais agus deoin di.

'S iomadh, 's iomadh ni, a chi sinn anns an tir,
Nach saoilteadh theachd innt' nuair bu chlann sinn;
Thar aiseag na coit, tha ragha, ragha droit,
'S an àite na croit bail' a Bhànna.

'S rathad rioghail, réidh troimh chragan 's thalamh fas,
Is carbadan màl' air an òrdugh,
Gach latha sios le sgrann is gach latha suas le deann,
Tre 'n t-Sligeach 's mu bhonn phreas-an-òrdain.

Is deagh fhearann ùr a rinneadh le mor shaoth'r
Bho chruaidh bhlaran fraoich agus mòintich,
Is iomadh leathad cruaidh bha riamh gu sò gun bhuaidh,
Le òg-ghiubhas uain' air a chòmhdach.

Deòlaidh sinn as ùr an sud gaoth is athar cùbhr',
Bheir slaint agus sùrd dhuinn is sòlas,
Ar cairdean bheir dhuinn aran, cais agus im,
'S deoch laidir de 'n drain, agus ceòl leis.

Ged tha sinn an céin an sò 'n nochd o ar tir,
'S o 'r caomh chairdean gaoil is sean eòlaich,
Olaidh sinn le rùn, deagh shlainte dhaibh guch aon,
Is buaidh do dha thaobh Caolas Dhòrnaich.

SEUMAS MUNRO.

Rugadh Seumas Munro aig Gearasdan Iouar-Lochaidh mu 'n bhliadhna 1794. Bha e re ùine mhoir na mhaighstir-sgoile aig Blàr Odhar. Bha e lan de sgoil, de cheol, 's de bhàrdachd. Chaochail e 'sa bhliadhna 1870. Cha robh e pòsda riamh. Tha an Gràmar Gaidhlig a chuir e am mach na leabhar ro-luachmhor. Air son riaghailtean gu Gaidhlig a sgriobhadh gu ceart is e gràmar a's fearr a tha ann.

THA TAIGHEAN BEAG AGAM.

LE SEUMAS MUNRO.

Tha taighean beag agam
Is lios agus pàirc,
A chumas rium còl
Is aran na 's leoir;
Is feumaidh mi cailleag
A thaghadh gun dàil,
A chumas mi blàth,
'S an fhàrdach air seol.
'S i gruagach gun uabhar
'Bu luaidh leam a thaghadh;
Cruinn-chuachag bheag shuairce,
Gun bhruaidhlein, mo roghainn;
A bheireadh a gràdh dhomh
Gach oidhche 's gach là,
'S a chumadh air àird
Gach ni mar bu chòir.

Bu mhath leam i suilbhear,
Neo-chuilbheartach, òg,
Le tuigs' agus fòghlum
Freagrach do m' chàs;
Té 'chumadh mo léintean
Is m' éideadh air dòigh,
'S a dheanadh dhomh ceòl
Nam bithinn fo phràmh;
I tàbhachdach, làmhach,
Neo-bhà feadh an taighe;
A dh' éireadh gu tràthail,
'S an dàmhair a laigheadh;
A chumadh na pàisdean,
Nam bitheadh iad ann,
Cho glan, cas gu ceann,
Ri meann fir na cràichd.

B' i sud a bhean loinneil,
A thoilleadh mo ghaol,
'S am fulasgadh cuoin,
'S an caomhalas còrr;

'S gur mis' a bhiodh toigheach
A cumail air snod,
'S gun deanainn na dh' fhaoduinn
Rithe ri m' bheo.
Bheirinn gùn d' i is ràn,
Agus cliù dleasdanach;
B' i mo luaidh i gach uair;
Ghabhainn cuairt, feasgar, leath'
Feadh nam bruach dìtheineach,
Mùsleineach, àigh;
'S bhiodh ban-dia a ghràidh
Gu fàiteach na 'r còir.

Fulasgadh, rocking. Toigheach, attentive, watchful, loving. Fàiteach, smiling.

AILEIN AN RIDGE.

Rugadh Ailein Domhnallach aig Allt an t-Srathain an Lochabar an 1794. Thàinig e do Cheap Breatunn an 1816. Bha e a fuireach air an Ridge, no am Màm, am Màbu. Theirteadh mar sin an bitheantas Ailein an Ridge ris. Dh' fhàg e an Ridge is thàinig e dh' fhuireach do 'n Abhainn-a-Deus, an siorramachd Antigonish, an 1847. Chaochail e an 1868. Bha e na 'sheanachaidh math is na 'dhuine taitneach.

ORAN

Do dh-Aonghus Camaran, mar gum b' ann le nighinn òig air an robh e a suiridhe,

LE AILEIN AN RIDGE.

LUINNEAG.

Och, mar tha mi is mi nam ònar;
Gur h-e a chràidh mi nach robh sinn còmhla.
Mo cheist an t-Ileach, mo leannan dìleas:
Mo chreach 's mo dhiobhail bhith dhìth do chòmhraidh.

Nàile, 's e mo ghaol an t-uasal
A dh' fhalbh an cumn; 's ann Di-luain a sheòl e.
Do ghràdh tha 'm bhusireadh a dh' fhag cho truagh mi;
'S e fàth mo ghrunnain nach d' fhuair mi còir ort.

Mo cheist am fiùran a dh' fhàg an dùthaich
Le luing mhaith ùir fo cuid shiùil a seòladh;
Nach gabhadh cùram a dhol gu 'stiùradh,
'S a dheanadh iùl 's tu mu chùrsaibh eòlach.

Nan éireadh stoirm ort no séideadh gailbheach
Bu treun, neo-chearbach, air falbh nam bòrd thu.
Bu ro mhath t' innleachd gu tarruinn dìreach,
Fear maru 's tìr thu, 's bu dìleas dòmh-s' thu.

Làmh bu chiuntiche'thàirneadh sgriobhadh,
Le ite pinn gum bu ghrinn do mheòirean.
Bu sgoilear lìeurl' thu bu ro mhath 'leughadh,
Le barrachd céille, 's tu beusach, bòidheach.

Gach dealbh 'bu bhriagha 's bu taitneach lomhaigh,
Bu mhath do mhiaruibh gu'n cur an òrdagh;
Gu 'n tarruinn ceutach, gu dreuchmhor, éibhinn;
Thug mise spéis dhuit nach tréig ri m' bheò mi.

Nam cluich a chiuil gum bu mhodhail, iomsaicht' thu;
Dannsair sùnndach air ùrlar bhòrd thu;
Do cheum troimh 'n ridhle 's e thogaich m' inntinn;
Gur h-iomad nionag air tì do phòige.

Fear inich cuima 'bu ghrinne dealbh thu,
'S tu cuimir, garbh, ged nach duine mór thu.
Nan togteadh suas thu gu trod no tuasaid,
Bu smearail cruaidh thu gu bualadh dhòrnaibh.

Gur mis' tha 'n éigin mu 'n fhear a thróig mi,
'S a dh' fhalbh an dé air loch réidh Bhras d'Or bhuainn;
Ach Aonghuis òig, gus an dig thu 'n taobh so
Cha tog mi sùil ri fear eile phòsadh.

Is ann a mhuinntir Ile a bha Aonghus Camaran. Is e maighstir-sgoil' a bha ann.

IAIN DOMHNALLACH.

Rugadh Iain Domhnallach — Iain Mac Dhomhnaill mhic Iain—an Lochabar 'sa bhliadhna 1795. Bha e na shealgair fhiadh 'san t-seann dùthaich. Thainig e do dh-America an 1834. Bha e a fuireach am Màbu an Ceap Breatann. Chaochail e an 1853. Bha e na dhuine measail.

ORAN DO DH-AMERICA.

LE IAIN DOMHNALLACH, AN SEALGAIR.

Mo shoraidh bhuam an diugh air chuairt
Thar chuan do bhràigh nan gleann,
Gu tìr nam buadh, ge fada bhuam i,
Tìr nam fuar bheann àrd.
'S e tigh'nn a thàmh do 'n àit s' as ùr
A dh' fhàg mo shùilean dall.
Nuair sheol mi 'n iar, a triall bho m' thìr,
A righ gur mi bha 'n call.

Dh' fhàg mi dùthaich, dh' fhàg mi dùthchas;
Dh' fhan mo shùgradh thall.
Dh' fhàg mi 'n t-àite bàigheil, caomh,
'S mo chàirdean gaolach ann.
Dh' fhàg mi 'n tlachd 's an t-àit' am faic' e,
Tìr nam bec 's nan carn.
'S e fàth mo smaointinn bho nach d' fhaod mi
Fuireach daonnan ann.

Dh' fhàg mi cuideachda nam breacan
B' àluinn dreach is tuar;
Armuinn ghrinne, laidir, inich,
Gillean bu ghlan snuadh;
Fir chalma, reachdmhor, gharbh, 's iad tlachdmhor,
Bu dearg daite an gruaidh,
Luchd an fhéile 'n àm an fheuma
Leis an éireadh buaidh.

Bhiodh Dòmhnallaich na 'n éideadh gasd',
Cha cheum air ais bhiodh ann;
Luchd fhéile ghartan, chòtan tartain,
'S osain bhreac nam ball,
'S nam boineid ùra, dùbh-ghorm, dathte
Air tùs am mach na 'n rang.
B' iad féin nu seoid nach géill 's iad beo,
Bu treun 'sa chòmhrag lann.

'S tric a dhìrich mi ri màm
'S mo ghunna 'm làimh air ghleus,
Mo mhiann 'san àm bhith siubhal bheann
'S mo chuilein seang air éill,
Dìreadh ghlacagan 'sa gharbhlach,
Sealg air muc an fhéidh;
'S tric a leag mi e le m' luaidhe,
Ged bu luath a cheum.

Air maduinn chiuin bu mhiannach leam
'Bhith falbh 's mo chù ri m' shàil
Le m' ghunna dùbailte nach diùlt
Nuair chuirinn sùil ri h-earr

Luaidhe 's fùdar 'chur na 'n smùid,
'S i chéaird dh' an dug mi gràdh,
Feadh lèbaibh cam air àird nam beann
'S am bi damh seang a fàs.

B' e sud m' aighear-sa 's mo sbòlas
Crònanaich nam fiadh,
Mu Fhéill-an-ròid bhith tigh'nn a chòir
An fhir bu bhòidhche fiamh,
Bhith falbh nam bac ga 'n sealg 'sna glac-
aibh,
Nuair bu daite am bian.
'S tric a thoil mi mac na h-éilde
Seal mu 'n éireadh grian.

An nis 's ann thréig gach cùis a bh' ann
Mi 'n so 's mi 'm fang fo chìs
An tìr an t-sneachda 's nam feur seachte.—
Cha b' e a chleachd mi-fhìn
A bhith faicinn dhaoine cairtidh,
Crannda, glas, gun bhrigh,
Le tritheair farsuinn, sgiùrsair casaig,
'S cha b' e 'm fasan grinn.

Chi thu còmhlan ac' ag òl
'S an stòr ma thòid thu ann,
Iad ri bòilich is ri bòsd,
'S iad gòrach leis an dram;
An àite rapach, poll fo 'n casan,
Stòpan glas ri ceann,
Rùsgadh dheocaid dìu 's ga 'n stracadh,
'S iad mar phaca chèard.

'S truagh, a righ, gun d' chuir mi cùl
Ri m' dhùthaich le m' thoil fhìn,
Le bhith an dùil 'san àit as ùr
Nach faicinn tàrn ga m' dhìth;
Ach còir air fearann, òr, is earras
Bhith aig gach fear a bh' innt',
Bha chùis gu baileach orm am falach,
'S mheall mo bharail mi.

Thug mise cion nuair bha mi òg
Do bhith an còir nam beann,
Is saoilidh càch gun robh mi gòrach,
'S gun iad eòlach ann.
An spéis a thug mi 'dhamh na cròic
Cha déid ri m' bheo a m' chom;
Bhon dh' fhàg mi tir na seilg 's nan sàr,
Tha m' aigneadh cràiteach trom.

Cha chluinn mi dùrdan madainn dhrùchd'
Am barraibh dlùth nan sliabh,
Cha loisg mi fùdar gorm an stùc
'S cha chuir mi cù ri fiadh.
Bhon chuir gach cùis a bh' ann rium cùl,
Dh' an dug mi rùn gu dian,
'S tìm dhomh bhith na 's tric' air m' ùirnigh,
'S leanachd dlùth ri Dia.

1854.

THA MO RUN AIR A GHILLE.

LE CEIT MHUNN.

LUINNEAG.

Tha mo rùn air a ghille,
'S e mo dhùrachd gun dig thu;
'S mi gun siubhladh leat am fireach
Fo shileadh nam fuar-bheann.

Oidhche shamhraidh dhomh 's mi 'm ònar,
Nam b' urrainn dhomh dheanainn oran;
'S truagh a righ nach robh mi pòsd'
Air òigeir a chùil dualaich.

O, gur h-e mo cheist an t-òigeir,
Fear 'chùil duinn 's an leadain bhoidhich;
'S mi gun siubhleadh leat thar m' eolais
Ged tha 'n còta ruadh ort.

'S mór a thug mi 'ghaol do 'n fhiùran
'Tha 'n mach a teaghlach Chill-Iùnndainn;
Sealgair fhiadh thu 'm beinn a bhùiridh,
'S eilid lùth nan luath chas.

Ged a tha do phòcaid aotrom,
Cha do lùghdaich sud mo ghaol ort;
'S mi gun siubhleadh leat an saoghal
Nam faodainn do bhuannachd.

Nàile 's e mo ghaol an t-bigear,
Aig a bheil a phearsa bhoidheach;
'Fhir chùil dualaich, chuachaich, or-bhuidh,
'S fiamh an ròis ad ghruaidhean.

Phosainn thu 'dh-aindeoin mo chàirdean,
Gun toil m' athar no mo mhàthar;
Iain Saor a tha mi 'g àireamh,
Gur h-e 'chnàmh a ghruag dhiom.

Tha 'n Nollaig a tigh'nn as ùr oirnn;
Ged a tha gur beag mo shùrd rith',
'S am fear nach fàgadh 'sa chùil mi
Air chùl nan tonn uaine.

'S beag a shaoilinn fhin an uiridh
Gun tréigeadh tu mi cho buileach;
Mar gun tilgeadh craobh a duilleach
Dh' fhàs thu umam suarach.

AN T-URR. DONNACHADH MAC-GILLEAIN.

Rugadh an t-Urr. Donnachadh Mac-Gilleain an Cill-Fhinn an siorramachd Pheairt 'sa bhliadhna 1796. Bha e na sgoileir math Gaidhlig agus na dheagh bhàrd. Chaochail e an Gleann-Urchaidh an 1899.

AN TUIL.

LEIS AN URR. DONNACHADH MAC-GILLEAIN.

Tha ghrian anns na h-àrdaibh ag dìrigh gun ghàbhaidh,
'S an saoghal bu shàmhach a' dùsgadh a 'shuain;
Tha ceòlraidh na coille a' gleus' an cruit-chiùil,
'Cur fàilt' air a' mhadainn le aighear 's le sunnd.

Tha maise a' chéitein air réidhlean nam beann,
Air coille nam badan, 's air lagan nan gleann;
Sgaoil samhradh na maise a bhrat air gach taobh,
'S air aghaidh a' chruinne tha gean agus aoidh.

Tha choille a' lùbadh fo dhrùchd a' mhios Mhàigh,
Barr-guc air gach fùran, 's gur cùbhraidh am fàil';
'S am barra nan ògan tha còrsidh nam fonn,
Le 'n ribheidean ceòlmhor 's le 'n òrain nach trom.

Tha canach air mointich, tha neoinean air bìlr,
Tha fùrain is ògain gu nòsar a' fàs;
Tha fochann air comhnard 'tha lòdail gun dìth,
Le 'phailteas 'our solais is dochais 's a' chridh'.

Tha 'n ceannaich' r' a cheannachd, tha 'n treabhaich' ri stà,
Tha ùpraid is iomairt gun tilleadh 's gach àit';
Tha 'm buachaill' gu h-aotrom ri aodann nan càrn,
Ag iomain nan caorach, 'chruidh-laoigh, is an àil.

A mach feadh nam bruachag is cluaintean an fheoir,
A' mireadh 's a' ruagadh, gun ghruaman na 'n coir,
Tha 'n comunn is beadraich', clann bheaga mo ghaoil,
Gun chùram 's gun cagal, ri clcasachd neo-chlaoin.

Tha clanna an aighir an talla a' cheoil,
Gun chùram, gun cagal, ri beadradh mu 'n bhord;
Tha 'chuirm air a sgaoileadh, is aoibh air gach gnuis,
'S chaidh curam an t-saoghail a thaobh is air chul.

Tha 'phìob is an fhidheal gu fileant' ri ceol,
Tha 'n t-organ 's a' chlàrsach gu làbhar na 'n coir,
Tha 'n t-orun 's an dàn ann tha abhachd is mùirn,
Tha 'n cupa fo stràc ann, feala-dhà agus sunnd.

Tha 'n t-oganach rìomhach, 's an ribhinn deas, ùr,
Le 'n càirdean 's le 'n dìlsean gu dìleas r' an cùl,
A' nasgadh am posaidh le deoin an luchd-gaoil;
Tha aighear is sògh ann, tha sòlas is aoidh.

Ach dhorchaich an latha, tha 'n t-athar fo ghruaim,
Tha cuantan a' beucaich, 's gur déist'neach am fuaim;
Tha 'n talamh a' clisgeadh, 's a' briosgadh gu 'bhonn,
Bhrùchd an cuan thar a' chladaich le sadraich a thonn.

Chaidh sgaoileadh gu h-obunn 's a' chomunn bha baoth;
O 's iosal an cridhe 'bha mireag ri 'n taobh!
Ri mionaid na h-uaire ghlac uamhunn is fiamh
An saoghal, mo thruaigh! a dh' fhas suarach mu Dhia.

Tha 'n t-uisge a braonadh 's a taomadh gun tamh,
Tha 'n dile a' sgaoileadh, le gaoir air gach laimh,
Tha caoidh'rean 'tha craiteach 's gach ait a dol sdas,
Tha 'n saoghal ga 'bhathadh, tha 'm Bàs a toirt buaidh'.

Tha 'n dile a' sgaoileadh, a' sgaoileadh gu bras,
Thar broilleach gach sonaich is faoinbheanna cas;
Thar fireach gach monaidh is slinnean nam beann,
Tha 'm bùrlam a' dòrtadh, a' dòrtadh na dheann.

Tha h-eoin bheaga bhòidheach, bu cheòlmhor 'sa choill,
Gun iomradh air oran, fo dhòltrum is oillt;
Tha 'n spionnadh ga 'm fagail, cha dàn daibh bhith buan,
Tha 'n nid bheag 's an àlach a' snamh air a' chuan.

Tha 'n leoghann 'bu lionmsgaire 's faol-chu nan càrn,
Tha sionnach an t-saobhaidh, is macaileach a chàth'r,
Tha damh a' chinn chabraich is earbag nan tom,
An comunn a chéile 'dol eug feadh nan tonn.

Tha 'n treun a bha gaisgeil, tha 'n lag a bha caoin,
Tha 'n t-òg a bha sgairteil, an glacaibh an noig;
Tha 'mhathair 's am macan a' greasad gu teann,
A' streapadh 's a' direadh gu cirein nam beann.

B' i iomairt a' chruadail gun bhuaidh leatha bh' ann;
Tha 'n uisge a' bualadh ri cruachan nam beann;
Tha 'n tuil air iom-sgaoileadh air raon agus blàr,
Thar airde gach monaidh tha 'tonnan 'toirt bàrr.

Tha 'n cath air dol seachad, an cath ud bu chruaidh,
Is shìolaidh an éubhach bu déist'neach car uair;
An tuil bhuail a basan le aiteas is fonn,
Ag éubhach buaidh-chaithrim, 's an talamh fo 'bonn.

Faic toradh a' pheacaidh, 's a bhreitheanais chruaidh;
Faic caoibhneas is càirdeas an Ard-Rìgh d' a shluagh;
An ciontach tha bàite 'rinn tàir air a' chòir,
Am firean tha sàbhailt 'thug gràdh dhi le deòin.

CUMHA

Do dh-Eoghan Mac-Lachainn, a chaochail 'sa bhliadhna 1822.

LEIS AN URR. IAIN MAC-AN-T-SAOIR, LL.D.

'S mi 'siubhal fo dhubhar a Mhill
'Tha 'sgàileadh na Cill so shuas,
Tha m' aigneadh trom, osnachail, tiom,
'S mo shòlas cha till ri luaths.

Tha mulad, tha mulad ga m' chràdh
Bhon chàireadhd tu 'n tàmh nan leac,
A chaoimhich 'bu dealasaich gràdh,
'Mhic-Lachainn nan dàn lan beachd.

Mo chreach! ged a b' òirdheirc do ghnàths,
Ge b' iomadach t' àireamh bhuadh,
Gum b' eudar dhuit striochdadh do'n bhàs,
Is laighe 'n ceol-thàmh na h-uaigh'.

Mo leon gun do striochd thu cho tràth,
Mo bhròn gu'n do thàmh cho luath!
Dh' fhàg so sinn fo airtneal 's fo phràmh,
'S fo smalan 'san Airde Tuath.

Gun dug thu lom-sgrìob oirnn, a Bhàis,
A dh' fhàg sinn gu cràiteach, boobd;
Ar n-àr-choill, an àilleachd a fhìs,
A rùsgadh bho bhàrr gu stoc.

Gun d' fhàg thu Lochabar fo bhròn,
Cha leighis ar leòin ri luaths;
Gur geur so a chneidh a laigh oirnn
Bhon mheath thu ar dèchas bhuainn.

Gun d' spuinn thu bhuainn tuigsear nan seud,
A rianadh an t-sèis le dòigh;
Ard-iulair na fileachd 's gach seud
'Bha 'n ealaidh na Gréig 's na Ròimh.

Fear-còlais gach cainnt am measg sluaigh,
Sàr thuigsear gach buaidh fo 'n ghréin,
Sàr ghliocair gach rùnachd 'tha shuas
'Feadh chian-imeachd cuairt nan speur.

An t-Abrach, Mac-Lachainn nan dàn,
An Gàidheal a's àirde cliù;
A bha de gach nàisinneachd làn,
'S a dh' fhòghlum gach gnàths a b' fhiù.

Bu mhilis do chòmhradh 's do cheòl,
'S gum b' fhileanta glòir do bhéil;
Co 'n nis 'chuireas ranntachd air seòl,
Mo nuar! bho nach beò thu-féin?

Tha filidh nan aimsir gun lùth,
Air breothadh 'san ùir bho chian;
Cha dearrs gath na gréin' air a shùil,
'S tha spiorad a chiùil gun mhiann.

Thig earrach, thig samhradh mu 'n cuairt,
'S thig foghar nan sguab na'n déidh,
Thig geamhradh le ghailbhinnean fuar',—
Ach co 'rannas duan ga'n seinn?

Ach nochdaidh an t-earrach, na 'thràth,
Gu bheil e am bàigh do 'n t-seòd;
Oir sgaoilidh e 'ghorm-fhalluinn àigh,
Gu driuchdach, trom, tlàth air 'fhòid.

'S an samhradh le dhìtheanan suairc'
Ni cionar mu bhruaich do theach;
'S na dhéidh thig am foghar fo ghruaim
A sgeadachadh t' uaigh le dreach.

S ge colgach, neo-bhàigheil dubh-ghruaim
A gheamhraidh neo-thruacant', ghnùth,
Gun siubhail e 'g osnaich mu d' thuam,
A sileadh nam fuar fhras dlùth.

Tha mulad, tha mulad ga m' chràdh
Bhon chàireadh tu 'n tàmh nan leac,
A chaoimhich 'bu dealasaich gràdh,
'Mhic-Lachainn nan dàn lan beachd.

TORMAID MAC-NEACAIL.

Phòs Domhnall Mor Mac-Neacail an Sgorrabreac Mairearad, nighean Thormaid Dhomhnallaich an Sgalpa, agus bha seachdnar chloinne aige rithe, Calum, Siusaidh, Seonaid, Tormaid, Lecsi, Iain agus Seoras. Bha Calum san arm. Thainig Tormaid, Iain agus Seoras do Mhearamasi an New Brunswick, ach chaidh iad as a sin do dh-Astràlitha. Rugadh Tormaid mu 'n bhliadhna 1798. Bha e measail air a bhit. a sealgaireachd 's ag iasgach. Bha e na dhuine làidir, tapaidh, agus na shnàmhaiche comharraichte. Chaidh a bhàthadh an Astràlitha.

Bha brathair mathar Thormaid na fhearlagha an Duneideann. Chuir e litir gu Tormaid ag innse dha gun robh e ga chur fhéin ann an cunnart le bhith a marbhadh nam fiadh, agus a sparradh air sgur de 'n t-sealgaireachd.

ORAN.

LE TORMAID MAC-NEACAIL.

LUINNEAG.

'S gann gun dirich mi 'chaoidh
'Dh-ionnsuigh frithean a mhunaidh;
'S gann gun dirich mi 'chaoidh.

Fhuair mi litir a Dungideann
'G ràdh nach feud mi dhol do 'n mhunadh.

Pàdruig Mor aig Ceann Lochd-Aoinard,
Rinn e 'n tholl 's cha d' rinn e buinnig.

Tha mo ghunna caol air meirgeadh,
'S cha 'n fhaod mi a dhearbhadh tuilleadh.

Tha e 'n crochadh air na tairngean,
'S cha do thoill e 'àite fairich.

'S iomadh latha sgith a bha mi
'M shuidhe leis, 's e làn, air tulaich;

'Gabhail eallaidh air na sléibhtean,
Far am bi na féidh a fuireach.

Far am biodh an làn-damh bruit'
Nuair rachainn-sa le m' rùn air m' uilinn.

'S tric a mharbh mi fiadh nan àrd bheann
Air na glinn a b' àille cuilaidh.

Ach on dh' fhàs an lagh cho làidir,
'S fearr bhith sàbhailt o gach cunnart.

Nan robh crodh agam air buaile,
Dh' fhaodainn luaithe 'chur a gunna.

Ach an nis is feudar strìochdadh;
'S fear gun chiall a theid an cunnart.

Fhuair mi rabhadh bho na h-uaislean,
Gun mi ghluasad le mo ghunna.

'S iomadh latha bha sinn còmhla,
Is mo làmh gu fòil mu mhuineal.

Bhon a chiad la fhuair mi còir air,
B' e mo shòlas is mo chuideachd.

Fàgaidh mi an nis an tìr so
Cha'n fhaigh m'inntinn sìth innt' tuilleadh.

Bheir mi ruaig gu còrs' nan Innseun
Feuch an dean mi-fhìn ann beinnig.

Cha 'n fhaic Pàdruig mi air fàireadh,
'S cha ruig stàirneach chruaidh mo ghunn'e.

IAIN MAC DHOMHNAILL MHIC ALASDAIR.

Rugadh Iain Domhnullach, Iain mac Dhòmhnaill mhic Alasdair, ann an Uig san Eilein Sgitheanach, mu 'n bhliadhna 1797. Bha e beagan bhliadhnachan 'san Reiseamaid Duibh. Cha robh 'athair deònach e a bhith 'san arm, agus cheannaich e as e. An déidh an t-arm fhàgail thainig e air ais do Ghleann Uige. Thug e fichead samhradh 's a h-ochd aig iasgach an sgadain. Bhiodh e aig an taigh 'sa gheamhradh. 'S ann aig an iasgach a bha e nuair a rinn e'n t-òran so. Chaochail e 'sa bhliadhna 1875. Rinneadh iomadh òran leis, ach 's e 's dòcha nach gabh iad fhighinn an diugh.

ORAN.

LE IAIN MAC DHOMHNAILL MHIC ALASDAIR.

Dh' éirich mise maduinn chiùin
'S gun d' thog sinn siùil ri garbh-chroinn,
Chunn'cas dùbhradh mor is dùdlachd
'N dara taobh nuair dh' fhalbh sinn.

'S gun d' sheid i bras le borb-thuinn chas,
'S i tigh'nn am mach gu gailbheach,
'S i ruith le sugh air bhàrr gach stèchd,
Ri togail smùid 'san fhairge.

Bu mhath bhi nuair sin 'n coire luachrach
Shuas aig àiridh Uige,
Far 'm biodh na h-uain 's na caoraich luaineach
'Ruith mu 'n cuairt gu siubhlach;
Mi fhin 's mo chruinneag ri mo ghualainn
'S deamhais chruadhach dhint' aic';
Gach fear is gille ruith mu 'n cuairt,
'S bhiodh Domhnall Ruadh le 'chù ann.

Sud an gleann a's bòidhche sealladh
Ann am madainn reòta,
Le caoraich ghealа, dhubh, is ghlasa,
Cuid dhiu tarr-fhionn, bròcach,
'S bidh làir le searrach 'm bun gach bealaich
Suas ri srath nan lòintean.
'S a dh' aindeoin gaillinn no fuachd carraich
Cha 'n iarr mart ann cròdhadh.

'S iomadh caileag chuimir ghuanach
'Th' ann ri cuallach spréidhe,
Le cuman 's buarach dol do 'n bhuaile
'S laoigh mu 'n cuairt di 'geumnaich.
B' e 'n ceol nach b' fhuathach leam an duanag
'S iad a luadh air cléithe,
'S mi-fhin mu 'n cuairt daibh 's piob ri 'm ghualainn,
'Cluich nan nuallan éibhinn.

'S iomadh caileag bhòidheach, chuimir
'Th' ann, na 'n suidh' aig cuibhle,
Sniomh nan roisg, seinn nan luinneag—
Bidh gach iorram bhinn ac';

An sùith 's bòidheche falbh bho 'm meòirean
Cothrom, còmhnard, sìnte;
'S am falt na chuaich air chùl an cluais,
'S e togte suas, is cìr ann.

'S ann leam bu deonach bhith 'sa chòmhlan
Madainn bhòidheach chéitein,
Ag éisteachd comhradh nam ban òg'
Toirt stòireannan d'a chéile;
Gach té toirt barr air té air bhòidhch',
'S iad modhail, còlach, spéiseil,
Le 'n cleoca gorm' 's le 'n coileir dearg',
Nuair bhiodh iad falbh do 'n Leughadh.

A chiad 's a nàir! b' e 'm biadh 's am blàths
A bhith nur càirdeas daonnan,
Ri mire 's mànran cridheach, gàireach;
B'e sud gnàths mo dhaoine.
Nan tachradh té dhibh bhith 'san àth'
Air oidhche Mhàrt na h-eonar,
Gun loisgte pàirt oifre de 'n ghràn
Le gille bàn Beinn Mhaoineis.

Nuair bha mi òg, mu 'n d' rinn mi pòsadh,
Bha mi gòrach, aotrom
Falbh gu sporsail 'measg nan òighean;
Sud an seòl bu chaomh leam.
'S an té bhiodh còir 's a bheireadh pòg dhomh
Shuidhinn stòid' ri taobh-se;
'S o'n té nach fuilingeadh ball na còir dhiom
Gheibhinn dòrn mu 'n aodann.

Nuair thig an geamhradh 's àm nam bainnsean
Gheibh sinn dram bho 'n Toiseachd;
Bidh nollaig chridheil aig cloinn-nighean
'S aig na gillean òga;
Bidh mnathan féin ann subhach, éibhinn,
'S iad ag gleusadh oran,
'S bidh dram aig bodaich anns an fhodar,
'Sogan orra comhradh.

Gheibhteadh sgialachdan ro bhriagh'
Aig bodaich liatha, cheanna-ghlas,
B' iad sud na seoid nuair bha iad og
Gu iomairt bhò feadh gharbhlach,
Gu 'm biodh iad tric 'san Eaglais-Bhric
Ag iomain cruidh feadh gharbh-chrioch,
'S cha rachadh bròg a chur mu 'n spòig
Gu ruigte an eco e 'n d' fhalbh iad.

Iain 'ic Thearlaich far do làmh,
Tha sinne càirdeil daonnan;
Tha thusa fàs is mise cràmh,
'S mo cheann cho bàn ri faoileig.
Bu mhor an toileachadh do phàisde
Gheibheadh blath ri 'taobh thu;
'S nuair thig an geamhradh bidh tu 'n sàs
Aig nighinn bhàin Mhic-Mhaoilein.

'S iomadh oidhche fhliuch is fhuar
A ghabh mi suas an t-àrd-chnoc
A shealltainn air a chaileig ghuanaich
D' an robh na gruaidhean nàrach.
Olc no math le luchd ar tuaileis,
Dh' fheuch ri m' ghluas'd gu t' fhàgail,
Phòs mi thu is thug mi uath thu,
'S bha sud cruaidh le Pàdruig.

Fhir a shiubhleas gu mo dhùthaich—
'S ann a Uig a dh' fhalbh mi—
Thoir beannachd dùbailte ga 'n ionnsuigh
Chosdas crùintean airgid;
Is can ri Seos a th' anns a Chùil,
An eo-dhùnadh mo sheanachais,
Gur barail leam gum faic mi 'ghnùis
Mu 'n deid an ùir air Armchul.

UIRNIGH PHAISDEAN I.

LE LACHAINN MAC-GILLEAIN, LACHAINN NA GAIDHLIG.

Tha sinn cruinn ann ad fhianais,
'Thi tha riaghladh gu h-àrd,
'Tigh'nn a dh' iarraidh ort eolais
Ann an oige air là,
Mar-ri saors' bho gach truailleachd
A tha gluasad na 'r cridh :
Seall a nuas ann ad ghràs oirnn,
Is sinn pàisdean bochd I.

Ann an linn Chaluim-Chille
B' e so innis an àigh,
Bha i ainmeil 'san Eorpa
Airson eolais is gràidh.
'Dhé na cumhachd 's na mòrachd,
D' am buin trocair gun chrich,
Seall a nuas ann ad bhàigh oirnn,
Is sinn pàisdean bochd I.

Ged is iosal ar bothain
Am measg chnoc agus ghleann,
Bha do mhac féin air docair,
'S e gun socair fo 'cheann.
Athair naoimh uile-ghloirmhoir,
Le 'm miann solas is sìth,
Seall a nuas ann ad ghràdh oirnn,
Is sinn pàisdean bochd I.

IAIN MAC-AN-TOISICH.

Rugadh Iain Mac-an-Tòisich an Lochabar. Bha e gu math air a dhòigh aig aon àm, ach chaidh e air ais na chrannchur. Chaochail e an Glaschu 'sa bhliadhna 1868. Gheibhear a chuid oran anns an Duanaire.

AM FARRAN.

LE IAIN MAC-AN-TOSICH.

Tha mise gu tric 'san tim so
Air mo dhiteadh le fior bhaidrich;
Their iad, on a chaill mi 'mhàileid,
Nach b' fhiach gnàthachadh mo phearsa.
Chunnaic mise lath' am pràbar
'S thigeadh iad làmh rium g' an casaid;
'S bheireadh iad an ad gu làr dhiu
'Dh' iarraidh pàirt de na bhiodh agam.

Tha moran diu 'gheibhinn càirdeil,
Cridheil, gàireach anns gach tachairt,
Air tionndadh an diugh cho làsdail
'S gur h-ann a ni ghràisg mo sheachnadh.
Ged tha chùis air tigh'nn mar thà i,
Tha min agam 's buntàt am pailteas;
'S am fear nach gabh a chuid de'n dòigh sin,
Bleidreadh e ròic far an taitneach.

DAIBHIDH CAIMBEUL.

Rugadh Daibhidh Caimbeul—Daibhidh mac Dhòmhnaill mhic Ghilleasbuig mhic Dhòmhnaill Bhàin an 1798, agus chaochail e an 1830.

ORAN SEASAIDH CHOIS-A-BHILE.

LE DAIBHIDH CAIMBEUL.

LUINNEAG.

'Ribhinn ùr a chuil dualaich
A fhuair buaidh thar gach mnà,
'S e do ghaol 'rinn mo bhuaireadh
'S a chuir truaighean am dhàil.

Ged a chuir thu mi suarach,
'S ged a dh' fhuaraich do ghràdh,
Bidh mi tuilleadh fo smuairean
O nach d' fhuair mi do làmh.

'S mi bhi tamull air astar
O àit m' altruim 'nam òig',
Chualas sgeul nach cuis ghàire,
Oigh mo ghràidh a bhi pòsd'.
'S ged tha cuid rium ag ràdhainn,
Gu dé 'n stà bhi ri bròn?
'N gaol a thug mi am phàisdean
Ni mi àrach ri m' bhaò

Nan do rinn thu leam lùbadh,
A gheug ùr nan sùl tlàth,
'Chaoidh cha'n fhaiot' le luchd-dùthch' thu,
'S tu fo chùram mu 'n mhàl.
'S ann a bhiodhmaid gu sùrdail
'Cur ri mùirn mar a b' àill;
'S bhiodh daoin'-uaisle na dùthcha
A teirt ùmhlachd do m' ghràdh.

Cha 'n fheil flur ann an gàrradh,
Ged is dàicheil an snuadh,
No lus grinn ann am fàsach,
Fad o ghàirich a chuain,
Cha do chinn an glaic aonaich,
No air craoibh an coill' uain',
Na ni coimeas do m' ghaolsa,
Gradh nan daoin' o'n taobh-tuath.

Ach ge boidheach do phearsa,
Is ge dreachmhor do ghnùis,
Ged is binne do chòmhradh
Na an smeòrach 'seinn ciùil,
Ged is gile na 'n canach
Do dheud tana geal dlùth,
Is ge cùbhraidhe t' anail
Na croinn mheala fo dhrùchd;

Cha 'n iad sin, ge bu leoir iad,
'Chuir mi 'n tòir ort, a rùin,
Ach do mhisneach is t' eolas
Thar uil' oigridh do dhùthch'.
'S e bhi cuimhneach do chomhraidh,
Is do sheol anns gach cùis,
Is nach faod sinn bhi còmhla
'Dh' fhag na deoir air mo shùil.

Rinneadh an t-oran so do Sheasaidh Mheinne an Coir-a-Bhile.

DOMHNALL MAC-CITHICH.

Rugadh Dòmhnall Mac-Cithich an Lios-mor. Bha e greis na aghaidh aig Aonghus Mac-Raing an Dail-an-Eas, agus greis eile a leanachd na mara. Bha Mac-Raing gu math air a dhoigh aig aon àm, ach chaidh e air ais, agus b' fheudar dha Dail-an-Eas fhàgail. Chaidh e an sin a chòmhnuidh do dh-Achatriachadain an Gleanna-Comhann. Bha Mairi nighean Mhic-Raing na h-ainnir òig, bhòidhich. A réir an iomraidh a tha 'dol phòs i Domhnall Mac-Cithich. Ma bha Domhnall cho math air obair 's a bha e air orain bu choir dha a bhith comasach air beau a chumail am biadh 's an sodach.

MAIRI BHAN DHAIL-AN-EAS.

LE DOMHNALL MAC-CITHICH.

Is mithich dhomhsa toiseachadh'
Is m' oran chur an géill;
Gur fada bhon bu chòir dha
A bhith ann an òrdagh réidh,

Tha m' inntinn cheart cho lusmeach
Ri gaoith tuath air bhàrr nan geug,
'S mi smaointinn air a ghruagaich sin
'Tha shuas ann an Gleann-Eit'.

Gur bòidheach leam a dh' fhàs thu
Bho do b' àrr gu sàil do bhuinn.
Cha 'n fh[illegible]aon chron ri àireamh ort;
'S tu bean an nàdair ghriun.
Nar mheasam-sa mo shlàinte
Mur a b' fhearr leam na bhith 'm righ,
Ceud a bhith laighe làmh riut,
Is mo làmh fo d' mhuineal min.

Gur lionmhor mais' ri h-aithris
Air an ainnir a's glan snuadh;
Do shlios geal mar an caineal,
No mar eala nan tonn uain'.
Shiubhail mi bho 'n Apuinn
Am mach gu uisge Chluaidh,
'S bean t' eogais anns an astar sin
Cha 'n fhaca mis', a luaidh.

Tha falt réidh bachlach, bòidheach ort
Air dhath an òir na 'dhuail;
Gur fiamhach, sgiamhach, òr-bhuidh e
An òrdagh ann an cuaich.
Bha m' inntinn-sa làn sòlais
Nuair a bha mi chòmhnuidh shuas;
'S a nise bhon a dh' fhàg mi e
Cha 'n fheil mo thèmh ach truagh.

Their cuid rium gum bu neonach dhomh
Mo ghaol cho mòr thoirt duit;
Gun robh mi cianntinn gòrach
Nuair bu chòir dhomh a bhith glic.
Ach diadidh mi ri 'm bòilich,
'S a chaoidh ri m' bheo cha chreid
Gum faigh fear eile còir ort,
No gum pòs thu gun mo cheud.

Tha nionagan an àite so
Ri tàir air m' aois gu mor,
Ag radh gur seann-fhleasgach mi,
'S nach freagair mi 'thé òig.
Cha b' i an aois a liath orm
Mo chiabhagan cho mor;
Ach sioban nan tonn dùbh-ghorm,
A tigh'nn bho chùl nan seol.

B' e sud an obair àmraidheach
Dh' an dug mi gràdh 's mi òg.
Is iomadh oidhche ghleamhraidh
Bha mi riofadh teann nan seòl;
Is iomadh la a stiuradh leam
'S an sneachd air chùl mo dhòrn,
Toirt eòlais as a chombaist;
Gum b' e sud pong an t-seoid.

Gur lionmhor anns an àite so
Mo naimhdean bho chionn greis,
A chionn gun dugadh gràdh leam
Do 'n nigh'n bhàin tha 'n Dail-an-Eas.
Tha fleasgaich anns na cearnaibh so,
'S gum b' fhearr leo gun robh mis'
An iomall tir' air falbh bhuath,
Gun earbsa ri tigh'nn as.

Ged bhithinn thall thar chuantan
Ann an dùthaich dhuaichnidh, chéin,
Bhiodh m' earbs' ri tigh'nn a nall aisde
A dh' fhaicinn m' annsachd féin.
Cha 'n fheil i anns an àl so,
Is cha bhi 'san àl am dhéidh,
Aon té le d' mhais', a Mhàiri;
'S tu 's àille 'tha fo 'n ghréin.

Is leat a thuit m' inntinn-sa,
'S cha dirich i ri m' bheò;
A chaoidh cha deanar innseadh leam
An ni sin tha ga m' leòn.

Ach gus an dèid mo thiodhlacadh
'An ciste dhionaich bhòrd,
Cha tréig mi gaol na h-ighneige
Dh' fhàg m' inntinn trom fo leòn.

DOMHNALL CAIMBEUL.

Rugadh Domhnull Caimbeul aig Dail-an-Spideil mu 'n bhliadhna 1793. Is e Pàl a b' ainm d'a 'athair, agus mar sin is e Domhnall Phàil a theirteadh ris am bith-eantas. Bha e greis mhor na chiobair am Baideannach. Chaochail e an Cinn-a-Ghiubhsaich, far an robh e a fuireach, 'sa bhliadhna 1875. Bha a mhac, Domhnall Og, na 'chleannaiche an Cinn-a-Ghiubhsaich.

DUANAG A CHIOBAIR.

LE DOMHNALL CAIMBEUL.

Gu bheil mulad air m' inntinn
O'n là thainig mi 'n tir so,
'S nach faic mi mo nighneag dhonn òg,

O nach faic mi a chaileag
Do an dug mi 'n cion falaich;
'S ann a dh' fhàg mi i 'n Raineach nam bò.

'S ann a dh' fhag mise gruagach
An fhuilt cham-lùbaich, chuachaich,
An taobh thall do Dhruim-Uachdair an fheoir.

Tha deud snaighte mar dhìsnean
Am beul meachair na ribhinn,
'S gur a milise na fioguis a pòg.

Ciochan corrach, 's iad glé-gheal,
Ann am broilleach a léine,
Mar chaoin aiteal na gréin' ri là ceò.

Slios mar eala nan cuantan,
No mar shneachda nam fuar-bheann,
Calpa cuimir 's troigh uallach am bròig.

Cha 'n fheil samhla do m' luaidh-sa
'Measg na chi mi mu 'n cuairt domh,
Ged is lionmhor an sluagh tha 'san t-Sròin.

Ged a chruinnicheadh an dùthaich
A chum féill Chinn-a-Ghiùbhsaich,
Cha bhiodh t4 ann dh' an dùraichdinn pòg.

Cha 'n e sud 'rinn mo chiùrradh
O'n là thainig mi 'n dùthaich,
Ach nach faod mi dhol null air do thòir.

Tha an t-asdar cho fada,
Is nach faod mi 'dhol dachaidh,
Eagal cèch bhith gam fhaicinn 'san ròd.

'S bidh mo mhaighstir gam ionndrainn,
O'n tha 'n stoc air mo chùram;
'S mi ga 'n gleidheadh air cùl Bail'-a-Chrò.

'S mi gach latha mu 'n cuairt daibh
'S iad cho duilich ri 'm buach'lleachd
O'n a thain' iad gu tuath do 'n Chroig-
Mhòir.

'S mor gu 'm b' fhearr bhith ga'n cuallach
'Mach ri mullach na Guaille,
Far nach iarradh iad buachaill' ri 'n sròin.

Far nach biodh orm bonn cùraim
Nuair a chuirinn mo chù riu,
Ged a bhitheadh iad dùinte le ceò.

Ni mi litir a dhànadh
'N deidh a sgriobhadh dha t' ionnsuigh,
'S bidh tu cinnteach nach mùth mi mo
sheòl.

'S ged a bhithinn seachd bliadhna
Dol mu 'n cuairt anns na criochan s',
Caileag eile cha 'n iarrainn 's tu beò.

AN T-URR. IAIN MAC-LEOID, LL.D.

Rinneadh an t-oran so goirid an déidh blàr Alma, a chuireadh air September 20, 1854.

GABHAMAID AN RATHAD MOR.

AIR AN URR. IAIN MAC-LEOID, LL.D.

LUINNEAG.

Gabhamaid an rathad mór,
Gabhamaid an rathad mór,
Gabhamaid an rathad mór,
Olc no mhath le cách e.

Gleus a phiob a's buadhmhor fuaim,
Dùisg mac-talla as a shuain;
Togaidh iomall tir is cuain
Caithream bhuaidh' nan Gàidheal.

Sgaoilibh bratach àrd nam buadh,
Tàirneamaid na lannan cruaidh;
'Dheoin no dh-aindheoin gheibh sinn buaidh
Mar bu dual do Ghàidhil.

'N éideadh cogaidh ri uchd blàir,
'S tric a thog na laoich a ghàir;
'S bhiodh le 'n lannaibh anns gach àr
Toiseach aig na Gàidhil.

Ged tha tir nam beann fo spréidh,
Is fo chaoraich is fo fhéidh,
Cuiridh sinne 'n cath gu treun ;
'Chaoidh cha ghéill na Gàidhil.

'S ged a tha ar làrach lom,
Ged tha sinn gun òr, gun fhonn,
Seasaidh sinne bonn ri bonn,
Gual' ri gual' mar Ghàidhil.

Anns gach ànradh thig na 'r linn,
'Bhanruinn àluinn seasaidh sinn ;
'S annsa leatha tàmh 'sna glinn,
Tha bàidh ais' ris na Gàidhil.

Eiribh, fhearn, 'chlann nan treun,
Tàirneamaid na lannan geur ;
Tàirnibh 's dearbhaibh leis gach beum
Gur gaisgich ghleusd na Gàidhil.

CAOIBHNEAS DE.

LEIS AN URR. IAIN MAC-LEOID, IAIN MOR NA TORAIRNE.

Tha mo thuras treimh 'n fhàsach an nis gu bhith réidh,
Thàinig feasgar mo làithean is deireadh mo réis' ;
Ach aidichidh mi leis gach taingealachd cridh',
An fhad so, a Dhia, gun do chuidich thu mi.

'S tric a shearg mi fo easlaint 's a ghuil mi fo bhròn,
'S tric a ghluais mi gu deurach, gun éideadh, gun lòn ;
Ach dh' earb mi a Dia anns gach deuchainn is dith,
'S an fhad so, a Thighearna, chuidich thu mi.

'S iomadh caraid 'bu chaomh leam a dhiobair 's a thréig,
'S iomadh dòchas, làn aobhachd, a mheall mi le 'sgeul;
Ach do chairdeas-sa sheas leam 's gach doilgheas is stri,
'S an fhad so, a Thighearna, chuidich thu mi.

Agus ssallaidh mi romham, is gabhaidh mi beachd,
Air gach deuchainn is ànradh tha fathast ri teachd;
Ach m' anam fo gheilt no fo imcheist cha bhi,
Oir an Dia nach do dhiobair cha diobair e mi.

UILLEAM MAC-AOIDH.

Rugadh Uilleam Mac-Aoidh — Uilleam mac Dhonnachaidh mhic Dhomhnaill—an Gleann-Urchadain 'sa bhliadhna 1803. Phòs e Clorstaidh Fhriseal an 1827. Chaochail e 'sa Bhlàr Bheag an 1887. Is e a mhac, Uilleam òg, a chuir am mach Eachdraidh Ghlinn-Urchadain, eachdraidh thaitneach, bhlasda, a tha na cliù do 'n fhear a sgriobh i, agus na cùis-thoileachaidh do gach Gaidheal a leughas i.

'NIGHEAN DONN A BHROILLICH BHAIN.

LE UILLEAM MAC-AOIDH.

LUINNEAG.

'Nighean donn a bhroillich bhàin,
Chum a choinneamh rium Di-màirt,

'Nighean donn a bhroillich bhàin
Gum a slàn a chi mi thu.

Tha mo chion air do chùl donn;
'S ged nach leamsa òr no fonn,
B' fhearr bhith còmhla riut air tom
Na bhith roimh nan dìleabhan.

Ged bhiodh maoin agam na 'chruaich,
Bhithinn fhìn as t' aonais truagh,
Bhithinn aonarach 's tu bhuam
Ged bhiodh sluagh na tìre leam.

'S deirge leam do bheul na 'nròs;
'S milse leam na mhil do phòg;
'S fallain t' anail seach an crèoch;
'S do phearsa bòidheach fìnealta.

'N spèis a thug mi dhuit 's mi òg
Chum mi fad' e bhuait fo chleòc,
Is mar gèilleadh m' fhuil is m' fheòil
Ri mo bheò cha 'n innsinn e.

Ged a bha mi reamhar, làn,
'S ged a bha mi daonnan slàn,
Rinn do ghaol mo thoirt a bhàn
Gus nach fearr na sìthich mi.

Their mo chàirdean, 's tu tha faoin,
A bhith sàraichte le gaol;
Ach cha tàir mi bhith dheth saor;
Cha ni faoin ri dhiobradh e.

A thé ghrinn a mhuineil bhàin
'S e mo dhùrachd a bhith 'd dhàil;
Saoghal fada dhuit is àgh,
Is fear do ghràidh bhith sinte riut.

DOTAIR RAHUAIDHE.

God a bha Dotair Rahuaidhe na 'dhuine caoibhneil, measail, bha roinn mhor de ghòraiche pheacach fuaighte ris. Tha e na thoileachadh 'fhaicinn na 'shean aois na 'shineadh air an fhráoch ag aideachadh a pheacannan agus a guidhe ri Slànaighear nam buadh agus nan gràs air son sàbhalaidh. A bheil bàrd againn an diugh a ghabhas coimeas ris an Dotair air son doimhneachd faireachdainnean?

TUIREADH

LEIS AN DOTAIR MAC-LACHAINN.

'S trom mo ghlous air uchd an stùic
Anns an fheasgar chùbhraidh Chéit';
Dealt nan speur a teannadh dlùth,
Inneil-chiùil am barr gach géig.

Chrom a ghrian; tha 'n iarmailt ruadh
Air cuan mor nan stuadhan àrd.
Feuch an long ag éirigh 'suas,
Mar thaibhs' fuar i seach an snàg.

Tha 'n oidhch' 'teachd le 'trusgan ciar,
'N àirde 'n iar th' air dol na 'smàl;
Thréig an téis bha 'm beul nan ian,
Ach cha 'n fheil mi triall o'n àird'.

Tha gach cuileag dhiblidh, fhaoin
Air gach taobh a gabhail tàimh,
'S mis' am shineadh anns an fhraoch,
Làn de smaointinnean gun stàth.

On a thainig mi do 'n t-saogh'l,
'S beag a rinn mi 'smaointinn glic;
Mar bhlàth cluarain air an raon
'Ghluaisses leis gach gaoith a thig.

Ach tha smaointinn thiamhaidh, bhochd
'Nochd a mosgladh ann am chridh',
'Tha mar fhàsach falamh, fuar,
'S e gun luaidh air naach no ni.

Cha 'n fheil agam leannan gaoil,
No fior charaid caomh fo 'n ghréin,
Cha 'n fheil agam bean no clann,
No neach 'b' annsa leam na chéil'.

Amhuil mar bhrùid air a mhàgh,
Gun eagal, gun ghràdh, gun dùil;
Cha 'n fheil cùram air mo chridh',
'S mi gun ni 'san cuir mi ùigh.

Ard-Righ nam feart, tionndam riut,
'S air mo ghlùinibh guidheam ort;
Deònaich dhòmhsa cridhe nuadh,
Eisd ri m' ùirnigh thruaigh an nochd.

Doirt a nuas do Spiorad caomh,
Ris an t-saoghal bheiream cùl;
Dhuit, a-mhàin, O! thugam gaol,
Is na t' Aon Mhac cuiream dùil.

Eisd, a Shlànaighir nam buadh,
Ri dian ùirnigh thruaigh mo chridh';
Tha mo cheum air slighe bhàis,
'Thriath nan gràsan sàbhail mi.

CUMHA NAM BRAITHREAN.

LEIS AN URR. DONNACHADH DUGHALLACH.

LUINNEAG.

Mo bheannachd, mo bheannachd
Gu dlùth n' ur déidh;

Mo bheannach l d' ur n-ionnsaigh
Gu dùthchannaibh céin,
Le dùrachd nam bràithrean
'S nan càirdean gu léir;
Gu'n stiùradh an Tighearn' sibh
'S an t-sligh' anns gach coum.
Mo bheannachd, mo bheannachd
Gu dlùth n' ur déidh.

Is tric m' inntinn ag ionndrainn
Comunn rùnach mo ghràidh,
Leis an tric bha mi mùirneach,
'S nis an cùl rium gu bràth;
Cuid diu sgapte feadh dhùthchan
'S cuid fo dhùisseal a bhàis;
Tha ar sgaradh bho 'chéile
Mar na féithean e'n chnàimh.

Nuair a theid mi 'n taigh-ùirnigh
Tha ur rùm an sin fàs;
Ann cha 'n fhaic mi na gnùisean
'S tric a dh' ùraich mo chàil;
Is cha chluinn mi ur n-ùirnigh
Leis an dùrachd 'bu ghnàth,
Far an tric an do thùirling
Oirnn an t-ùngadh bho 'n àird.

Amhuil enn air a spionadh,
Feadh nan sliabh fo throm phràmh,
E na ònrachdan cianail
Bhon a thriall a chuid àil,
'S gun do dh-iteach na sgiathan
Nis na thriallas na 'm pàirt,
Tha mo chor-sa le m' iargainn
Air a bhliadhna tha 'n làth'r.

Tha ur sgaoileadh ro dhuilich;
Cuid am Muile nam beann,
Cuid an Cola 's am Barraidh,
'S cuid air machair nan Gall.

Ceann-L[illegible]-Gilb is Ceann-Tire
Thug iad sgriob oirnn nach gann,
Is America Thuathach,
Tir an fhuachd is nan crann.

Ged nach faod mi bhur leantuinn
Air feadh shrathan is bheann,
Bithidh m' inntinn g' ur leantuinn
'Chaoidh le tairiseachd theann.
'S mur a faodar leinn tachairt
Air an talamh so th' ann,
Bidh ar sùil ris an latha
Far nach dealaich sinn thall.

AONGHUS DOMHNALLACH.

Rugadh Aonghus Domhnallach ann an Gleann-Urchadain 'sa bhliadhna 1804. Bu mhac e do dh-Iain Domhnallach a bha comhnuidh am Bunlevit, agus a bha na 'mhaighstir-sgoile agus na choistear. Fhuair e roinn mhath de dh-ionnsachadh, agus bha moran de dh-fhiosrachadh aige. B' àbhaist da a bhith cumail sgoil-sheinn. Bha e na bhàrd comasach. Chaochail e an 1874. Bu choir da luchd-dùthcha a dhàin a chur am mach. Tha iad tuilleadh is math gu 'm fàgail an cùil.

TUIREADH AIR SON A MHNATHA.

LE AONGHUS DOMHNALLACH.

Cha deid mi tuilleadh 'shealg an fhéidh,
Cha ruig mi 'bhein a dh' ianach;
Theid bochd na céir ghil bhuam na leum,
Cha dean mi feum le tialadh.

Air coilsach géig cha chuir [illegible],
'S cha dean mi boud air [illegible];
Tha 'n t-sealg gu léir o m' luaidhe réidh
Chuir bàs mo chéile [illegible].

Bha mais' is coutaidh 'm bean [illegible],
Bha sgèimh na gnùis le suairceas,
Mo ghaol an t-sùil bu bhlàth 's bu [illegible],
Gur dùint' an nochd 'san uaigh;
Ged bha mi ciùrrte 'cur na h-ùir' ort,
Tha e dlùth 's gach uair dhomh
Gu bheil thu beò an tir na glòir',
'S tu seinn an òrain bhuadhmhoir.

Tha thus' an nis aig fois 'san uaigh,
'S tha mise truagh gu leòir dheth!
Gach là is uair a call mo shnuaidh,
A smuaintinn ort an còmhnuidh,
Ged dh' fhalbh thu bhuam gu d' dhachaidh bhuain,
Bidh mis' a luaidh ri m' bheò ort;
'S cha dig gu bràth ach Righ nan gràs
'Ni suas a bhearna dhòmhsa.

Cha'n ioghnadh dhomh ged bhidhinn ciùrrt,
Gun d' chaill mi m' iùl, 's b'e 'm boud e;
Ceann bu tùrail, tuigs' làn cùraim,
'Dheanadh c[illegible] a réiteach'.
Cha 'n fhaicteadh smùirnein air do ghnùis ghil
Leis an t-sùil bu ghéire,
Ged chiodh do chrannchur, mar nach b' ainmig,
Tuilleadh 's searbh ri 'leughadh.

O, Thus' a shiabas diar a bhròin,
'Bheir sòlas do luchd-iargainn,
A Lighich' mhoir 'ni 'n cridhe leòint'
A chur air dhòigh mar 's miann leat,
Dean mis' a threòrach ma 'sa deòin leat
Anns an ròd gu t' iarraidh,

'S am faigh mi 'null thar bharr nàn tonn,
Far an deach sonn nan ciad chath.

O, tuirling Thus', a Spioraid Naoimh,
A theachdair chaoimh an t-sòlais,
Is taom gu saor a cuan a ghaoil
'Tha 'n cridh' 'n Fhir-shaoraidh ghlòir-
mhoir,
Na bheir dhomh saorsa bho gach daors'
A th' ann an saogh'l a bhròin so,
'S am faigh mi buaidh, tre fhuil an Uain,
Air peacadh, truaigh', is dòruinn.

GILLEASBUIG CAIMBEUL.

Rugadh Gilleasbuig Caimbeul an Ionar-chadainn am Bunraineach 'sa bhliadhna 1804. Chuir e am mach a chuid oran ann an leabhar 'sa bhliadhna 1851.

MARBHRANN DO SHIR IAIN MAC-GRIOGAIR.

LE GILLEASBUIG CAIMBEUL.

'S ann air Diciadaoin thain' an sgeul
A dh' fhàg na ceudan ciannail;
An t-aon là deug de mhios a chéitein
Dh' eug am fear bu mhiann leinn.
Bha tuireadh bròin air aois is oig'
A ghabh gne eolais riamh ort.
Bhon dhùin am bàs do chaomh-shùil tlàth,
Tha iad gach là fo iargain.

Is ann air Eileinean na h-Oigh'
A fhuair thu còir mar riaghlair,
O Bhan-righ Bhreatuinn le lan deoin
Gu t' ordagh 'chur an gniomh ann.

Ach 's gearr an tìm' a mhair thu beò ;
Chuir Righ na glòir' ga t' iarraidh,
'S ann aige fein a b' fhearr bha coir
Air spiorad mor na fialachd.

Is e Sir Iain 'tha mi luaidh,
An gallan uasal fior ghlan.
'S e fath mo bhroin gu 'n d' fhalbh thu bhuainn
A null thar chuantan fiadhaich.
'S ann air Di-luain chaidh chreubh bha fuar
A chur 'san uaigh le ciadan,
An dùthaich aineoil fada bhuainn
An ciste luaidh' gu dionach.

Chaidh iomradh air do bhàs an cein
Air fad 's air leud na Criosdachd.
Gur h-iomadh suil 'bha sileadh dheur
Nuair than' an sgeul gu 'n d' chrioch thu ;
Do chàirdean fein 's do chlann gu leir
Ri tuireadh geur ga t' iargainn ;
Is d' fhior bhean chomuinn agus ghaoil
Gu dubhach, caoineach, cianail.

Bha ciuchran truagh am measg do thuath'
Mar uain an deidh an dioladh ;
Na deoir a tuiteam aice le 'n gruaidh
Is cenaich chruaidh ga 'm pianadh.
On thain' an sgeul thu bhi 'san uaigh,
'S nach d' fhuair iad thu ri thiochlac',
Tha sud mar shaighdean geur 'nam feoil
A cur am broin am miadachd.

O, 's beag an t-ioghnadh leam air dhoigh
Ged tha am bròn ga 'n léireadh,
'S a mhiad 's a phairtich thu le d' ghràdh
Ri tuath, ri daimh, is feumnaich.
Air truaghan riamh cha d' rinn thu tàir,
Cha b' e do nàdar fein e,
Ach iochd is gràdh o chridhe tlàth
Nach dug bonn graidh do 'n eucoir.

'S ann thain' am buille dràiteach, trom,
A dh' fhag ar fonn neo-eibhinn.
An t-aon chrann uain' a b' aille snuadh
Ri gathaibh buan na greine,
Do thilgeadh sios o 'bhonn gu luath,—
Ceann-feadhn' air sluagh 'bha treubhach.
'S ged tha na fiurain og' a fàs,
Tha sinn fo chràdh mu 'dheibhinn.

'S e 'n ròs a's traithe 'thig fo bhlàth
Gu tric a's tràithe 'chrionas;
'S e 'n t-ubhall àillidh 's fearr 'sa ghàrradh
'S tràithe 'theid a spionadh.
'S e gaoth a Mhàirt a dhochainn tràth
An crùn a's àille fiamhachd;
'S e reodh a cheitein 'sgath a bhlàth
De 'n fhlùran àluinn chiatach.

IAIN MAC-COINNICH.

ORAN SUGRAIDH.

LE IAIN MAC COINNICH.

LUINNEAG.

Hoireann o gur mi tha tùrsach,
Thriall mo mhànran, dh'fhàg mo lùgh mi,
Cha 'n fheil càil agam gu sùgradh,
Gus am faic mi rùn mo chéille.

'S truagh nach robh mo chaileag ghreannar
Mar rium fein fo agéith nam beanntan;
Far am biodh a chuthag shamhraidh
'Seinn 'sa ghleann an àm dhuinn éirigh.

Laidhinn oidhch' 'sa choill ri ceò leat,
Far nach cluinneadh Goill ar còmhradh;
Barrach nan crann ga nar còmhdach,
Gus an éireadh deò na gréin' oirnn.

Bheirinn rusig a bhuain nan cnò leat,
A ghuanag a ghluasaid mhòdhair,
Far am bi coileach na smeoraich
'Cuir fàilt' air an lò 'sna geugan.

Tha do ghruaidh mar shnuadh nan ròsan,
Cha chuir sin ort uaill no mòrchuis,
Ged is gil' thu, 'luaidh na 'n t-òiseau,
'S na canach nan lon 'sa chéitean.

B'e mo mhiann is trian de m' àilleas,
Teannadh dian ri bial do mhànrain,
Cha 'n fheil ciall, no rian, nach fàg mi,
Mur a tàr mi bho 'n a Chléir thu.

Tha thu aoidheil, caoibhneil, càirdeil,
Gun ghiomh, gun uabhar, gun àrdan,
Ged a fhuair mi 'measg na gràisg thu,
Bhiodh 'san t-sàile tarruinn éisg as.

Gu 'n d' fhuadaich iad mi 's tu Mhàiri
Gu còsan nan creag mar fhàrdaich;
'S bu cheol duinn fuaim nan tonn gàireach
'Ruith gu tràigh gu càir-gheal, beucach.

'S trom mo chridh' an diugh ga t' fhàgail
Aig na Gallaich, b'e mo chàs e,
'S nach earbainn thu ri mo bhràthair,
Ged 's mac mo mhàthar féin e.

Ged a thàr mi nise triall bhuat,
Air m' fhacal cha b'e mo mhiann e;
B' fhearr leam thu na nighean iarla,
Gun dad ga do dhìon ach léine!

Ach, a rùin, cha doir mi fuath dhut,
A dh' aindeoin na their an sluagh rium,
Ged a thogadh iad ort tuaileas,
Their mise gur buaithcam breig e.

FIONNAGHAL NIC-EACHARN.

Rugadh Fionnaghal Nic-Eacharn an Calagaraidh am Muile, ach is ann a mhuinntir Thiriodh a bha 'h-athair 's a màthair. Dh' fhàs i a suas ann an Calagaraidh. Chaidh i as a sin do Lagan-Ulbha, agus a Lagan-Ulbha do Sgorrabreac 'san eilein Sgitheanach. Bha oganach an òr-fhuilt bhuidhe na gheamair. Bha e a suiridhe air Fionnaghal agus gheall e a pòsadh, ach chuir e cùl rithe. Phòs e te eile, agus chaidh e thar chuantan. Nach b' e 'n t-amadan truagh e nach do ghabh gu bhith na mnaoi is na màthair cloinne dha té aig an robh comasan inntinn 'Fhionnaghail? Rinn Fionnaghal oran dha an déidh dha pòsadh, ach cha 'n fhaca mi dheth ach an da rann so:—

Gur a mise th' air mo sgaradh,
Liuthad oidhch' rinn thu mo mhealladh,
'G innse gum bu mhi do leannan,
'S nach biodh bean agad ach mi.

Gur a mise th' air mo léireadh,
Anns a mhadainn an àm éirigh,
Te eile pòsda riut, eudail,
'S do ghealladh breugach dhomh fhìn.

OGANAICH AN OR-FHUILT BHUIDHE

LE FIONNAGHAL NIC-EACHARN.

LUINNEAG.

'Oganaich an òr-fhuilt bhuidhe,
Leat a chinneadh sealg is sithionn;
'S ann ad ghruaidh a bhiodh an rudhadh,
Nuair a bhiodh tu 'siubhal bheann.

Nuair a dhìreadh tu na stùcan,
Leis a ghunna chaol na[illegible]h diùltadh,
'S i do luaidhe ghorm [illegible] t' fhùdar
Chuireadh smùid air [illegible]dh nan gleann.

Dhomhsa b' aithne cuid de t' àbhaist,
Ged nach innis mi ach pàirt deth;—
Iasg a linne 's fiadh o'n àruinn
Nuair a thàirneadh cach an t-srann.

'Oganaich an òr-fhuilt shniomhain
Dh' fhag thu sac 'tha trom air m' inntinn;
Is mur till thu 'nall do 'n tìr so,
Mo thoil-inntinn bidh air chall.

'S léir o'n bhlàth a th' air mo ghruaidh-sa,
Gun dug mi dhuit gaol nach fuaraich;
Dh' innis iad gun dug thu fuath dhomh,
Ach cha chreidinn, 'luaidh, an cainnt.

Nam bi[illegible]h cùisean mar bu mhath leam,
Bhiodh tu 'd bhàillidh air an fhearann,
Còir agad o laimh Mhic-Cailein,
'S cha bhiodh m' earrannsa dhi gann.

Ged a bhithinn ann an iarainn
Fhad 's bu bheò mi ga mo phianadh,
Cha leiginn do ghaol air diochuimhn';
So a bhliadhna 'liath mo cheann.

UILLEAM MAC-DHUNLEIBHE.

Rugadh Uilleam Mac-a-Leith, no Mac-Dhunléibhe mar theireadh e ris fein, ann an eilein Ile an 1808. Chaochail e an 1870. Bha moran de dh-ionnsachadh 's de dh-fhiosrachadh aige. 'S e bàrd fior chomasach a bha ann.

CHAIDH GRUAIM NAN SIANNTAN A CHADAL.

LE UILLEAM MAC-DHUNLEIBHE.

Chaidh gruaim nan sianntan a chadal,
'S tha féath air talamh 's air cuan,
'S chaisg gaoth fhuaraidh na gaillinn
Gu stth a h-anail o thuath.
Tha neoil shoilleir na h-iarmailt
A sgaoileadh cian air an cuairt,
'S a pògadh gathan na gréine
'Chuir bláths a chéitein a nuas.

Thainig fosgladh nam blàithean,
'S tha luaan àillidh nan raon
Ag éideadh dithreabh nam beann
Is sraithean ghleann air gach taobh.
Tha bheo chruitheachd na 'maise,
'S buair air faicheau le 'n laoigh,
'S gach tulach usin' air a chòmhdach
Le breachnaich neoinein fo bhraon.

CUMHA LACHAINN MHOIR DHUBH-AIRT.

LE UILLEAM MAC-DHUNLEIBHE.

'Fhir mhoir an do leagadh thu
Gu h-iosal,
Gun anail 's tu diblidh,
Fo 'n fhòid, fo 'n fhòid,
Ad shineadh.
Sgal, piob, sgal piob,
Nach éisd thu, nach éisd thu,
Na 's mò, na 's mò.
Nuair a thogar fir Alba
Gu fearg ghniomh, gu fearg ghniomh,
'S gun thusa le d' righ, le d' righ,
'S gun thusa le d' righ,

'S gun thu beò, 's gun thu beò,
Bithidh na Leathannaich threun,
'S ceann-catha nan Ileach
Fo bhròn, fo bhròn,
O nach dig thu mar b' àbhaist,
Gu àros Righ Seumas, Righ Seumas,
'S gun do thogadh leis féin thu,
'S tu òg, 's tu òg.
Cha 'n fhaccas o d' latha air talamh
Na h-Eòrpa, na h-Eòrpa,
Air talamh na h-Eòrpa,
Fear eile do shamhuil. Do shamhuil,
'Fhir àillidh, fhir àillidh,
Cha d' fhàgadh ad dhéidh dhu'nn,
Ad dhéidh dhuinn, ad dhéidh dhuinn
On a rinneadh do d' chreubh
Caisil-chrò, caisil-chrò,
On a rinneadh do d' chreubh
Caisil-chrò.
Fhuaradh do chlaidheabh ad ghlaic,
Le gréim bàsmhor, gréim bàsmhor,
'S cha 'n fheil fear ann
'San àl so, 'san àl so,
A's urrainn a làmhadh,
Fo 'n t-sròl, fo 'n t-sròl.
Togar do chumha le Muile,
'S le Ile, 's le Ile;
Le urram a dh' innsear
Do chòir, do chòir,
Le urram a dh' innsear
Do chòir.

IAIN MAC-CUITHEIN.

Bha Domhnall Og Mac-Cuithein—Domhnall mac Fhionnlaidh—a còmhnuidh an Tota an Trotairnis san Eilein Sgitheanach. Dh' fhàg e Tota is chaidh e dh' fhuireach do Chille-Mhoire mu 'n bhliadhna 1824.

Phos e Peigi Pheutan, Peigi nighean Fhearchair Bhreabadair, agus bha coignear chloinne aige rithe, Alasdair, Iain, Domhnall, Mairi, agus Peigi. Bugadh Iain mu 'n bhliadhna 1802. Rinn e "C'àit an caidil an nionag" mu 'n bhliadhna 1822. Rinn e orain eile cuideachd. Bha e na dhuine laidir, foghainteach. Chaochail e le caithcamh mu 'n bhliadhna 1835. Goirid an deidh bàs Iain thainig 'athair 's a mhàthair, Domhnall a bhrathair is a dhithisd pleathraichean do Cheap Breatann. Dh' fhuirich Alasdair 'san t-Seann Dùthaich. Bha e a comhnuidh aig Port Chenesig.

Bha Alasdair Peutan a comhnuidh am bràighe Chille-Mhoire. Thainig e do Cheap Breatann mu 'n bhliadhna 1820. B' i Catriona a nighean an nionag air an do rinn Iain Mac-Cuithein an t-orain.

C'AIT AN CAIDIL AN NIONAG?

LUINNEAG.

O c'àit an caidil an nionag an nochd?
O c'àit an caidil an nionag?
Far an caidil an nionag an nochd,
Is truagh nach robh mi fhin ann.

An uair a dh' fhàg an long an cala
Bha mo leannan fhin innt';
Is b'e mo mhiann bhith air ma tonnaibh
Far an robh mo nionag.

An uair a thog iad rithe sìùil
Bha mise tùrsach, cianail,

Is sluaidh mi air a chnoc a b' àirde
Gus an d' fhàg i m' fhianais.

Is truagh nach robh mi 'meanag nam ball
Ri bàrr nan crann a direadh ;
'S gum faighinn sealladh de mo luaidh
Air druim a chuain ged bhiodhmaid.

'S ann agam fhin bha 'n nionag òg
Bu bhòidhche bha 'san tìr so ;
A deud mar chailc, a gruaidh mar ròs,
'S a pòg air bhlas an fhìona.

Cha robh duin' uasal bha mu 'n cuairt
A chunnaic cruadh mo nionaig,
Nach robh an geall air deanamh suas
Ri bean a chuailein riomhaich.

Is ann ort féin a dh' fhàs a ghruag,
'Tha buidhe, dualach, fineàlt' ;
Air dhreach an òir a's bòidhche cruadh
Na dhualaibh troimh na ciribh.

Ged bheirteadh dhomhsa na tha dh' òr
'S an Olaint 's anns na h-Innsibh,
Gum b' annsa leam bhith 'n nochd a seòladh
Còmhla ri mo nionaig.

Is mi 'tha diombach dhe mo bhràithrean,
'S dhe mo chèirdean dilleas,
A chum air ais mi gun do phòsadh
'S tu cho bòidheach, fineàlt'.

Cha deir guth binn nan teud no orain,
'S cha deir ceol na pìoba,
Is cha deir té a th'éid na còmhdach
Air mo bhròn-sa diobradh.

An so ma dh' fhanas mis' am bliadhna
Fiachaidh mi le dìchioll,
Is seolaidh mi am measg a Grianaig
No a bhialaibh Lite.

Theid mi do thìr nan coilltean mòra,
'S gheibh mi pòg bho m' nighean ;
'N sin teichidh m' airsneul is mo bhròn,
Is tilligh eòlas eridh' rium.

DONNACHADH BAN CAMARAN.

Chaochail Donnachadh Bàn Camaran an Astralitha.

HO RO, MO RUN, GUR CANNACH THU

LE DONNACHADH BAN CAMARAN.

LUINNEAG.

Ho ro, mo rùn, gur cannach thu,
Ho ro, mo rùn, gur maollach thu ;
'S tu 'n òg-bhean bhòidheach, chuimir, shuairc,
A fhuair mo luaidh 's cha 'n aireach leam.

'S tu 'n tuairneag shuaicheant', shàr-mhaiseach,
Le d' chuailean cuachach, fàinneagach,
Mu chùl do chinn na 'laighe sliom,
'S gur math thig oir an earradh ann.

Mar eal' a snàmh nan linneachan,
Mar uainean bàn 's an fhireach thu,
Mar oisig chiuin-bhinnich nan speur,
'S mar fhuaim nan teud tha m' annsachd-sa.

Mar tholman fo bhrat neòinean thu,
Mar lili bàn nam mor-bheann tha ;
Mar osaig chiùin air aghaidh fhàir
Tha anail chùbhraidh m' òg-bhean-sa.

Mar sheilis' nan reul do thìath-chuilean,
Mar dhaoimean ann an sgàthan iad ;
A sealltainn caomh le 'n làn de ghaol,
'S gu bheil gach aon fo thàir leotha.

IAIN SINCLAIR.

GLEANNDARUAIL.

LE IAIN SINCLAIR AN EILEIN A PHEIRTHSHIRE.

FONN:—Cumha Airdmèarnaig.

Slàn le gleanntan mo ghaoil,
Is le beanntan an fhraoich
Dhosaich, ghucagaich, chaoin, làn glòir,
Le 'shugh meal' agus céir
Aig na beachan 'sa ghréin,
'S iad gu 'n sheach' gu réidh le sògh;
'S e na fheagrath ri fuachd
Do na caoraich 's do 'n uain,
'S do na cearcagan ruadh, na 'lòn.

Slàn le bànrainn gach glinn
Gleanndarnail mo chridh',
Far an d' àraicheadh mi o m' òig';
Gleann nan coilltean 's nan raon,
Gleann nan glacag 's nan craobh,
Gleann nan aighean, nan laogh 's nam bò,
Gleann nam bradan, 's nan gris,
Gleann nan cam-làban min,
Gleann a's pailte 'san cinn gach pòr!

Far am binne na h-eòin,
Far an grinne na h-òigh'n,
'S iad gu ceilleireach, ceòlmhor, còir;
Modhail, beusach, gun ghruaim,
Toisteil, cùirteil, cliùin, suairc',
Tuigseach, fòghluimte, stuaim, gun phròis;
Dreachail, meanchair, gun mheang,
Ann am pearsa 'san cainnt,
'S iad deas, nòsail, gun eagraing, gun agleò.



IMAGE EVALUATION
TEST TARGET (MT-3)











APPLIED IMAGE, Inc
1653 East Main Street
Rochester, NY 14609 USA
Phone: 716/482-0300
Fax: 716/288-5989

© 1988, Applied Image, Inc., All Rights Reserved

Is na fleasgaich is àill',
Foinnidh, fearail làn bàigh,
Uasal, smearail, air srùid 's aig mòd;
'S iad àrd-inntinneach, dian;
'S anns an tìr am mor mhiadh;
'S iad a sheasadh gun fhiamh a chòir;
'Rachadh foirmeil gu stri,
'Bheireadh naimhdean fo chis,
Is nach géilleadh gu siorruidh beo.

Mun cuir gleann 'tha mu 'n cuairt
Dheth trom chrannduibh an fhuaobd,
Bidh gleann àillidh mo luaidh-s' na 'ghlòir;
Bidh chraobh-ubhal fo bhlàth,
Bidh an duilleach aig 'fhàs,
'S ceilear cuthaig an sgàth nam fròg;
'S Mac-Gillean le 'phìob,
'N àm na gréin bhith 'dol sios,
A toirt fuaim às an tri le 'cheòl.

'Achadh-teangain an àigh,
Soraidh slàn leat gu bràth,
'S leis gach neach a tha 'tàmh air t' fhòid.
Slàn le cuideachd mo ghràidh,
Slàn le m' athair 's le m' mhàth'ir,
Slàn le m' pheathraichean bàigheil, òg;
Slàn le m' bhràithrean gu léir,
Slàn le m' chàirdean 's luchd-eòlais,
Slàn le uiseag nan speur 's a ceòl!

'S dìgionn dòmh-sa nis triall,
'Dh-fhàgail dùthaich nan triath,
Is nam filidh, nan cliar, 's nan seòd;
Tir na h-earba, 's an fhéidh,
Agus iolair nan speur,
Is na h-eala, nam peuc, 's nan còrr;
Tir nan sithean, 's nan cruach,
Is nan dùn, is nam bruach,
Tir nan doire, nan cluan, is nan obs.

Ged tha 'n tir so lan bhuadh,
'S iomadh diomb 'tha rith' fuaight';
Cha chum ceileir na cuaich rium lòn.
Tha na fearainn ro dhaor,
Is na tuarasdail saor,
'S cha 'n fheil farraid air saothair dhaoin òg.
Ach fo 'siùil 'nis tha 'n long.
'Tha gu m' aiseag thar thonn,
Gu Astralitha, fonn an fheòir.

AN COMUNN COMHALACH.

LE IAIN SINCLAIR.

FONN:—"Mor nigh'n a Ghiobarlain."

LUINNEAG.

Air fàil il ithil ò ro,
Is hò-rin-o, seinnidh mi
Air fàil il ithil ò ro,
Is hò-rin-o, seinnidh mi,
Gu slàinte Comunn Chòmhail,
Na seoid chridheil, eireachdail,
A chumadh suas a Ghàidhlig,
'S nach fàgadh air deireadh i.

Mo shoraidh-sa gu Còmhal,
Tir bhoidheach nan lusanan,
Nan seamair is nan neònain,
Nan ròs is nan subhagan,
Nan coilltean maiseach, ceolmhor,
Le smeoraichean luinneagach,
Nam machraichean 's nam mor-bheann,
Nam frog is nan sruthan glan'.

Is i sin tir a chaoibhneis,
An aoibhnis, 's an t-subhachais,
An oilein, is an eolais,
'S nan seod a tha curanta,

Is cumachdail, deas, ordail
  Bho 'm broig 'suas gu 'm mullaichean ;
'S iad deas-chainnteach gun bhoilich,
  Is seolta gun chluipeireachd.

Cha leig mi 'chaoidh air di-chuimhn'
  An tìm bha mi maille riu ;
Is och ! is och ! mo léireadh,
  'S e dh' éignich thigh'nn thairis mi,
'Bhith faicinn nach robh stàth dhomh
  'Bhith tàmh 'bheag na b' fhaid' an sin,
'S na glinn ga 'n cur fo chaoraich,
  'S na laoich as an dachaidhnean.

Na fineachan d' an dualchas
  'Bhith uasal is eireachdail,
Is dileas d' an cinn-fheadhna
  'S d' an righ is do 'n eaglais ac',
Ga 'm fogradh as an rioghachd
  Le màl, cìs, is eascairdeas
Nan uachdaran nihi-thruacanta,
  Chruaidh-chridheach, bhleidireach.

Ge deacair so na 'r sùil-ne,
  Bha chùis air a suidheachadh ;
Oir 's iomchuidh gum bi dùthchannan
  Ur' air an tuineachadh.
'S gun Bhreatunnaich a shàrach'
  Cha 'n fhàg iad an t-eilein ac',
Ged 's mor a b' fhearr do phàirt diu
  'Bhith tàmh an America.

Ma 's e 's gum bi iad grideil
  Is dichiollach, oidhirpeach,
Gun mhi-fhortan bhith 'n dàn dhaibh,
  Ach slàn, laidir, adhartach,
Mu 'm bi iad fad' san tir so,
  Cho cinnteach 's tha coill' innte,
Bidh aca crodh is caoraich,
  Biadh, aodach, 's mor ghoireasan.

Ged a tha 'n geamhradh cruaidh,
Reota, fuar, sneachdach, gaillionnach,
Bidh aca taighean blàth',
'S teine làidir a gharas iad,
Is cha bhith cùram fuachd daibh,
'S coille bhuan ri 'gearradh ac'.—
Ma thig sibh 'nall a Còmh'l,
Tha mi 'n dochas nach aithreach leibh.

AN T-URR. D. MAC-RATH.

IORRAM NA H-IMRICH CHUAIN.

LEIS AN URR. DOMHNALL MAC-RATH.

Chaidh sinne gu tràigh,
A choimheadachd chàich;
Cha till iad gu bràth an taobh so!

Long iaruinn fo 'm bonn,
A sadradh nan tonn;
Tha feadhainn am fonn, 's cuid tùrsach.

Clann bheaga ri gàir',
Am màthair fo phràmh,
Fir mhor' ann an sàs 's iad ciùrrte;

'Fras-shileadh nan deur
Gu tosdach, ach geur,
A sealltuinn na 'n déidh le cùram.

Iad-féin dol an iar,
'S an talamh 'dol siar;
Cha 'n fhaicear leo cion ach Mùirneag.

Seall! Mùirneag dol uap'
'Dol fodha 'sa chuan,
'S fir 's mnathan gun tuar ga 'h-ionndrainn.

Tha 'n cridhe ga 'chnàmh,
A fàgail ri 'n là
Nan eolach 's nan daimh 'bha 'n rùn orr'.

Ni eil' tha na 'n déidh,
Ach 's ni e nach tréig,
Biàth chomunn là Dhé mu 'n chùbaid.

Far 'n tric 'chruinnich sluagh,
A Shàbaid 's a Luain,
Le mor aire 's cluas do 'n sgeula.

Mo ghuidhe gach là,
Gun ruig luchd mo ghràidh
Fa-dheoidh cala 's fearr na Cùibeic.

An t-soiridh so bhuam
'Dh-America Tuath
Thun caoraich is sluagh mo chùraim,

'N deagh bhuachaill' e-féin,
Biodh romhpa 's na 'n déidh
Ga 'n dion o gach beud—sin m' ùirnigh.

BAINTIGHEARNA D'OYLY.

Phòs Maidsear Tomas Ros Iseabal, nighean do dh-Iain MacLeoid, triath Ra-asaidh, agus bha da nighinn aca, Ealasaid is Iseabal. Bha Ealasaid na 'bana-bhàrd. Bha i pòsda ri Sir Tearlach D'oyly. Chaochail i 'sa bhliadhna 1875.

MO RUN AIR MO LEANNAN.

LE BAINTIGHEARNA D'OYLY.

LUINNEAG.

Mo rùn air mo leannan,
'S tu dhùraichdinn 'leantuinn;
Gur cùbhraidhe t' anail na ròsan.

Mo rùn air mo leannan,
'S tu dhùraichdinn 'leantuinn;
'S beag ioghnadh gach cailleag bhi 'n tòir ort

'S math thig air mo ghràidh-sa
Còt' grinn air dhath sgàrlaid;
'S ann aig tha 'n còl fainneach a's bòidheche;
Stùil mheanmnach, chiùin, mhealach,
Nach fearg ach a sheallas,
'S bu dearbh thu ri d' ghealladh an còmh-nuidh.

Nuair chiteadh air làr thu,
Ged b' eireachdail càch ann,
Do cheum-s' bheireadh bàrr air na 's leòir dhiu;
'S air sràidean Dhuneideann,
'S tu gluasad gu h-eutrom,
Bhiodh miann aig gach té air do phòsadh.

Bha fleasgaich na dùthcha
Gam shireadh le sùgradh,
'S bha iomadh fear còirteil an tòir orm.
'S i 'n uaisle 'bha 'd ghiùlan
A chòisinn mo rùn-s',
Ach 's e mealladh do shùilean a leòn mi.

MAIRI NIGHEAN IAIN BHAIN.

ORAN

Do Thearlach Friseal-Mac-an-Toisich 'sa bhliadhna 1676.

LE MAIRI NIGHEAN IAIN BHAIN.

LUINNEAG.

O, soraidh slàn a Thearlaich leat,
Bho 'n chaidh thu suas do'n Phàrlamaid,
'Chur impidh mu na Ghàidhlig
Air a càirdean 's air a Bhan-righ.

An uair a ni thu éirigh ann,
Tha dùil agam gun éisd iad riut,
Bhon 's e do chiall 's do reusantachd,
'S ar spéis dhuit a chuir ann thu.

Nuair fhuair ar clann an t-ùghdarras,
Gun d' dhearbh iad uil' an dùrachd dhuit,
Le t' onair aird a dhùblachadh,
Ga d' chur an cùirt na Ban-righ.

Gun d' dhearbh thu dhuinn le d' ghniomh-
aran,
Nach robh thu na do spiocaire;
'S gur h-onarach a chriochnaicheadh
Gach ni a bha fo d' làimh-sa.

Gur h-iomadh bochd is feumach
Dh' an do shin thu làmh na déirce,
Ach cha chualas riamh o d' bheul e,
No ga 'leughadh air a chàbhsair.

Gur h-e a dh' fhag cho bàigheil thu,
Na fiurain bho 'n do thàrmaich thu,
'Thaobh t' athar is do mhàthar;
B' ainneamh àit am faict' an samhladh.

Cha b' asgart air a thlàmadh thu,
Air taobh no taobh o'n dàinig thu,
Ach smior an lìn a b' fhearr,
Is craobhan àrda le 'n cuid mheanglan.

'S a bhàrr air buadhan nàdarra,
Is uaisle air bheag stàtalachd,
Nuair choinnicheas tu do chàirdean,
'S ann sa Ghàidhlig 'ni thu cainnt riu.

Ma dhiult iad i 'sa Phàrlamaid,
'S nach doir iad meas no àite dh'i,
Gun cum sinn air an àilgheas i,
Bhon 's cànain tha gun mheang i.

A chàmain ghnàth mhòralach
A dh' ionnsaicheadh na 'r n-òige dhuinn,
C'ar son a leigt' an deò aisde,
'S gu leoir dhi air a Ghaildeachd.

Cumaidh sinn na h-òranan,
Na sgeulachdan 's na stòraidhnean,
'S na thug an t-Olla Leòdach dhuinn
An òirdheirceas ar cainnte.

Nuair bha sinn òg is gòrach,
Agus sgoilean gun an òrdachadh,
Chuir cann ugainn leabhraichean
'Bha neònach anns an àm ud.

'S nuair chriochnaicheadh a chùrsa leis,
Cha b' ann mar chraoibh gun ùbhlan e,
Oir dh' fhàgadh meanan cùbhraidh leis,
'Bheir ùrachadh 'sa ghleann duinn.

Gach soirbheachadh, a Thearlaich, leat,
Is dùrachd math nan Gàidheal dhuit;
'S gun labhair sinn 'sa Ghàidhlig riut
Nuair thig thu bhàn 'san t-samhradh.

Bha Albannach nam Mor-bheann
Tabhairt iomraidh air do phòsadh dhuinn,
'S ni clann na Cloiche sòlas,
Gabhail òran air do bhangaid.

Ni Torr-a-Bheathain gàirdeachas,
Dun-ian agus Creag-Phàdruig,
'S bidh toin-aighir air gach àirde dhiu,
'Cur fàilt' air bean-na-bainnse.

Gun deoraich iad na ròstachan,
Na bonnaich choirc' is eòrna dh'i;
'S gum faigh gach aon a dh' òlas
Pailteas fhon', is beoir, is branndaidh.

Bidh clann na Cloiche dichiollach,
'Cur connaidh suas na phileachan,
'S bidh lasair le toilinntinn ann,
A chitear 'san Ruigh-Shamhraidh.

Nis beannachd leat, a Thearlaich,
Agus dùrachd luchd-na-Gaidhlig dhuit,
Is cumhachd bho na h-Ardaibh
Ga do shàbhaladh bho aimhleas.

Cha 'n urrainn mi ga t' fhàgail,
Ged nach ruig mi air mo làmh 'thoirt duit,
Le taing air son do bhàighealachd,
'S do chàirdeis do na bhantraich.

Albannach nam Mor-bheann, "The Highlander," paipear naidheachd. A Chlach, Clach-na-Cùdainn, baile Inbhirnis.

BOGHAN MAC-COLLA.

Is ann a mhuinntir Ghlinn-Aora a bha Seonaid Nic-an-t-Saoir. Bha 'm Bàrd gu trom ann an gaol oirre agus a rùnachadh a posadh. Cha robh i ach og nuair a chaochail i. Is e Iseabal Walkinshaw a b' ainm do Rosan an Leth-Bhaile. Bha a h-athair a fuireach ann am Paisley. Is e Nic-Lachainn a bha na màthair. Bha flor mheas aig a Bhard air Sine Chaimboul, "Sine bhoidheach," ach phos i fear eile. Bha e 'n gaol air Seonaid Stiubhart ré sheachd bliadhna. B' i an coigeamh leannan, agus an leannan mu dheireadh a bh' aige, gus an d' amais an te a phòs e ris.

MARBHRANN DO SHEONAID MIC-AN-T-SAOIR.

LE SOGHAN MAC-COLLA.

LUINNEAG.

O, seinnibh, 'illean, seinnibh leam
Rann gaoil mu m' cheud ghràdh boidheach;
'S a ghleann 's an trie a choinnich sinn
Cha 'n fhaic sinn tuilleadh Seonaid.

O, seinnibh cliu na h-ainnir sd
Nach còm rium tuilleadh còmhail,
Far am bu trie, gu 'fhotuinn leam,
Mo chridhe leam le eblas.

O, seinnibh neair a thàriadh dhomh
Bhith faighinn failte 's poig uaip',
Cia mar bu mhomha 'm shuil sud
Na coir air crùn righ Deorsa.

O, seinnibh nach b' e 'n t-ioghnadh
Mi bhith 'n sud mu m' rùn cho spòrsail;
Bu leoir a dreach 'chur eibhnis
Air an fheur a bha fo bròganan.

Droch fhortan oirre 'mheall i bhuam
Gu bhith 'measg Ghall a comhnuidh!
Ceart mar mo chridhe 'spionadh bhuam
Bha dhomhsa dith mo Sheonaid.

Mo thruaigh mi nach sgeul brdige dhomh
Aa sgeul tha 'n diugh gam leonadh!
Mo leir-chreach gun do chaochail i,
'S tha 'n saogh'l na sailach dhomhsa.

OIGHRIG BHOIDHEACH ACHA-CURRACH.

LE EOGHAN MAC-COLLA.

FONN :—Young Munro.

LUINNEAG.

Rùn mo chléibh-sa 'n eiteag lurach,
Maighdeann ghrinn a mheadhoin chaoil,
Oighrig bhòidheach Achacurrach ;
'S iomadh gille 'thug dh'i gaol.

'N raoir, 's mi air mo leaba 'bruadar,
Shaoil mi, 'luaidh, thu bhith ri m' thaobh ;
Dhùisg an sòlas tuille 's luath mi ;
B' fhada bhuam thu 'n sin, a ghaoil !

'S truagh gun a bhith 'n diugh, 's tu làmh rium,
Aon uair eile 'n sgàth nan geug ;
Far an tric mu d' mhuineal tlàth-gheal
Bha mo làmh, 's mo bheul ri d' bheul.

C'uin a ris an coill Dhailcheanna
'Bhios baird bheag nam preas, le eud,
'S éisdeachd leam do choireall binnealt,
Dh' fhàg neo-mhilis an cuid theud ?

Ciod an stà dhomh a bhith 'g innse
Maise t' iomhaigh ghloin gun bheud ?
Dealbh mo ghaoil a tharruing cinnteach,
'S bàrd a mile dheanadh feum.

Stadaibh gus an dig an t-samhainn ;
Bidh lionn-dubh air cuid nach saoil,
'Faicinn Oighrig, neo-ar-thaing dhaibh,
Na bean-bainns' aig fear a gaoil.

ORAN DO SHIR COINNEACH GHEARRLOCH.

LE CAILEIN SIOSAL.

LUINNEAG.

Gum a slàn do Shir Coinneach,
'Sheas a choinneamh mar a b' àbhaist,
Cridheil, uasal, cosach, cliùiteach,
Mar cheann-iùil do Chlann nan Gàidheal.

Ochd ceud deug, naoi deug 's tri fichead,
Sin a bhliadhna 's math leinn àireamh;
Fhuair sinn innte leinn Sir Coinneach,
'N gaisgeach tapaidh 's triath air Gearrloch.

Iuchair-ghliocais an taoibh tuatha,
Gum a buan an urram àrd e,
Ceann na céille, steidh nam buadhan,
Deagh Shir Coinneach uasal Ghearrloch.

Cha 'n fheil Gaill aige ga 'n àrach,
'S iad na Gàidheil féin a's cinntich';
Sheas iad cruadalach, ro dhileas,
Le cracibh-shinneridh oighre Ghearrloch.

Tha gach tighearna 's duin' uasal
'San taobh tuath gu léir ag ràitinn,
Nach h-fheil uachd'ran ann cho buadhach
Ri Sir Coinneach uasal Ghearrloch.

Tha gach òganach 's gach buachaill',
Tha gach tuathanach 's gach àrmunn,
Deas gu éiridh leis gu h-uallach,
Mar bu dual do mhuinntir Ghearrloch.

'S mairg a dhùisgeadh anns an uair sin
Aobhar gruaim no culaidh thàire,
'S grad a chiosnaichte gach fuathas
Le Clann Eachainn Ruaidh á Gearrloch.

Fhad 's a ruitheas uisg' á fuaran,
Fhad 's a ghluaiseas tonn air sàile,
Gus an trà gh na h-eoin na cuantan
Gun robh buaidh air teaghlach Ghearrloch.

1879.

AN T-URR. D. B. BLAR, D.D.

MAIRI LURACH.

LEIS AN URR. D. B. BLAR, D.D.

LUINNEAG.

Hó! mo Mhàiri lurach,
'S tu mo Mhàiri ghrinn,
Hó! mo Mhàiri lurach,
'S tu mo Mhàiri bhinn,
Hó! mo Mhàiri lurach,
'S tu mo Mhàiri ghrinn;
Mhàiri bhoidheach laghach,
'S tu mo roghainn fhìn.

Nuair a théid mi dh' fhuireach
Anns a choille mhoir,
Bidh mi aoibhneach, subhach,
Aighearach gu leoir,
Ma bhios Mairi mar-rium
Teichidh gal is bròn;
Cha bhi 'n aimsir fada
'Gabhail thairis oirnn.

O! thig leam do 'n fhàsach,
Fàg do mhuinntir féin;
Tir do bhreith is t' àrach,
Fàg sin air do dhéidh.
Ged a bhiodh e cruaidh leat
Sgaradh uath gu léir,
Na cuireadh e ort smuairean
Dol thar chuan leam féin.

Thig air falbh gun dàil leam,
Fag do mhàthair chaomh,
Do phiuthar is do bhràthair,
T' uile chàirdean gaoil;
Is thig leamsa thairis
Dh' Ameirig nan craobh,
Tir ro ghreadhnach fharsuinn,
Ged nach faicear fraoch.

'S truagh nach robh thu, Mhairi,
Leam 'nan fhàsach thall,
Feadh nan coilltean dlùth 's an
Dùthaich tha gun cheann.
Cha bhiodh bròn no airsneal
Orm, no fadal ann;
Nam biodh tusa làmh-rium
Bhithinn slàn gach àm.

Ach mar déid thu leam-sa,
Bidh mi tùrsach trom;
Cha bhi gean no sunnd orm,
Bidh mi ciurrt' am chom;
'Chaoidh cha seinn mi òran,
Luinneag, ceòl, no fonn:
Ni do ghaol ro shearbh mi
Mur a falbh thu leam.

Iona, July 29, 1851.

TUIREADH

nighinn air son a leannain ann an tir Phictou.

LEIS AN URR. D. R. BLAR, D.D.

LUINNEAG.

Thug mi gaol, gaol, gaol,
Thug mi gaol do 'n fhear bhàn,
Thug mi luaidh dhuit a ghaoil,
Och cha 'n fhaod mi bhi slàn.

Och is mise tha fo leòn!
'S mi na m' ònar an tràth s';
'S cruaidh leam aobhar mo bhròin,
Fhuair mo Dhònailuch bàs!

Shiubhlainn leat air feadh an t-saogh'l
'S luchd mo ghaoil air mo chùl;
Nam biodh tusa ri mo thaobh
Bhithinn aotrom fo shunnd.

Shiubhlainn leat air muir is tìr,
Feadh nan Innseachan thall;
Nam biodh tusa na mo chòir
Cha bhiodh leòn orm no call.

Ach a nis bho 'n chaidh tu eug
Bidh mi deurach do ghnàth;
Och! is trom air an fheur
Bhios mo cheum h-uile là.

Ged a sheasas mi aig t' uaigh,
'S bronach truagh leam an t-àit;
Cha bhi choinneamh ud ach cruaidh,
'S tus' am fuar-ghlaic a' bhàis.

A nionaga nan leadan donn,
Feadh nan tom so tha tàmh,
Deanaibh maille rium co-bhròn,
Oir cha bheò fear mo ghràidh.

O! nach gabh sibh riumsa truas,
'S mi gu truagh air mo chlaoidh,
Cosmhuil ris a chaillich-oidhch',
Feadh na coilltean a caoidh.

A nigheana na Beinne Guirm,
Cha chuis-fharmaid mi féin,
Bho 'n nach faic sibh fear mo ghaoil,
Ri mo thaobh air an fhéill.

Nuair a bhios mi ann am shuain,
Bidh mi bruadar gun tàmh
Air an òganach shuairc,
Bha na b' uaisle na càch.

Chuir mi umam cuiseidh bhròin,
Ged bu neònach an guàth ;
'S tha mi cianail gu leòr
Ged nach còl sin do chàch.

Tha mi fàsgadh nan dòrn,
Air mo leòn 's air mo chràdh,
Bho 'n nach d' fhuair mi bhi pòsda
Ri òigear mo ghràidh.

RUAIG NAN TIGHEARNAN.

LEIS AN URR. D. B. BLAR, D.D.

An cuala sibh an nis an sgeul,
Haoi ! Ho ! na tighearnan !
Theich na creachadairean geur,
Haoi ! Ho ! na tighearnan !
Dh' fhalbh na Forsairean 's na féidh,
Theid na caoraich as an déidh,
Gheibh an sluagh am fearann réidh,
Bidh iad éibhinn, cridheil ann.

Sud na fir a rinn an call,
Haoi ! Ho ! na tighearnan !
Chreach iad daoine bochda, fann,
Haoi ! Ho ! na tighearnan !
Chiaoidh iad mnathan agus clann,
Loisg na tighean os an ceann
Ged bhiodh sneachda 's reodhadh teann,
A cur greann is crith orra.

Sud na daoine bha gun truas,
Haoi ! Ho ! na tighearnan !
Bha neo-bhàigheil ris an tuath,
Haoi ! Ho ! na tighearnan !

Chaidh am màl a thogail suas,
Thàinig bochduinn agus truaigh,
Dh' fhàg sin tana, glas, an gruaidh,
Cha robh snuagh sam bith orra.

Leis an ainneart fhuair iad còir,
Haoi ! Ho ! na tighearnan !
Air an oighreachd nach bu leò,
Haoi ! Ho ! na tighearnan !
Tha iad sanntach air an òr,
Ghlac iad fearann pailt gu leòr ;
Dh' fhuadaich iad gach duine beò,
Sean is òg mar chitheadh iad.

Ann an Cataobh dubh gun tuar,
Haoi ! Ho ! na tighearnan !
Rinneadh obair a bha cruaidh,
Haoi ! Ho ! na tighearnan !
Cha robh iochd ann ris an t-sluagh,
Ach am fògradh thar a chuain,
Gus na coilltibh farsuinn, buan,
An ceann tuath America.

AISEIRIGH NA GAIDHEALTACHD.

LEIS AN URR. D. B. BLAR, D.D.

"Togaidh na Gaidheil an ceann,
Cha bhi iad am fang na 's mò,"
Rùisgte fo chasaibh luchd sannt,
Na'n truaghanaibh fann gun treòir ;
Bidh daoin' a siubhal nam beann,
Air srathaibh nan gleann gu leòir ;
Chithear ann mnathan is clann
A mireadh le dannsa 's ceòl.

Teichidh na caoirich 's na féidh
Nuair chluinneas iad éibh an t-sluaigh,
Ruithidh 's cha seall iad na 'n déidh
'S iad uile gu léir na 'n ruaig ;

Theid ciobairean mora nan treud
Nam breislich a spleuchdadh suas ;
'S forsairean luinneach, gun fheum,
Na 'n deannaibh a leum nan creach.

Tha fearann fada na 'thàmh
Gun duine gu àiteach ann ;
Chuireadh an sluagh as an àit
Air fògradh thar sàile thall ;
Tha caoirich mhaol-cheannach bhàn
Air srathaibh is àird nam beann,
Is uain a mireadh 's a leum
Mu 'n tulaich 's am b' éibhinn clann.

Far an robh soisgeul nan gràs
Gu 'sheirm ann an càirdeas dhuinn,
Pobull a tional gach tràth
Air laithibh na Sàbaid cruinn,
Cha chluinnear ach langanaich fhiadh
A bùirich air sliabh 's air beinn,
'S comhartaich chon air an leirg
'San àit an robh sailm ga 'n seinn.

Theid cuibhlean Freasdail mu 'n cuairt,
Bidh 'n taobh a tha 'n uachdar shios,
Is éiridh an t-iochdar 'suas
Le ceartas bith-bhuan an Triath
Togar na làraichean aosd',
Na h-ionadan sgaoilt o chian,
Bailtean tha fàsail is faoin
'S tha nise làn fraoich is ian.

Càirdean nan Gàidheal le fonn
Tha nis air am bonn 's gach àit,
Cothrom gu fhaotainn do 'n t-sluagh
An deas agus tuath gun dàil,
Le rùn gun aisigear dhaibh
Am fearann a chaill iad fein
Nuair dh' fhògradh iad gun taing
Le h-ain-iochd is ainneart geur.

Theid Clanna nan Gaidheal gu léir
An guaillibh a chéile cruinn,
Mar anns na làithibh o chéin
Rinn Calgach an treun, 's na suinn
A chog ri *Aighriochal* garg
'S ri cumhachd armailt na Ròimh
Le còmhrag fuileachdach searbh
Aig slios a Ghearbh-mhonaidh mhòir.

Gaidheil America thall
'S a chlann a thàinig na 'n déidh,
Cuidichidh leotha san àm,
Mar chairdibh nach meall 's nach tréig;
Togaidh so 'm misneach o'n làr,
Is ni iad co-spàirn le chéil',
A chum gum faigh iad air ais
Gach coir a bha aca bho chéin.

Slan gu robh Gladstone an àigh
A's caraid a ghnàth do 'n Tuath,
An t-uasal ainmeil thug bàrr
Le ghliocas ro àrd gun naill;
Deonaicheadh Freasdal nan gràs
Mor aois dha le slàinte bhuain,
Gu ceartas fhaotainn do chàch
Le reachd na Pàrlamaid nuaidh.

Ceud fàilt! air gaisgeach nam buadh
An inbhear nan stuadh aig Neis,
A thionnsgail Sgeuladair nuadh;
Ar dùrachd-ne buaidh bhi leis
Na oidhirp a chobhair an t-sluaigh
An aghaidh nan uaibhreach borb,
A chreach iad le foireigin chruaidh
Gun chàirdeas, gun truas nam boig.

'S le Dia an talamh 's a làn
Is chuir e sliochd Adhaimh ann,
Dh' ullaich e 'n Cruinne so dhoibh
Mar oighreachd dhiongail nach gann;

Cha d' aithn e 'chur fo na féidh,
No fhagail aig spréidh is còin ;
Ach chuir e gach ni fo 'n ghréin
Fo riaghladh sliochd Eubh' le còir.

Co a thug comas na truaigh'
Do dhaoinibh tha uasal àrd
Fearann a thabhairt o'n t-sluagh,
'S am fògradh thar chuan gun bhàigh ?
Nach b' fhearr bhi faicinn nan gleann
Lan bhan, agus clann na 'n làimh,
Na brùidean fiadhaich gun chéill
A siubhal an t-sléibh le 'n àl ?

TRIALL NAN CROITEARAN.

LEIS AN URR. D. B. BLAR, D. D.

Gabhaidh sinne 'n rathad mór,
Gabhaidh sinne 'n rathad mór,
Gabhaidh sinne 'n rathad mór,
Olc air mhath le càch e.

Olc air mhath le bodaich bhaoth,
Bhios ag earbsa as am maoin,
Le 'n cuid threudan air gach raon,
Caoraich mhaola, bhàna.

Chaidh gach gleann is ailean réidh,
Chur fo mheanbh chrodh agus spréidh,
No mar àros aig na féidh,
Air na sléibhtibh àrda.

Shaltair iad fo 'n cois gun truas,
Daoine bochda, falamh, truagh,
Agus dh' fhògair iad an sluagh
Le 'n lagh cruaidh, neo-bhàigheil.

Cha robh cùisean mar so riamh
Aig ar n-athraichibh o chian,
Nuair a b' àbhaist daibh bhi triall
Feadh nan sliabh 's nam fàsach.

'S bochd ri aithris e gu fior,
Thàinig eacchladh air an tir,
Cha 'n fheil òigridh loinneil, ghrinn
Anns na glinn mar b' àbhaist.

Ach thig leasachadh gu luath,
Theid a chuibhle chur mu 'n cuairt,
Nithear ceartas ris an t-sluagh,
'S gheibh na h-uaibhrich bàirlinn.

Nuair theid Gladstone air an stiùir
Anns an riaghladh mar cheann-iùil,
Tòisichidh gach ni as ùr,
Is cha bhi chùis mar bhà i.

BRAIGH' ABHAINN BHARNAIDH.

LEIS AN URR. D. B. BLAR, D.D.

Thig an àird' leam gu Bràigh'
Abhainn Bhàrnaidh do 'n choille;
Far am fàs an subh làir,
'S cnothan làna gun ghainne.
An lon* àrd bidh na uaill
Gabhail cuairt ann gu loinneil,
'S bidh an fheòrag le srann
Nuil 's a nall feadh a dhoirean.

Gheibhear fior-uisg' nach truaill
Anns na fuaranaibh fallain,
Agus àile glan, ùr
Feadh nam fiùr is a bharraich.
Bheir sinn sgriob feadh nan stac,
Feadh nan glac is nan gleannan,
'S bidh sinn sòlasach, ait,
Leis gach taitneas nar sealladh.

Anns a ghleamhradh neo-chaoin
Thig a ghaoth le fead ghoineant',
'S bidh crusaidh ghaoir feadh nan craobh,
'S iad fo shraonadh na doininn.

Bidh sneachd trom air ; ach gleann,
'S cathadh teann mu gach doras ;
Ach bidh lòn againn 's bláthe,
'S bidh sinn mànranach, sona.

Thig na h-eoin le 'n ceol réidh,
Nuair a dh' éireas an t-earrach,
Theid an geamhradh air chùl
Agus dùdlachd na gaillinn.
Bidh gach àilein is cluain
'Seallsainn uain'-fhourach, maiseach,
'S bidh gach creutair fo àgh
Is am bláthe tigh'nn air ais uc'.

Thig an samhradh mu 'n cuairt
Chuireas snuadh air an fhearann ;
Cinnidh bláthan a Mhàigh†
Agus neoineanan gealn.
Aig Loch Bhrùra an àigh,
Air gach àird agus bealach,
Bidh sinn aoibhneach gach là,
Ma bhios slàinte m' ar tealach.

* Elk, moose. † Mayflowers.

ORAN POSAIDH.

LEIS AN UBR. D. B. BLAR, D.D.

LUINNEAG.

Chaidh an comunn, an comunn,
Chaidh an comunn air chùl ;
Chaidh an comunn o chéile,
Cha dean feum ach fear ùr.

Soraidh slàn le mo mhàthair,
A thug gràdh dhomh o thùs ;
'S òg a rinn i mis' àrach
Na mo phàiad air a glùn.
Tha mi 'nise ga 'fàgail
Air son Màiri mo rùin ;

Og-bhean uasal nam blàth-shùl,
'Rinn mo thaladh le mùirn ;

Maighdean uasal ro àluinn,
Thug mi gràdh dhi as ùr ;
'S i mo roghainn gu bràth i,
Cuiream càch air mo chùl.
Bidh i leam anns gach àite,
Oir 's i làn mo dha shùl.
Cha sgar ni ach am bas sinn,
Sud an tràth se mo dhùil.

Mar a's ait leinn, am Blàrach
Thig gu 'r tàthadh ri 'chéil',
Do réir riaghailt an àite,
Agus àithne na cléir'.
Nuair a gheibh mi air laimh i
Ni mi gàirdeachas réidh ;
Cha bhi duine 'san àite
'Bhios cho sàsaicht' rium féin.

'S i bean chemuinn mo ghràidh i
Fad mo làithean fo 'n ghréin,
Air mo thuras troimh 'n fhàsach
Dh' ionnsaigh Pàrras mo Dhé.
'S e mo ghuidhe le làn-toil,
I bhith sàbhailt' gach ré,
Ann an comunn an Ard-righ
A thug gràdh dhuinn nach tréig.

August 1, 1882.

AN T-EILEIN MUILEACH.

LE DUGHALL MAC-PHAIL.

LUINNEAG.

An t-Eilein Muileach, an t-Eilein àghmhor,
An t-Eilein grianach mu'n iadh an sàile ;
Sar Eilein buadhmhor nam fuar-bheann
àrda,
Nan coiltean uaine, 's nan cluaintean fàsail.

Ged tha mi 'm fhògarrach cian air m' aineol
'S a Chaisteal-Nuadh 's an taobh tuath de Shasunn,
Bidh tir mo dhùthchais a tigh'nn fainear dhomh,
An t-Eilein Muileach 'bu lurach beannaibh.

Bu taitneach, eùbhraidh, 'bu réidh an t-àilean,
Le 'bhlàthan maoth-bhog 'bu chaoine fàileadh;
Bu ghlan na bruachan mu 'n d' fhuair mi m' àrach
An Doir'-a-chuilinn aig bun Beinn-bhàirneach.

Air Lusa chaisleach nan stac 's nan cuartag
Bhiodh bradain thàrr-gheal nam meanbh-bhall ruadh-bhreac,
Gu beò-bhrisg, siùbhlach, le sùrd ri luath-chleas,
Na 'cuislibh dùbh-ghorm gun ghrùid, gun ruadhan.

Bu chulaidh-shùgraidh do dh-ògfhir uallach,
Le gathan tri-mheurach, rinneach, cruaidh-ghlan,
Air caol-chroinn dhireach, gun ghiamh, gun chnuachd-mheoir,
'Bhith 'toirt nan làn-bhreac gu tràigh mu 'bruachan.

Gheibhteadh an ruadh-chearc 'sna coilltean iseal;
'S a coileach tùchanach dlùth ga briodal;
'S ged bha na beanntan gun fhaing, gun fhrithean
Bha daimh na cròice na 'n còrsaibh lion-mhor.

B' e 'n sòlas inntinn leam a bhith 'g éisdeachd
Ri còisir bhinn-ghuthaich ghrinn a Chéitein;
A seinn gu sònndach an dlèthe nan geugan,—
A choill fo liath-dhealt 's a ghrian ag éirigh.

'Nis chìaon gach sòlas dhiu sud mar bhruadar,
'S mar bhriseadh builgein air bhàrr nan stuadh-thonn,
Ach soraidh slàn leis gach loinn is buaidh
A bh' air eilein àghmhor nan àrd-bheann fuara.

FEARCHAIR DOMHNALLACH.

MOLADH NAN GAIDHEAL.

LE FEARCHAIR DOMHNALLACH.

LUINNEAG.

Hug o-ho, laill o-ho,
Laill o-ho, ro i,
Hug o, laill o-ho,
Laill o-ho, ro i,
Gur fearail na Gaidheil
Mar b' abhaist 's gach linn.

Bha 'n t-urram a ghnàth
Aig na Gaidheil 's gum bi,
'S gun canadh na bàird sud
O làithibh mhic Fhinn;
Na flurain neo-sgàthach,
Bhuaidh-ghàireach 'san strì,
'S iad cinnteadail, dàimheil,
Ro chàirdeil 'san t-sith.

Gum faighear deagh chliù orr'
'S gach duthaich fo 'n ghréin,
'S gun cuirear air thùs iad
'S gach tùrn agus euchd,
Am mianich, an cruadal,
An uaisle 's an céill,
An onair, am firinn,
'S an dilseachd d'a réir.

Na giomanaich lùghar
'Bu shunndach 'sa bheinn,
'S tric 'dhearbh iad le 'n armaibh
'Bhi marbhteach 'san fhrith,
Bidh 'n coileach 's a leannan,
'S an eala gheal mhin,
An fheadag, 's a ghuilbneach
Le 'n cuims' dol a dhith.

Bidh 'n earbag bheag luaineach,
'S an ruadh-bhoc clis, fiat,
'S an damh a ni 'n crònan
Gun deò air an t-sliabh.
'S 'n àm pilleadh gu h-anmoch,
Gur tarbhach an triall,
Aig fleasgaich nam mor-bheann
Nach sòr coeg ri fion.

Gur h-ait leo bhi 'g iasg[illegible]h
'S an fhial-mhadainn chaoin,
Le cuileagan brianach
Ri driamlaichean caol'.
Bidh 'm bradan, 's a gheadag,
'S am breac air gach taobh
Gu bruachan ga 'n tarruing
Aig clannaibh mo ghaoil.

Gur maraichean cròdh iad,
Deas, eòlach air cuan,
Nach meataich a ghaillionn
'S nach greanuaich am fuachd.

Nuair bhitheas na dùilean
Ga 'n sgiùrsadh gu cruaidh,
Bidh iadsan gu làmh'chair,
Gun sgàth air an gruaidh.

Cha 'n ioghnadh am barrachd,
'S an aitim o'n d' bhuain
Na fìneachan fiaìaidh
Bha fiachail 's gach buaidh,
Ro ainmeil an gliocas,
Am misnich, 's an cruas ;
'S nuair b' fheumail, bu sgaiteach
Na gaisgich 'chur ruaig.

Nan cluinneadh iad nàmhaid
'Cur càis air an tìr,
Gum faiet' o gach àird iad
A tearnadh na 'm mìll,
Gu breacanach, armaichte,
Tarbhanta, grinn,
Fo bhrataicheau balla-bhreac',
'S ri gaibh phort nam piob.

Bu fhlathail na h-àrmuinn
A fàgail an glinn,
A chosnadh buaidh-làrach,
Mar b' àbhaist dhaibh bhith.
'S gur tric thug iad crathadh
Air cathraichean righ,
'S cha philleadh gu 'n dùthaich
Gun chùmhnantan sìth'.

Nuair thàrladh dhiu còisir
An seòmar nam pios,
Bu chridheil mu 'n òl iad,
Ri òrain ga 'n seinn ;
Fir mhànranach, cheolraidheach,
Chòmhraidhteach, ghrinn,
A thràghadh na buideil,
'S nach sgrubadh a phrìs.

Nuair ghlacas am bàs mi,
'N aon àite 'g am bi,
Gun guidhinn-sa Gàidheil
'Bhith 'n làthair mo chrìch',
Bhith righeadh mo chnàimhean
'S a sgàileadh mo chinn,
'S mo ghiulan 's mo chàradh
Fo 'n fhàd anns a chill.

IAIN DUGHALLACH.

Bu mhac Iain Dùghallach do Dhonnachadh Dùghallach, ministear Baisteach a bha ann an Tiriodh. Bha e a còmhnuidh am Baile-phuill. Chaochail e an 1855. Thiodhlaiceadh e-fein agus 'athair 'san aon àitha.

Bha an tè a chuir an t-sùil a Pailot na searbhanta aig Iain Dùghallach. Bu bhràthair an Cùbair—Domhnall Cùbair—do 'n Bhàrd Mac-Gillean thain.

CHUIR IAD AN T-SUIL A PAILOT.

LE IAIN DUGHALLACH AN TIRIODH.

LUINNEAG.

Chuir iad an t-sùil á Pailot bàn,
Chuir iad an t-sùil á Pailot;
Chuir iad an t-sùil á Pailot bochd,
'S gun fhios ciod an lochd a rinn e.

Diol mo chuid mulan aig mucan a Chùbair!
Chuir iad na 'n smùid an raoir iad;
'S beag bha dh' fhios agam-s' gun robh iad 'san dùthaich
Fhad 'sa bha 'n t-sùil am Pailot.

Ghleidheadh e sàbhailt' dhomh gàradh a chàil
Bho dhorcha gu bliàths na soillse;
Freiceadan baile cha 'n fhacas air sràid
A b' fhearr gu faire 'san oidhche.

Bha e deas, tapaidh, is math air crodh fhuadach,
Chuireadh e suas ri beinn iad;
Dh' fhàgadh e oisinn an taighe gu siubhlach,
'S ruigeadh e Tùr-an-t-saighdeir.

'S trie bha mi tamull am mach air a chuan,
'S gun tilleadh gu uair na h-oidhche;
Thigeadh mo chuilein is gheibheadh e mi
Ged rachainn air tìr an Haighnia.

'S beag an nis gheibh mi nam leaba de shuain,
Le balaich mu 'n cuairt 'san oidhche;
Ach dh' fhanadh iad uil' aig a bhaile na 'n tùr,
Nan d' fhagadh an t-sùil am Pailot.

Smaointichibh féin; nach b' i chaile gun nàire,
'N té ghabh an gràp' le foill dha!
Bhuail i sa mhal' e gu farumach, goirt,
Gu 'chumail na 'thoed 'san oidhche.

'S truagh an gill' òg a bheir dhachaidh a bhéisd,
An déidh mar a ghréidh i Pailot:
Feumaidh e daonnan bhith dh'ise na thràill;
Mur bi, gheibh e 'n gràp' 'sa choinlein.

Chuir mi fios-tagraidh a dh-ionnsaigh na Bàn-ruinn,
'Dh' innse mar dh' fhàgadh Pailot;
'S thuirt i gun cuireadh i gini am dhòrn
A chuireadh suil òir le loinn ann.

ALASDAIR DOMHNALLACH.

Rugadh Alasdair Dòmhnallach, Alasdair Ailein Mhóir, an Gleann-Uig am Mùideart 'sa bhliadhna 1820. Tha e a fuireach an dràsd aig Mèinn Cno[illegible]n-Fhuaruin. Cho fad agus is aithne dhòmhsa is e bard Gàidhlig a's fearr a tha 'n diugh an America.

CUMHA

D'a mhnaoi, Mairi Nic-Gilleathain, a dh' eug sa bhliadhna 1880.

LE ALASDAIR DOMHNALLACH.

Fonn:—"*Of a' the airts the wind can blaw.*"

A shaoghail, 's cruaidh leam bhuin do ghruaim,
Le m' shuaimhneas 'chur air chùl;
Le m' ghaol 'thoirt bhuam nach robh dhomh buan,
'S i 'n diugh na 'suain san ùir.
Gur faoin na déidh gach ni fo 'n ghréin
'Thoirt slàint' do m' chreuchd as ùr;
Cha 'n fheil ann léigh a ni dhomh feum,
'S nach beò thu féin, a rùin.

Gur lionmhor creuchd a th'ann am chreubh
Ga m' chlaoidh nach léir do chàch,
'S nach cuir mi 'n géill, 's gun chainnt dhomh réidh
Bho 'n dh' fhalbh mo chéile gràidh.
'S e 'n cranncbur péin dhomh bhi leam féin,
'S e 'dh' fhag mi 'n éis mar 'tha,
'S mi 'g ionndraiun bhuam gach là is uair
An tè 'tha 'n suain a bhàis.

Ged bheireadh drùchd an t-samhraidh
chiùin
Gach maoth phreas ùr fo bhlàth,
'S ged thilleadh sunlaith bhinn nan speur
A sheinn 'sna geugaibh àrd',
Cha till mo rùn a dhealaich rium,
A thoirt dhomh mùirn is slàint';
An té gun ghruaim cha dùisg a suas,
'S i 'n leabaidh fhuair a bhàis.

Gur caomh le m' chridh gach gorm lag min
'San tric am biodh do cheum,
'S gach bachdan àrd far 'm biodh mo
ghràdh
Mu chul an àil 's an treud.
Bu tric gu dian thu 'cur ri guiomh
Mu 'n dearrsadh grian air feur,
Ged tha thu 'n diugh gun làths am miar,
'S tu 'n cnoc nan diar leat fein.

O! cenig chaoin 'thig thar an raoin
Bho uaigh mo ghaoil, bi fòil,
'S gu'n gabhainn-s' thu am phòraibh dlùth,
Oir 's cùbhraidh leam thu 'r chòir;
Gu m' chuimhn' thoir mùirn na chaidh a.r
chùl,
'S mi 'n dràsd an dùsal bròin,
'S gun ann ach roinn diom 's mi gun
sgoinn,
Gun dreach, gun loinn, gun dòigh.

Gach àbhachd 's mùirn bha saor dhomh,
'rùin,
Bho 'n fhuair mi 'n tus ort còir,
Air sgéith chaidh bhuam mar bhlàths roi
'n fhuachd,
'S mi 'n diugh gun smuain ach bròn.
An te gach là bha dhomh 'n a h-àgh
Tha sint' fo sgàil nam bòrd;

A' cuoidh na 'dèidh tha mi gun fheum,
'S mar neach leis fhéin an ceò.

Cha b' ionndrainn bhuam gach maoin is luach,
'S gach ni mu 'n cuairt gu léir,
Seach rùn mo chridh' a bhi ga m' dhìth,
'S mi fann gun chli na déidh;
Mar ànrach truagh air bhàrr nan stuadh
'S gun long phort cuain da réidh,
Ach dùint' an ceò gun stiùir, gun seòl,
'S gun iùl air còrs' fo 'n ghréin.

O, m' annsachd féin thar chàich gu léir,
Bu tu mo léigh 's mo shlàint';
Bu tu mo dhìon bho fhuachd nan sian
Ged dh' fhalbh sud dhiom mar sgàil'.
Le d' bhàs gu 'n d' chrion mo bhlàth dhiom 'sios
A chaoidh nach dean rium fàs;
Le m'ionndrainn bhuain gu bheil mi truagh,
Shùigh m' inntinn bhuam gu làr.

Na d' chuailean briagh' cha robh, a chiall,
Aon sniomhan liath le aois,
Ged dhùin an uaigh gun iochd e bhuam
Na cruaidh-ghlais fhuair nach sgaoil,
'S an dig la luain, san eirich 'suas
Bho thir 's bho chuan gach aon,
A dh-fhaotainn duais a réir mar ghluais
Bho laimh an truais 's na maoin.

Bho 'n chaill mi m' aonta dhiot 's mo chòir,
'S gu 'n dùil riut beò bho 'n eug,
Bidh m' earbsa dhian 'san Tì 'thug dhiom,
'Dhol, aig mo thriall, a'd' dhéidh.
B'e 'n sòlas nuadh a bhi le m' luaidh
An dachaidh bhuain Mhic Dé,
An cal' an àigh, 's an comunn gràidh
Nach sgaoil am bàs bho chéil'.

IAIN MAC-AN-T-SAOIR.

Rugadh Iain Mac-an-t-Saoir sa bhliadhna 1821. Bu mhac e do Phàdruig Mac-an-t-Saoir, am fear a rinn an t-òran air Cruachan Beann. Bha e cunnail an taighlitrichean an Cille Chrèanain, aig Loch-Odha. Chaochail e 'sa bhliadhna 1897.

TAOBH LOCH-ODHA.

LE IAIN MAC-AN-T-SAOIR.

LUINNEAG.

'S cianail mi bho 'n dh' fhalbh an comunn,
Luchd mo ghaoil 'bha taobh Loch-Odha;
'S cianail mi bho 'n dh' fhalbh an comunn.

Gur a mise 'tha fo dìslean,
Is mi 'tàmh an Cill-a-Chreanain,
'Faicinn moran de luchd Beurla,
Far an robh na Gaidheil ga 'n togail.

'Nuair a bha mi an tùs m' òige,
B' iomadh gaisgeach fearail, teòma
'Bha 'sa Bharrabreac a chòmhnaidh:
Daoine còire, teòcasil, foinnidh.

Bha iad càirdeil, bha iad suairce,
Bha iad cothromach na 'n gluasad;
Bheireadh iad di-bheatha 'n truaghan,
'S iad gu h-uasal, caomh, gun ghoinne.

Moch air latha na bliadhn' ùire,
'S an Lòn-mhor le camain ùra,
Chuireadh bàir mar bu dùth dhaibh,
'S iad gu sunndach gun droch oilean.

Chuir am *Factor* spéis 's na caoirich,
'S chaidh na teaghlaichean a sgaoileadh,

Fhuair iad bàirlinn a bha daor leo,
Chum an saodach' bho Loch-Odha.

Ach tha sòlas dhuinn mar tha iad,
Thug iad buaidh a mach 's gach cearna,
Chum iad urram 's cliù nan Gaidheal,
Mar a b' àbhaist taobh Loch-Odha.

'Chuid tha còmhnaidh 'measg nan Gall dhiubh,
Tillidh ruinn 'nuair thig an samhradh,
'S cùbhraidh fallaineachd nam beann leo,
'S gur e m' annsachd bhi na 'n coinneamh.

Gu 'm bu slàn a thig 's a thèid iad,
Cumaidh iad a' Ghàidhlig spéiseil,
Is a dh' aindeoin luchd na Beurla,
Labhraidh sinn i réidh 's gach coinneamh.

'S mor a thug mi fóin de ghràdh dhi,
Caiunt a dh' ionnsaich mi o m' mhàthair;
'S nar an tig an latha dh' fhàgas
Fuaim na Gàidhlig taobh Loch-Odha!

IAIN CAIMBEUL AN LEIDEIG.

Bha Iain Caimbeul na dheagh bhàrd. Cha 'n fheil ach tri no ceithir de bhliadhnachan o'n a chaochail e. Is math a's fiach a leabhar oran a luaich.

AN CARAID 'BU MHATH LEAM.

LE IAIN CAIMBEUL AN LEIDEIG.

Thoir dhòmhs' an aghaidh fhosgailte,
Thoir dhòmhs' an cridhe fial,
Gun dòbailteachd, gun lùbaireachd,
Ach direach glan na 'thriall.

Thoir dhòmhs' an chirdeas diongmholta,
Nach tionndaidh 'nuall no nall ;
A sheasas daingeann air a bhonn
Ged thigeadh tuil mun gleann.

Thoir dhòmhs' an spiorad firinneach
A ni an ni a their,
'S, mur toill mi e, an stoirm no 'm fèith,
Nach tilg mi air an sgeir.

O sud an caraid 'dh-iarrainn-sa
An saoghal far is fèa,
Is buidheachas gu bheil iad ann,
Ged 's ainneamh iad 's gach àit.

Ach ainneamh anns gach àit mar tha,
Nuair thachras iad ri chèil',
Tha 'n chirdeas daingnicht' leis a ghràdh,
Nach fàilnich anns an stèidh.

RANN AIR SON CLACH-CHINN.

Gabh rabhadh bhuam, a leughadair,
Bi réidh ri Dia gu luath ;
Tha mise ann an sìorruidheachd,
Tha thusa air a bhruaich.

IAIN MAC-DHUGHAILL.

Rugadh Iain Mac-Dhughaill ann an Ionar-Sannda an Aird-ghobhar mu 'n bhliadhna 1825. Bha e na sgoilcir math. Bha e gnìs a cumail sgoil 'sa Mhorairne. Bha e a bheag no mhor de dh-ùine an Glaschu na gheardanach no na pholiceman. Bha e na dhuine mor, sgairteil, le pailteas de dh' fhoisaig ruaidh. Phòs e Mairearad Nic-

Fhionghain 'sa Mhorairne 'sa bhliadhna 1861. Chuir e am mach a chuid oran an 1870. Bha e a fuireach 'san àm sin faisg air Ionar-Lochaidh.

ORAN

D'a mhnaoi goirid an dèidh dhaibh pòsadh

LE IAIN MAC DHUGHAILL.

'S ann aig an Dòirlinn thachair sinn
Nuair ghabh mi tlachd de 'n òigh ;
Bean fhamh a gnàis cha 'n fhacas leam,
'S i snasmhor anns gach dòigh.
Ged chinn mi lag bha aiteas orm,
Is m' air' air guth a beòil,
B'e amusain mo chridh' nam faighinn i,
Nach dìbrinn i ri m' bheò.

Bha cuailein cuachach, bàn-bhuidhe,
'S e dearrsadh mar an t-òr,
Air sniomh a lios na 'dhualaibh,
Is bha gruaidh air dhath nan ròs.
Bha gorm-shuil làn de dh-aoidhealachd,
'S a mala chaol gun sgòd :
A beul bha tairis, tana, dearg,
'S bu bhinn a seanachas beòil.

Air imeachd air an t-slighe dhuinn
Mu thimchioll mil' no 'n còrr,
A chum na comhnuidh aobhaich sin
'San robh na daoine còir'
Gu'n d' ghlac mi misneach 's dh' innis mi
Gu'n robh mi oirre 'n tòir,
Is chuir mi ceist is mi fo gheilt,
'S bha 'm freagradh seirceil dhòmhs'.

Nuair dh' aontaich i gu 'm pòsamaid
Le òrdagh dùthch' is cléir

Cha deachaidh tàmh air m' inntinn
Gus an d' fhuair mi i dhomh fèin.
'N sin dh' imich sinn gu sòlasach,
'S bha cuid ri bròn na 'r dèidh ;
Is ghabh sinn còmhnuidh anns an Oban,
Toilicht', sòmhail, rèidh.

Mo bhean gur ulaidh phriseil i
A's fearr na ni no luach ;
'S cha ghabhainn òr nan Innsean oirr',
No rioghachd, deas no tuath.
Ma bhios i oidhch' le càirdean bhuam
Cha 'n fhaigh mi tàmh no suain,
'S mi smaointeachadh le gràdh gu dian
Mu h-iomhaigh 's i gun ghruaim.

Gur banail, beusach, soibhinn i,
'S i rianail, caoibhneil, còir,
Gun chron, gun ghiamh, gun fhoill innte,
Gun mhaoim, gun sgaoim, gun bhòsd ;
Le ciall is meas is irisleachd
A fiosrachadh an t-sluaigh,
'S ga 'n somadh chum na cuid a's fearr
Nuair theid iad cearr na 'n dòigh.

Gach fasan ùr mu 'n cuala sinn,
A fhuaradh san Roinn-Eorp'
Gu'n gearr 's gu'm fuaigh mo Mhairearad-sa
Gun chearbaiche le 'meòir.
Tha gniomh a làmh ro fhìnealta
'Measg lionmhoireachd nan sròl ;
'S gur math air buain i air na cluain
Gu h-uallach gearradh dhlòth.

Gu'n sniomh i snàth gu earradh dhuinn
Nuair cheannaicheas mi dh'i clòimh,
'S bidh blàth na deagh bhean-taighe orm
'S gach àit 'san tachair slòigh.—
'S e 's aois dh'i bliadhn' air fhichead,
Is ged 's sine mis' gu mòr,

Cha chluinneur i ri tàir no caoidh,
Ach mi bhith caoibhneil, còir.

Gu'n iarmaich i mo léinteun dhomh,
'S bidh iad gu léir mar 's còir;
Gu'm fóghnadh iad le 'm briaghad
Do mhac iarl air mind a phrois.
Nuair thig mi dhachaidh anmoch
Bidh an gealbhan aic air dòigh;
'S gur frithoiltseach i 'ghnà do m' fheum,
A cur a bhéidh air dòigh.

Ma bhios sinn slàn 's gur maireann duinn,
Dad ghainne cha bhi oirnn;
B'dh tachdar mar' is tir againn
Fhad 's mhaireas iùthe nan dòrn.
'S ged bhiodht' gu daor gu cheannach leinn,
Bidh beannachd na 'r cuid stòir,
Ma ghluaiseas sinn an neart an Ti
A rinn gach ni gu 'ghlòir.

Cha 'n fhaicear tuilleadh diomhain mi,
A falbh 'n déidh nionag òg'
No coed mo chuid, gun fheum ann dhomh,
A ceannach sheud no 'g òl;
'S ma bhios mi ann an trioblaid
Gur a math dhomh is' am chòir.—
'S beag 's eol do dh-fhear nach do chuir
snaoim
Mor chaoibhneas na mna-pòsd'.

DOMHNALL RUADH MAC-FHIONGHAIN.

Rugadh Dòmhnall Mac-Fhionghain an Lochàluinn sa Mhorairne. Chaochail o nuair a bha e na dhuin' òg, uaireigin an déidh na bliadhna 1858.

ORAN GAOIL.

LE DOMHNALL RUADH MAC-PHIONGHAIN.

LUINNEAG.

Mo nighean chruinn, chuimir thu,
Mo nighean chuimir, ghuanach;
A ghruagach dhonn a's bòidhche,
Ri m' bheò cha doir mi fuath dhuit.

Do chuailean riomhach, barranach,
Na 'chamagan 's na 'dhualan,
'S gur bòidhche leam na siod' e,
Nuair a chireas tu an cuaich e.

Do shùilean mar na h-àirneagan,
Fo mhala tha gun ghruaman,
Beul meachair o 'n tig gàire,
Ged a chaidh do thàladh uamsa.

Mo bheannachd-sa le dùrachd bhuam
A t' ionnsuigh ann an uaigneas,
Nam faighinn fear a thaghladh
Anns a ghleann an taobh so 'n ghualainn.

Is truagh nach robh mi thall ud leat,
'San lagan sam bi 'n luachair,
'Sa ghleannan bhòidheach, bhadanach,
Fo dhubhar nan geug uaine.

Cha 'n iongantach, cha 'n iongantach
Mo chridhe-sa bhi luaineach,
A cuimhneachadh mar dhealaich mi
Ri ainnir a chùil dualaich.

Is ùr a' choill, 's gur h-àlainn i,
'San d' fhàs thu, àilleag uasal,
Gu h-ùrail, direach, dosrach,
Is cha dochair gaoth a chuain thu.

Cha 'n fhaicear air an t-sràid thu
Am measg ghuanag ghràisgeil, chuarach;
'S ann bhios ort sioda 's fàinneachan
An seòmar àrd a fuaghal.

ALASDAIR STIUBHART, LL.D.

(Nether Lochaber.)

Rugadh an t-Urr. Alasdair Stiubhart, LL.D., aig Beinn-a-bhaoghla an Uidhist mu 'n bhliadhna 1829. Shuidhicheadh mar mhinisteir e an sgire Bhaile-Chaolais agus Airdghobhar an 1851. Chaochail e air an t-seachdamh la deug de'n Gheanair, 1901.

ORAN LEANNANACHD.

LEIS AN URR. A. STIUBHART, LL.D.

Tha Peigi 'sa mhonadh ag iarruidh a chruidh;
Saoil dé 'tha ga 'cumail cho anmoch?
Tha 'ghrian air dol fodha,
'S iad uile ri 'm bleodhan;
Saoil dé 'tha ga 'cumail cho anmoch?
Tha Peigi na 'cailin cho grinn 's tha 'san dùthaich,
Ceanalt na 'nàdar, 's i blàth-chaidheach, sùnndach;
Cha d' fhairich mi coire ann am Peigi codhiù; ach,
Saoil dé 'tha ga 'cumail cho anmoch?

B' i màthair mo Pheigi 'bha labhairt nam briathran,
Saoil dé 'bha ga 'cumail cho anmoch:
A ghrian air dol fodha,
'S an crodh iad ri 'm bleodhan,
Saoil dé 'bha ga 'cumail cho anmoch;

Cha ruigeadh i leas 'bhith cho fada ga 'n
sireadh,
Thuirt a màthair, 's i càramh fòid mòin' air
an teine,
Cha robh iad tra-nòin ach air lon Dhail-
na-mine,
Saoil dé 'tha ga 'cumail cho anmoch?

Bha mise le Peigi ag iomain a chruidh,
Cha robh cabhag no guth e 'bhi anmoch!
Gu 'n dug mi mo phòg dhi,
'S mo ghealladh a pòsadh;
'S e sud 'bha ga 'r cumail cho anmoch.
Mu dheireadh, nuair dh'fhàg mi mo ghràdh
aig a chachaile,
Thuirt a màthair ri Peigi, Dé idir a thach-
air dhuit?
Mur biodh Cailein, am fleasgach òg, speis-
eald' air tachairt ort,
'S e mo bheachd-sa nach biodh tu cho
anmoch!

Air feasgar Di-haoine 's ann rinn sinn an
còrdadh:
B' e mo bheatha ged dh' fhan mi glé
anmoch;
'S air an t-seachdain na dhéidh sin,
Gu 'n d' fhuair mi dhomh féin i,
'S thug mi leam do Ghleann Eit' i 'san
anmoch.
Tha mi nise cho sona ri neach anns an
dùthaich,
'S mo [illegible]eigi ri m' thaobh an àm cadail is
[illegible]sgaidh;
'S mor gur fearr leam na stòras an righ
air a chràn,
A bhith briodal ri m'rùn moch is anmoch.

IAIN CAMARAN.

AN TIR 'SAN D' RUGADH MI.

LE IAIN CAMARAN.

LUINNEAG.

O chi, chi mi na mòr-bheannan;
O chi, chi mi na còrr-bheannan;
O chi, chi mi na coireachan—
Chi mi na sgoran fo cheò.

Chi mi gun dàil an t-àit' 'san d' rugadh mi,
Cuirear orm fàilt' 'sa chainnt a thuigeas mi;
Gheibh mi ann aoidh is gràdh nuair ruigeam,
Nach reicinn air tunnachan òir.

Chi mi a ghrìan an liath nam flaitheanas,
Chi mi 'san iar a ciar nuair laigheas i;
Cha 'n ionann 's mar tha i ghnàth 'sa bhaile so
'N deatach a falach a glòir.

Gheibh mi ann ceol bho eoin na Duthaige,
Ged a tha 'n t-àm thar àm na cuthaige,
Tha smeoraichean ann is annsa guth leam
Na piob, no fidheall mar cheòl.

Gheibh mi le lìontan iasgach sgadain ann,
Gheibh mi le iarraidh bric is bradain ann;
Nam faighinn mo mhiann 's ann ann a stadainn,
'S ann ann is fhaid' bhithinn beò.

Chi mi ann coilltean, chi mi ann doireachan,
Chi mi ann màghan bàn' a's torraiche,
Chi mi na féidh air làr nan coireachan,
Falaicht' an truagan do cheò.

Beanntaichean àrd' a's àillidh leacainnean,
Sluagh ann an còmhnuidh 's còire cleachdainnean,
'S aotrom mo cheum a leum ga'm faicinn,
Is fanaidh mi tacan le deòin.

Fàgaidh mi ùpraid, sùrd, is glagaraich,
Dh'fhaicinn na tir an cluinnt' a chagaraich,
Fàgaidh mi cùirtean dùinte, salach,
A dh' amhare air gleannaibh nam bò.

Fàilt' air na gorm-mheallaibh tolmach,
tulachach!
Fàilt' air na còrr-bheannaibh mora, mullanach!
Fàilt' air na coilltean! fàilt' air na h-uile!
O! 's sona bhith 'fuireach na 'n còir.

IAIN MAC-A-CHLEIRICH, M. D.

SEUD NAN GLEANN.

LE IAIN MAC-A-CHLEIRICH, M. D.

LUINNEAG.

Ha ho ró, mo chruinneag féin,
Dh' fhàg mi thù 's bu trom mo cheum;
'S tha mi 'n diugh air bheagan feum',
A caoidh mar b' fhoudar dealachadh.

Shaoil leam uair mi bhith cho treun
Ri òg-chraoibh an cois an t-sléibh;
Ach nuair chuir mi cùl riut féin
Bha 'n cridhe treun a fannachadh.

'S iomadh uair am shuain an raoir
Chuala mi do dhuanag aosd'
'G ràdh, A ris gu gleann nan craobh
O, till a ghaoil 's mi fadalach.

Thillinn féin ri éigh an duain,
Mar eal' fhionn ri glaodh a chuain ;
Ach cha 'n fhaodar leam a luaidh
Ge mór mo smuain 's mi airsneal...

'S ionndrain mhor an sùgradh blàth
Bho 'n òigh chiùin a fhuair mo ghràdh,
'S a sùil ghorm a shealladh tlàth
Ag innse gràidh nach d' aidich sear.

Ged bheir smeòrach ceòl o'n chrann,
'S uiseag fos o cheò nam beann,
'S beag mo spéis diu anns an àm
Gun seud nan gleann bhith maille rium.

MAIRI NIC-EALAIR.

Rinneadh an t-orain bòidheach so le Mairi Nic-Ealair, bana-bhàrd Chlann Chamaroin.

AN IARRAIDH DHIOMHAIN.

LE MAIRI NIC-EALAIR.

Fonn:—"*Flow gently sweet Afton.*"

O c'ait a bheil fois, agus c'ait a bheil tàmh?
O c'ait a bheil fois, agus c'ait a bheil tàmh?
O c'ait a bheil iocshlaint do chridhe fo phràmh?
No c'ait a bheil suaimhneas o naimhdean 's o chràdh?

Mar thonnan na fairge a bualadh gu dlùth,
'S ri nuallan is monmhur mu oirean nan stùc,
Tha luasgan is gluasad 'san t-saoghal mu'n cuairt,
'S gach ni cho beag socair ri broilleach nan stuadh.

Chuir mi fiùr, 's rinn e fàs ann an gàrradh ri deas,
'S nuair shaoil mi e cùbhraidh le drùchd agus teas,
'S ann thainig gaoth reot', 's air mo rùs thainig bàs,
'S bha dhuilleagan caoin' a dol aog air a bhàrr.

Thug mi ian as a choill 'dheanamh seinn domh gu binn,
'S nuair shaoil mi bhith 'g eisdeachd a cheileiridh ghrinn,
'S ann shuidh e air géig, 's e gu h-éislein-each, trom,
Gu marbh-shuileach, tùrsach, 's e tùchte gun phong.

Thug mi suil anns a ghleann airson fois agus tàimh
Ri latha geal samhraidh 's a ghrian anns an àird';
'S mu 'n deach i 'san iar, gu 'n robh 'n iar-mailt fo ghruaim,
Is beithir 's beum-sléibhe a reubadh nam bruach.

Dh' iarr mise gu fois agus dh' iarr mi gu sìth,
Is dh' iarr mi gu teicheadh o chogadh 's o strì;
'S nuair shaoil mi gu 'n d' fhuair mi gu cala nam buadh,
'S ann bha mi gu h-ànrach air taisdeal nan stuadh.

Och, dh' iarr mi gu fois, is gun fhois air an t-saogh'l,
Is leag mi mo cheann air geal-bhroilleach mo ghaoil;

'S bha 'chluasag ud làn de chaoin-dhuilleach nan ròs,
Ach, ochan! nam measg gu 'n robh dris mar bu nòs.

O, ciamar bhiodh fois ann an àraich nan tuagh,
'S gur cruaidh bhios an cogadh mu 'n coisinn sinn buaidh;
Bidh leagadh, is leonadh, is dòbheirt 'san strì;
'S ged 's truagh e, gur diomhain bhith 'g iarruidh na sìth'.

Nuair choisneas sinn buaidh mar is dual do gach sonn,
Air a gheal-ghainnimh airgid 'tha thall thar nan tonn,
Gheibh sinn àgh a bhios buan thar gach uamhunn is strì,
'S bidh sinn crùnte le gaol an taigh aobhach na sìth'.

ORAN AN LATHA 'N DIUGH.

LUINNEAG.

Ho ró, mo dholar gaolach,
Họ ri, mo dholar gaolach,
Mo dholar laghach, gaolach,
Co thaobhainn ach thu?

A dholair, 's e mo shòlas
'Bhith breith ort ann am chròganı;
Gur cumadail 's gach dòigh thu,
'S gur bòidheach do ghnùis.

Thug mi le m' chridhe gaol dhuit,
Nach dealaich rium ri m' shaoghal;
'S nam b' urrainn mi gun slaodainn
Ri m' thaobh thu do 'n ùir.

Biodh amadain gun stòldachd
A ruith an déidh nan òigbean ;
Ach cumaidh mis' an còmhnuidh
Do ghlòir-sa roimh m' shùil.

Biodh daoin' air bheagan léirsinn
Ri duanagan ag éisdeachd,
Ach 's mise nach doir spéis dhaibh ;
'S leat féin mi gu m' chùl.

1901.

CAIRISTIONA CHAIMBEUL.

Thug mi gràdh dhuit thar gach nionaig,
Chairistiona Chaimbeul,
'S posaidh mi thu air an t-samhuinn,
'S fad on tha mi 'n geall ort.
Dh' aindeoin co a thig 'san rathad,
Bheir mi dhachaidh leam thu.
Tha thu bòidheach, tha thu laghach,
'S tu mo roghainn 's m' anuasachd.

'S taitneach leam do chruth is t' iomhaigh,
Chairistiona Chaimbeul ;
'S binne leam do ghuth na 'n fhiodhull,
Nuair a bhios tu teann orm.
Tha do ghruaidhean mar na dearcan
'S deirge dreach 'san t-samhradh ;
'S tha do mhuineal mar an sneachda
'S gil' air stac 'sa gheamhradh.

Thig an t-samhuinn an ceann mìosa,
Chairistiona Chaimbeul ;
Theid an t-snaoim an sin a cheangal,
Cha déid la air chall oirnn.
Ni sinn banais chridheil, thaitneach,
Cha bhi neach fo champar ;
Bruichear tunnagan is geòidh dhi,
'S cluinnear ceòl is danns' aic'.

Bidh ar cuim le sonas lionte,
Chairistiona Chaimbeul;
Ged bhiodh againn deichnear chloinne,
Cha dig gainne teann oirnn.
Gheibh sinn aodach dhaibh is caiseart,
Aran biasd is annlann;
Chi sinn againn na ni 'n gnothuch,
'S bidh sinn toilicht', taingeil.

Feb 3, 1903.

A PHOLAIDH GHRINN.

LUINNEAG.

Hó ró air son an t-slòigh sin,
Hó ró air son an t-slòigh sin,
A thàinig thar nam mòr thonn
A chòmhnuidh do 'n tìr s'.

B'e sud an là mi-shealbhach
Do thìr nan Gaidheal calma,
'S an d' fhuair na triathan dalma,
Na'n seilbh i 's fo chìs.

Chaidh bàillidhean 's luchd-oighreachd
Gu dàn ri obair oillteil,
Le uabhar is lon saibhreis,
'S gach aingidheachd cridh.

Air feilbh chuir iad na treun fhir
'Bu mhath, le 'n clàidhean geura,
A dhol a sios do 'n teugmhail,
Nuair shéideadh a phiob.

Chuir iad gun iochd na 'n smàlaibh
Gach bothan is gach bàthach,
A bheireadh dion do mhàthair,
'S do phàisdean gun chli.

Chuir iad na coin 's na caoirich,
'S na ciobairean neo-fhaoilidh

An àite nam fear acidheil
A shaothraich 'sna glinn.

Ach moladh gu 'n robh Dhàsan,
'Tha riaghladh anns na h-àrdaibh,
Gu 'n tug e nall do 'n àit so
Na Gàidhil bha 'n dith.

Thug E á tir na daors' iad
Do dhùthaich 'sa bheil saorsa,
Is thug E biadh dhaibh 's aodach,
Is aobhachd is sith.

Na daoine fearail, còire,
Na mnathan laghach, bòidheach,
Bu taitneach air gach dòigh iad ;
Na 'n còmhradh bhiodh brigh.

Ged bha iad greis fo ghruaman
Bha misneach laidir bhuan ac',
Is neart a sheasamh cruadail,
'S tha buaidh leo 'san stri.

Tha 'n clann an diugh gu dòigheil,
Tha fearann saor an còir ac',
Tha taighean farsuinn mor ac',
'S gu leoir de gach ni.

'Sa chaoidh cha déid á 'n cuimhne
Am fiachan do na suinn sin,
A bh' air a Pholaidh ghrinn
'Tigh'nn troimh thuinn o Phort-Righ.

Ged dh' fhògair Breatann bhuaip' iad,
Theid carragh-cuimhn' a suas daibh,
A dh' innseas mu 'n deagh bhuadhan
Do shluagh anns gach linn.

August 7, 1903.

IORRAM NAM FOGARACH.

Eisdibh ri m' dhàn-sa mar a dh' éisd sibh riusan
A sheinn le sunnd dhuibh ann an tir nam beann ;
An luinneag thùrsach togaibh suas gu làidir,
'S biodh neart nan làmh a cur a bhàt' na deann.
Tha 'n talamh fial 's gur briagh' na coill-tean aosd',
Ach 's fòg'raich sinn bho thir 's bho shluagh ar gaoil.

Eadar am fonn so 's bothain chaoin ar càirdean
Tha beanntan àrda 's fàsach de thuinn dhoirbh,
Ach tha ar cridhesachan 'san tir 'thog suas sinn,
'S gur tric na 'r bruadair sinn mu 'oluain-tibh gorm'.

A chaoidh cha 'n fhaic sinn glinn is cnoic na h-àilleachd,
Le 'n uillt ghlan ghàireach 'ruith a sios gu réidh ;
Cha 'n fhaic sinn sluagh le uaill mu 'n triath an òrdagh,
No leac nan seòd 'bu dilcas, teòm' 'san streup.

Nuair bha ar sinnsre, iomad linn roimh 'n là so,
A dion le 'n cliàidhean àite taimh na saors',
Cha robh ac' smuain gun cuirt' an clann á 'n dùthaich,
Gu tuilleadh bhràidean 'thoirt do dh-uachd-'rain bhaoth'.

Mochruinnicheas feachd an aghaidh Bhreatainn mhòrail,
Bidh feum air connspuinn chròdha, dhian, nach géill ;
Ach c'àit am bi iad anns an tir r'am faotainn,
'S na Gaidhil aobhach thar nan cuan gu léir?

Jan. 1, 1804.



Biographical Sketches.

Page 26.—The Rev. Norman Macleod, who became minister of the parish of Morvern, was born in 1775. He married Jean Morrison, by whom he had several children. He died in 1824. Norman, his second son, became minister of Campbelton in 1808; of Campsie in 1825, and of St. Columba Church, Glasgow, in 1836. He published An Teachdaire Gaidhealach in 1829 and 1830 and Cuairtear nan Gleann in 1840 and 1841. He was a man of great ability, and one of the most charming writers that Britain has ever produced.

P. 65.—The Rev. John Macleod, D.D., was the fourth son of the Rev. Norman Macleod, minister of Morvern. He was born March 31, 1801. He succeeded his father in Morvern in 1824. He was six feet seven inches in height, and stout in proportion. He married, in 1834, Margaret, daughter of John Maclean of Borerray, and had two sons and two daughters. He died in 1862.

P. 60.—John Maclachlan was born at Rohoy in Morvern. He studied medicine at the University of Glasgow. He practised his profession in his native district. He was a tall and well-built man. He was kind-hearted and pleasant in his ways. He died at Tobermory in 1874. His poems were published in 1880. They are delightful compositions, having both good matter in them and musical words. All who take an interest in Gaelic poetry should read them carefully.

P. 76.—John Mackenzie was born at Meikan Thearlaich, Gairloch, in 1806. He was educated in the parish school of his native district and the Tain Academy. He collected and published the poems of William Ross in 1832. He became book-keeper in the Glasgow University Printing Office in 1836. He published Sàr-Obair nam Bàrd Gaidhealach—a valuable and useful work—in 1841. He died at his father's house at Lon-dubh, Inverewe, August 19, 1848. He was a patriotic man and did all he could in the interest of the language and literature of the Highlands.

P 85.—Peter Sinclair was a farmer and drover in Glendaruel, Argyleshire. He married Mary Crawford, by whom he had Hugh, John, Peter, and others. He died some time before 1840. In that year his widow and children came to Prince Edward Island. Hugh, his eldest son, died in Australia. Peter, his third son, now the Hon. Peter Sinclair, lives at Summerfield, P. E. Island.

John Sinclair was born in 1811. He taught school for a few years in Scotland and for more than twenty years in Prince Edward Island. He composed quite a number of songs, but there are only three or four of them now in existence. He composed "Slàn le gleanntan mo ghaoil" in 1839, the occasion being the departure of a cousin of his, Duncan Crawford, to Australia. He composed "Mo shoraidh-sa gu Còmhal" in 1874, and sent it to D. C. Maclean, President of the Glasgow Cowal Society. He died in 1885.

P. 91. Mary Macdonald was born at Skye, March 10th, 1821. She was married

in Glasgow in 1848 to Isaac Macpherson, a shoemaker by trade, and had four children. After the death of her husband, in 1871, she supported herself and her children by nursing in Inverness, Glasgow, Greenock, and other places. She returned to Skye in 1882. Her poems were published in 1891. They are very much to her credit, and are worth reading both for their poetic ideas and idiomatic Gaelic.

P. 94.—Evan MacColl was born at Kenmore, Lochfyne-side, September 21, 1808. He published the first edition of his poems in 1836, and the second edition in 1838. He was appointed to a clerkship in the Liverpool Custom House in 1839. He came to Canada in 1850, and was appointed to a clerkship in the Kingston Custom House, a position which he held until 1880. He published the third edition of his poems in 1886. He was married twice, and had a large family. He was a well-read, kind, and pleasant man.

P. 98.—Thomas Blair lived in the parish of Duncon in Cowal in 1760. He had five sons, John, Dugald, Donald, William, and Duncan. John married Ann Blair from Strath-Lachlan, and had four children, Malcolm, Thomas, Mary, and Janet. He died about 1798. Thomas, his younger son, was born in November, 1788. Thomas was a shepherd by occupation. He married in 1814, Catherine, daughter of Ewen Macgregor in Strachur, Cowal. He lived in Glenaladale from some time in July 1815 to May 1823, at Inveracadale in Ardgour from May 1823 to May 1825, and at Gallovie in Badenoch from May 1825 to the summer of 1849. He removed then to

Glentruim, where he passed the remainder of his days. His wife died in February 1865. He was called away himself in February 1880. Duncan Blair, a son of one of the four brothers of John Blair, settled at Goirtean-an-taoid in Islay.

Duncan Black, eldest child of Thomas Blair and Ann Macgregor, was born in Strachur July 1st, 1815. He studied for the ministry in Edinburgh, and was licensed to preach in 1844. He came to Nova Scotia in 1846, and became minister of Barney's River and Blue Mountain in 1848. He married Mary Sibella, daughter of Capt. Hector Maclean, in 1851. He died at Laggan, Barney's River, June 4th, 1893. He was a scholar, a theologian, and a poet.

P. 106.—Dugald Macphail was born in 1818 at Stracoil, Strath Caol, at the head of Glenforsa in the Isle of Mull. He was the son of Donald Macphail — Domhnall mac Dhomhnaill mhic Dhùghaill mhic Dhomhnaill mhic Dhomhnaill mhic Dhomhnaill mhic Ailein. His ancestors had lived in Glenforsa at least since the year 1400. Donald Macphail, the poet's father, married Catherine Campbell, and had by her five children, Dugald, Alexander, Catherine, Móra, and Mary. Alexander died in Australia. Dugald received a good education in his native parish. He was originally a joiner by trade. He spent twelve months in Newcastle, England, as clerk of works and surveyor. "On leaving England he settled in Glasgow where he passed the remainder of his days. He married Janet Merrey, by whom he had Donald, John, a son whose name I do not know, William, and three daughters.

Donald, John, and the third son were doctors. William was a minister in the Free Church of Scotland." Dugald Macphail was an excellent singer, and could give an address in Gaelic in first-rate style. He wrote an essay on the Highland Clearances. He contributed several interesting articles to the Gael over the signature of "Muileach." He died in 1887. He was the author of a number of excellent songs.

P. 119.—John Campbell, grandfather of the poet, belonged to the Craignish branch of the Campbells. He was born at Bunawe in the parish of Muckairn. He was a farmer at Dailnacàbaig, near Oban. Colin Campbell, the poet's father, was born at Dailnacàbaig. He received a good education, and was for thirty-five years schoolmaster in the General Assembly's school at Ledaig in the parish of Ard-chattan. He married Janet Cowan, a native of Oban, and had a family of three sons and four daughters. John, the second child and the eldest son, was born in Oban on September 22nd, 1823. He was two years of age when his father moved to Ledaig. He was educated in his father's school. He was a gardener by trade. He was appointed post-master at Ledaig in 1859. He was an elder and Sabbath-school teacher in the Free Church congregation at Ardchattan. He published his poems in 1884. He died May 4th, 1897. He was married and left five daughters. He was a good man and a good poet.

P. 129.—Mary Cameron was born at Fort William on the 1st of October, 1834. She spent the greater part of her life with her grand-parents in Corrybeg. She was married to John MacKellar, captain and

joint-owner of the ship Glencoe. She accompanied her husband in several voyages, and thus had an opportunity of visiting several cities in England, France, Germany and Russia. In course of time her husband and herself disagreed and separated. She wrote Gaelic and English with ease and in a clear and interesting style. She took a deep interest in the history of her own clan and was well acquainted with it. She had good poetic talents. She published her poems in 1880. She resided during the latter part of her life in Edinburgh. She died September 7th, 1890. She was buried at Kilmallie.

Notes and Corrections.

The statements under Dotair Rahuaidhe on page 69 and Eoghan Mac-Colla on page 94 were intended to be used as notes after the poems before which they appear.

The editor of this work was married by the Rev. D. B. Blair, D.D., August 1, 1882. He received from his old pastor a long and instructive address at the marriage, and some time afterwards the song which appears on page 107.

Page 1, 14.—For cloinne read chloinne, 14, 30.—For anns a Bhlàthaich read am Blàthaich. 27, 5.—For a ghuaillibh read o ghuaillibh. 29, 20.—For agam, 's nam read agam nam. 29, 29.—For is meallaiche read a's meallaiche. 31, 13.—For greannaich read greannach. 34, 9.—Perhaps Droit Bhun Ath' should be Droit an àigh. 69, 11.—For faireachdainnean read fhaireachdainnean. 72, 17.—For Bunlevit read Bunleoit. 72, 29 and 30.—For bhein read

bheinn and for bochd read boc. 75, 2.—For chuir read chuir. 75, 20.—For Is d' fhior read is t' fhior. 119, 20.—For an Leideig read san Léideig, and for Cha 'n fheil, &c. read Chaochail e sa bhliadhna 1887. 127, 2.—For an tir 'san d' rugadh mi read An t-àit san d' rugadh mi.

Belfast, P. E. I., March 12, 1904.